**Tha mi a’ dol a dhèanamh** ‘I’m going to do’ – like the equivalent expression in English, is a way of talking about future intention.

**Seo sinn**, literally ‘here we are’, is often used for ‘here we go!’ at the beginning of an activity.

**Obh obh!** is an expression of distress or pain – sometimes **oich oich!**

**Rinn** is the past tense of **dèan** ‘to do’, so **rinn thu math!** means ‘you did well!’. It is used idiomatically in **Rinn thu a’ chùis!** ‘You’ve succeeded!’.

**Tha mi an dòchas**, ‘I hope’, is literally ‘I am in hope’.

**Bidh sin glè mhath** means ‘That’ll be really good!’. The word **bidh** is the future of the verb ‘to be’. Sometimes it is written **bithidh** for emphasis. The other forms are:

Negative form	<b>cha bhi</b>	will not be
Question	<b>am bi?</b>	will . . . be?
Negative question	<b>nach bi?</b>	won’t . . . be?

Some of the time expressions from the dialogue, together with some others which you have already encountered, include:

<b>a h-uile latha</b>	every day
<b>an-diugh</b>	today
<b>a-màireach</b>	tomorrow
<b>an-dè</b>	yesterday
<b>an ath latha</b>	the next day

An extra one is **an-earar** ‘the day after tomorrow’.

## More numbers

The numbers from eleven to twenty are formed by adding **deug** (equivalent to ‘teen’) to 1–9 as follows. Two points to notice are that **dhà** lenites **deug**, and that **h-** is inserted before **aon** and **ochd**.

11	<b>a h-aon deug</b>	16	<b>a sia deug</b>
12	<b>a dhà dheug</b>	17	<b>a seachd deug</b>
13	<b>a trì deug</b>	18	<b>a h-ochd deug</b>
14	<b>a ceithir deug</b>	19	<b>a naoi deug</b>
15	<b>a còig deug</b>	20	<b>a fichead</b>

**Fichead** is a particularly important number in Gaelic because it was traditionally used to define other numbers like 40, 60 and so on, in the same way that ‘score’ was used in English.

Building on **fichead** we have:

21	<b>a fichead ’s a h-aon</b>
22	<b>a fichead ’s a dhà</b>
23	<b>a fichead ’s a trì</b>
24	<b>a fichead ’s a ceithir</b>
25	<b>a fichead ’s a còig</b>
26	<b>a fichead ’s a sia</b>
27	<b>a fichead ’s a seachd</b>
28	<b>a fichead ’s a h-ochd</b>
29	<b>a fichead ’s a naoi</b>
30	<b>a fichead ’s a deich</b>
31	<b>a fichead ’s a h-aon deug, etc.</b>
40	<b>dà fhichead</b>
50	<b>dà fhichead ’s a deich/leth-cheud</b>
60	<b>trì fichead</b>
80	<b>ceithir fichead</b>
100	<b>ceud</b>

21 to 40 may also be written as:

21	<b>a h-aon air fhichead</b>	28	<b>a h-ochd air fhichead</b>
22	<b>a dhà air fhichead</b>	29	<b>a naoi air fhichead</b>
23	<b>a trì air fhichead</b>	30	<b>a deich air fhichead</b>
24	<b>a ceithir air fhichead</b>	31	<b>a h-aon deug air fhichead</b>
25	<b>a còig air fhichead</b>	32	<b>a dhà dheug air fhichead</b>
26	<b>a sia air fhichead</b>	33	<b>a trì deug air fhichead</b>
27	<b>a seachd air fhichead</b>	40	<b>dà fhichead</b>

(After 40 you revert to the previous format: e.g. **dà fhichead ’sa ceithir**.)



### Exercise 1

Can you read aloud the following sequences of numbers in Gaelic? You will have to add the last three in each series.

- 1 2, 4, 6, 8, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_
- 2 10, 20, 30, 40, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_
- 3 5, 10, 15, 20, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_
- 4 3, 6, 9, 12, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_
- 5 6, 12, 18, 24, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_

## Ages

**Dè an aois a tha sibh?** What age are you?/How old are you?

When a number in Gaelic is being used with a noun, then the noun is placed within the numerical phrase. The best and most commonly used example of this is when talking about people's ages. If you want to state your age in years, you have to use the word **bliadhna** (a word which is always used in the singular in this construction). Here are some examples:

I am twenty-four years old. = **Tha mi ceithir bliadhna air fhichead.** (*lit.* I am four years on twenty.)

She is thirty-seven years old. = **Tha i seachd bliadhna deug air fhichead.** (*lit.* She is seventeen years on twenty.)

He is sixty years old. = **Tha e trì fichead bliadhna.**

Can you give your own age in Gaelic? How about the ages of all the other members of your family or household?

### Exercise 2

Here is your chance to do a little mental arithmetic in Gaelic. We use the phrase:

**Dè na nì ... agus ... ?** 'How much do ... + ... make?'

*Example:*

**Dè na nì naoi deug agus deich?**

How much do 19 and 10 make?

- 1 Dè na nì leth-cheud agus fichead?
- 2 Dè na nì seachd deug agus naoi?

- 3 Dè na nì ceithir fichead agus fichead?  
 4 Dè na nì fichead 's a sia agus sia deug?  
 5 Dè na nì dà fhichead agus fichead 's a h-aon deug?

●● Here is a traditional rhyme to learn:

Aon, dhà, trì,  
 An cat, an cù, 's mi fhìn,  
 A' ruith 's a' leum air feadh a' ghàrraidh,  
 Gus am fàs sinn sgèth.

*One, two, three,  
 the cat, the dog, and me,  
 running and jumping around the garden,  
 until we grow tired.*

## Your address

This is another common occasion when you need to use numbers!  
 The Gaelic for 'address' is **seòladh**.

**Dè an seòladh a tha agad/agaibh?** What is your address?

The following are some street names:

<b>sràid</b>	street	<b>rathad</b>	road
<b>craobh-sràid</b>	avenue	<b>cearcall</b>	crescent, circuit
<b>ceàrnag</b>	square	<b>doire</b>	grove

For example:

**a h-aon deug Sràid an Loch** = 11 Loch Street

**a ceithir Rathad na Sgoile** = 4 School Road

**a fichead Rathad na Coille** = 20 Forest Road

Can you now try to give your own address in Gaelic?

## Dialogue 2

### *Fear na bùtha*

#### The shopkeeper

*Mrs MacDonald (Elizabeth) goes into the local shop together with her two youngest children, Ann and Iain. How much does she spend?*

FEAR NA BUTHA: Halò Ealasaid! Dè ur cor an-diugh?

EALASAIID: O, cor math, tapadh leibh, a Dhàibhidh. Dè ur cor fhèin?

FEAR NA BUTHA: O, tha mi gu dòigheil, tapadh leibh. Ach, cò tha seo?

EALASAIID: Seo Anna is Iain, an dithis as òig' againn.

FEAR NA BUTHA: Halò! Dè an aois a tha thu a-nis, Anna?

ANNA: Tha mi deich!

IAIN: Agus tha mise seachd. Bha mi seachd an latha roimhe. Tha mi ann an clas a trì anns an sgoil.

FEAR NA BUTHA: Nach sibh a tha a' fàs mòr! Seo briosgaid teoclad dhan dithis agaibh.

ANNA IS IAIN: O, tapadh leibh!

FEAR NA BUTHA: A-nis, dè tha sibh ag iarraidh, Ealasaid?

EALASAIID: Bu toigh leam pinnt bainne agus dà lof, a Dhàibhidh.

FEAR NA BUTHA: Aran donn no aran geal?

EALASAIID: Aon dhonn agus aon gheal, tapadh leibh.

FEAR NA BUTHA: Bidh sin dà not is ceithir fichead sgillinn, Ealasaid.

EALASAIID: Seo trì notaichean, ma-tha.

FEAR NA BUTHA: Glè mhath, seo fichead sgillinn air ais.

A H-UILE DUINE: Beannachd leibh, an-dràsta!

SHOPKEEPER: *Hello, Elizabeth! How are you today?*

ELIZABETH: *Fine, thank you, David. How are you?*

SHOPKEEPER: *Oh, I'm fine, thank you. But who's this?*

ELIZABETH: *These are Ann and Iain, our two youngest.*

SHOPKEEPER: *Hello! How old are you now, Ann?*

ANN: *I'm ten!*

IAIN: *And I'm seven! I was seven the other day. I'm in class 3 at school.*

SHOPKEEPER: *Aren't you growing big! Here's a chocolate biscuit for the two of you.*

ANN AND IAIN: *Thank you!*  
 SHOPKEEPER: *Now, what would you like, Elizabeth?*  
 ELIZABETH: *I'd like a pint of milk and two loaves, David.*  
 SHOPKEEPER: *Brown bread or white bread?*  
 ELIZABETH: *One white and one brown, thank you.*  
 SHOPKEEPER: *That'll be two pounds and eighty pence, Elizabeth.*  
 ELIZABETH: *Here's three pounds, then.*  
 SHOPKEEPER: *Very good, here's twenty pence change.*  
 EVERYBODY: *Bye for now!*

## Vocabulary

<b>bùth</b>	shop ( <b>bùtha</b> is the genitive case: <b>fear na bùtha</b> meaning 'the man of the shop')
<b>dòigheil</b>	well
<b>dìthis</b>	two (only used of people – see the Language point below)
<b>as òige</b>	the youngest
<b>aois</b>	age
<b>dhan</b>	for (= <b>do</b> + <b>an</b> )
<b>an latha roimhe</b>	the other day
<b>sgoil</b>	school
<b>a' fàs mòr</b>	growing big
<b>briosgaid teoclad</b>	a chocolate biscuit
<b>tha mi ag iarraidh</b>	I want
<b>aran</b>	bread
<b>lof</b>	a loaf
<b>pinnt bainne</b>	a pint of milk
<b>air ais</b>	back
<b>beannachd leibh!</b>	goodbye! ( <i>lit.</i> a blessing with you!)

## Language points

**Dè ur cor?** is one way of asking 'how are you?'.  
 When Gaelic speakers are counting people, they normally use the special expressions below.

**dìthis** = two people  
**triùir** = three people  
**ceathrar** = four  
**còignear** = five  
**sianar** = six

**seachdnar** = seven  
**ochdnar** = eight  
**naoinear** = nine  
**deichnear** = ten

If a person is on his/her own you say **Tha e na aonar/tha i na h-aonar.**

### *Exercise 3*

Can you use the Gaelic expressions above to answer the following questions?

- 1 How many people live in your household?
- 2 How many people can you fit in your car?
- 3 How many people did you eat dinner with last night?
- 4 How many people could comfortably fit around your kitchen or dining-table?
- 5 How many people would you be prepared to share one pizza with?

## *Airgead*

### **Dè a' phrìs a tha e?**

In lesson 1 you were briefly introduced to some words for money:

pounds (£) **notaichean**                      pence (p) **sgillinn**

In the dialogue above, the bill came to £2.80 = **Dà not is ceithir fichead sgillinn.**

Notice that when counting in Gaelic the number two is treated as singular so we have **dà not**; the use of plurals doesn't begin until the number three – for example, **trì notaichean**. This number two is sometimes referred to as 'the dual' singular form.

Some other points to note are: 1p is normally **sgillinn** rather than **aon sgillinn**. This form is, however, used in an idiomatic expression to say that you have no money:

**Chan eil aon sgillinn ruadh agam.**

I haven't got a brown penny; I'm broke.

The form **sgillinn** is used for both singular and plural, although you may occasionally see 'pennies'/'pence' expressed as **sgillinnean**. Normally, though, we have:

**aon sgillinn, dà sgillinn, trì sgillinn, . . . deich sgillinn, . . .  
fichead sgillinn**

**not, dà not, trì notaichean, . . . deich notaichean, . . . fichead not**

Also:

**aon sgillinn deug**, etc. (but **dà sgillinn dheug**)  
**aon not deug**, etc. (but **dà not dheug**)

#### Exercise 4

Can you express, in Gaelic, the approximate prices that you would normally pay for:

- a a haircut?
- b a newspaper?
- c a loaf of bread?
- d a bus ticket?
- e a bar of chocolate?
- f a tankful of petrol?

### Prepositional pronouns with *le*

The expressions **beannachd leat/beannachd leibh** = ‘a blessing with you’ – are very often used to say ‘good-bye’. **Leat** and **leibh** come from the combination of the preposition **le**, meaning ‘with’, and the words for ‘you’. Here is the pattern:

<b>leam</b>	with me
<b>leat</b>	with you (sing./informal)
<b>leis</b>	with him/it
<b>leatha</b>	with her
<b>leinn</b>	with us
<b>leibh</b>	with you (pl./polite)
<b>leotha</b>	with them

Some useful expressions based on this include:

<b>Is toigh leam.</b>	I like.
<b>Bu toigh leam.</b>	I would like.
<b>Is fheàrr leam.</b>	I prefer.

The third person masculine form is used to mean ‘belonging to’.

*Example:* **Cò leis a tha seo?** Who does this belong to?

A Gaelic saying to describe a person who ‘sits on the fence’ is: **Tha e leam, leat**, *lit.* ‘He is for me, for you’.

## Dialogue 3

### *Dè an uair a tha e?*

#### What time is it?

*Catherine and Mairi have been invited to a party and are discussing the time it starts. When do they expect to be home?*

CATRIONA: A Mhàiri, tha am pàrtaidh aig Seòras ann a-nochd. A bheil thu a' dol ann?

MAIRI: O, tha! Dè an uair aig a bheil e a' tòiseachadh?

CATRIONA: Tha aig ochd uairean, tha mi a' smaoinichadh.

MAIRI: A bheil thu cinnteach nach ann aig cairteal gu naoi?

CATRIONA: Chan eil mi cinnteach. Thèid sinn ann mu leth-uair an dèidh ochd, co-dhiù.

MAIRI: Cuin a bhios am pàrtaidh seachad?

CATRIONA: Bidh aig aon uair deug.

MAIRI: Is math sin. Bidh sinn aig an taigh tràth.

CATHERINE: *Mairi, George's party is on tonight. Are you going?*

MAIRI: *Oh, yes! What time does it start?*

CATHERINE: *At eight o'clock, I think.*

MAIRI: *Are you sure it's not at quarter to nine?*

CATHERINE: *I'm not sure. We'll go about half past eight anyway.*

MAIRI: *When does the party finish?*

CATHERINE: *At eleven o'clock.*

MAIRI: *That's good. We'll get home early.*

## Vocabulary

<b>pàrtaidh</b>	a party	<b>gu</b>	to
<b>a-nochd</b>	tonight	<b>thèid</b>	will go (future of <b>a'dol</b> )
<b>a' tighinn</b>	coming	<b>mu</b>	about
<b>a' tòiseachadh</b>	beginning	<b>an dèidh</b>	after, past in time
<b>a' smaoinichadh</b>	thinking	<b>cuin?</b>	when?
<b>cinnteach</b>	sure	<b>seachad</b>	over, finished
<b>cairteal</b>	a quarter	<b>tràth</b>	early

## Language points

### *Telling the time*

The important question is:

**Dè an uair a tha e?**                      What time is it?

Literally, this means ‘What hour is it?’, as **uair** = hour.

**uair a thìde** = one hour (i.e. an hour of time)

**leth uair a thìde** = half an hour

**cairteal na h-uaireach** = a quarter of an hour

**trì chairteal na h-uaireach** = three quarters of an hour

**mionaid** = a minute

**diog** = a second (a tick)

**Tha e uair.** = It is one o’clock. (The number ‘one’ is not included.)

**Tha e dà uair.** = It is two o’clock.

**Tha e trì uairean.** = It is three o’clock. (Remember the plural form starts with **trì**.)

Then: **ceithir uairean, còig uairean, sia, seachd, ochd, naoi, deich uairean, aon uair deug, da uair dheug.**

**dà uair dheug** = **meadhan latha**    midday, noon  
    **meadhan oidhche**    midnight

**leth uair an deidh** = half past

**cairteal an deidh** = a quarter past

**cairteal gu** = a quarter to

*Example:* **leth-uair an deidh còig** half past five

(The word **uairean** is not needed when telling the time except for exact hours – as with ‘o’clock’ in English.)

Minutes are as follows:

<b>còig mionaidean an deidh</b>	five past
<b>deich mionaidean an deidh</b>	ten past
<b>cairteal an deidh</b>	quarter past
<b>fichead mionaid an deidh</b>	twenty past
<b>còig mionaidean fichead an deidh</b>	twenty-five past
<b>leth-uair an deidh</b>	half past
<b>còig mionaidean fichead gu</b>	twenty-five to



<b>fichead mionaid gu</b>	twenty to
<b>cairteal gu</b>	quarter to
<b>deich mionaidean gu</b>	ten to
<b>còig mionaidean gu</b>	five to

Notice that the noun following **fichead** is singular. (Remember this is also true of **ceud** ‘a hundred’.)

‘a.m.’ and ‘p.m.’ are expressed as ‘morning’, ‘afternoon’ and ‘night’.


<b>'s a' mhadainn</b>	in the morning
<b>feasgar</b>	in the afternoon
<b>a dh' oidhche</b>	at night


*Example:*    **sia uairean 's a' mhadainn** = 6 a.m.  
                   **trì uairean feasgar** = 3 p.m.  
                   **naoi uairean a dh'oidhche** = 9 p.m.

Note: **aon uair**, **dà uair**, **trì uairean**, etc. can also mean ‘once’, ‘twice’, ‘thrice’ (‘one time’, ‘two times’, ‘three times’) etc.

### Exercise 5

Take a look at the clock faces below and opposite. What time do they show?





If you would like to talk about approximate times, the word for ‘about’ is **mu**. This word lenites the following word, so you would have:

**còig uairean**  
**mu chòig uairean**  
**cairteal gu sia**  
**mu chairteal gu sia**

five o'clock  
 about five o'clock  
 quarter to six  
 about quarter to six

### Exercise 6

- What is the exact time now?
- What time do you normally have lunch?
- What time did you go to bed last night?
- What time did you get up this morning?
- What is the latest time you would normally telephone someone in the evening?
- If there is a television in your house, what time is it normally turned off?

Some more useful phrases relating to time:

**Fuirich mionaid!**  
**Cha bhi mi mionaid!**  
**Cuin a bhios am bus a' falbh?**  
**Madainn mhath**  
**Feasgar math**  
**Oidhche mhath**

Wait a minute!  
 I won't be a minute!  
 When does the bus leave?  
 Good morning  
 Good afternoon/evening  
 Good night

## Reading 5

Bha mi-fhèin is mo bhràthair anns a' bhùth aig Dàibhidh an-diugh. Tha Dàibhidh uabhasach snog agus is toigh leis an teaghlach againn. Bha sinn ag iarraidh aran agus briosaidean. Cha robh briosaidean teoclad aige idir ach cheannaich sinn feadhainn eile. Bha an dìthis againn sgìth agus bha an t-acras oirnn. Bha e leth-uair an deidh còig an uair sin agus bha thìd' againn a dhol dhachaigh. Bha mise ro sgìth airson na 'push-ups' agam a dhèanamh. Mo chreach! Feumaidh mi dà fhichead a dhèanamh a-màireach. Tha mo dhrùim goirt agus tha mo chasan goirt. Bidh iad goirt a-màireach cuideachd. Oich, oich! Chan eil mi cinnteach.

# 6 Biadh is deoch

## Food and drink

**In this lesson you will learn:**

- how to give commands
- how to express likes and dislikes
- how to order a meal

### Dialogue 1

#### *An diathad*

#### The lunch

*Mairi and Donald meet in a café for lunch. They are served by a waitress called Peggy.*

PEIGI: Thigibh a-steach! Suidhibh sìos aig a' bhòrd seo.

MAIRI: Tapadh leibh. Tha latha math ann, nach eil?

PEIGI: Tha gu dearbh! Seo an clàr-bidhe . . .

MAIRI: Glè mhath!

DOMHNALL: Dè bu toigh leat, a Mhàiri?

MAIRI: Cofaidh geal, tha mi a' smaoinichadh. Agus sùgh orains. Tha am pathadh orm!

DOMHNALL: Dè tha thu ag iarraidh ri ithe?

MAIRI: Dè mu dheidhinn ceapaire? Bhiodh ceapaire càise air a thostadh glè mhath. Dè tha thu-fhèin ag iarraidh?

DOMHNALL: Cha toigh leam càise ach is toigh leam hama. Tha an t-acras orm. Gabhaidh mi dà cheapaire hama.

MAIRI: An toigh leat cofaidh?

DOMHNALL: Cha toigh leam cofaidh idir. Tha mi ag iarraidh cupa teatha, le bainne.

(Thig an tè-fhrithéalaidh air ais)

- PEIGI: Dè tha sibh ag iarraidh, ma-tha?  
 DOMHNALL: Gabhaidh sinn cofaidh geal agus teatha gheal, ceapaire càise agus dà cheapaire hama air an tostadh, agus sùgh orainds, mas e ur toil e.
- PEIGI: A bheil sibh a' gabhail siùcar?  
 MAIRI: O, chan eil, tapadh leibh.
- PEGGY: *Come in! Sit down at this table.*  
 MAIRI: *Thank you. It's a nice day, isn't it?*  
 PEGGY: *It certainly is! Here's the menu . . .*  
 MAIRI: *Fine!*  
 DONALD: *What would you like, Mairi?*  
 MAIRI: *White coffee, I think. And orange juice. I'm thirsty!*  
 DONALD: *What do you want to eat?*  
 MAIRI: *What about a sandwich? A toasted cheese sandwich would be very good. What do you want?*  
 DONALD: *I don't like cheese but I like ham. I'm hungry. I'll have two ham sandwiches.*  
 MAIRI: *Do you like coffee?*  
 DONALD: *I don't like coffee at all. I want a cup of tea with milk.*
- (The waitress returns . . . )*
- PEGGY: *So what would you like, then?*  
 DONALD: *We'll have a white coffee and a tea with milk, a toasted cheese sandwich and two toasted ham sandwiches, and orange juice please.*
- PEGGY: *Do you take sugar?*  
 MAIRI: *No, thank you.*

## Vocabulary

<b>thigibh a-steach</b>	come in (pl./polite imperative)
<b>suidhibh sìos</b>	sit down (pl./polite imperative)
<b>clàr-bidhe</b>	menu
<b>sùgh orainds (m.)</b>	orange juice
<b>am pathadh (m.)</b>	thirst
<b>ri ithe</b>	to eat
<b>ceapaire (m.)</b>	a sandwich
<b>bhiodh</b>	would be
<b>càise (m.)</b>	cheese
<b>bainne (m.)</b>	milk
<b>siùcar (m.)</b>	sugar

## Language points

**An diathad** (f.) refers to the midday meal, which used to be the main meal of the day. The word is still used for ‘lunch’. **Dìnnear**, a direct borrowing from English, is now used for ‘dinner’.

**Thigibh a-steach!** ‘Come in!’ may also be expressed as **Trobhadaibh a-steach!**

**Tha an t-acras orm** means ‘I’m hungry’. Literally, it is ‘the hunger is on me’. Similarly, **tha am pathadh orm** ‘I’m thirsty’ is ‘the thirst is on me’.

**Bhiodh**, sometimes written **bhitheadh**, is the conditional (formerly subjunctive) of the verb ‘to be’.

One toasted sandwich (masculine singular) was **air a thostadh** (roughly, ‘having been toasted’). When two sandwiches are mentioned, making the structure plural changes it slightly to **air an tostadh**.

## Likes and dislikes

<b>Dè bu toigh leat?</b>	What would you like?
<b>Bu toigh leam.</b>	I would like.
<b>Cha bu toigh leam.</b>	I would not like.
<b>Cha toigh leam.</b>	I do not like.
<b>An toigh leat?</b>	Do you like?

Some food items introduced to Gaeldom are obvious borrowings from English. Here we have **teatha** (sometimes left as **tea**, other times spelt **ti**), as well as **cofaidh**, **orainds**, **hama** and **siùcar**. There are more to come!

To ask what someone would like to eat, you say:

**Dè tha thu ag iarraidh ri ithe?**

If you want to offer a drink, the question is:

**Dè tha thu ag iarraidh ri òl?**

Some drinks might be:

<b>glainne uisge</b>	a glass of water (Note that water is <b>bùrn</b> in some areas.)
<b>sùgh ubhal</b>	apple juice
<b>glainne fion</b>	a glass of wine
<b>pinnt leann</b>	a pint of beer
<b>uisge-beatha</b>	whisky

Literally, **uisge-beatha** means ‘the water of life’! As you might have noticed, the English word is derived from the sound of the Gaelic word **uisge**. If you are offered some, the word for ‘cheers!’ is **slàinte!**, meaning ‘health’. If someone has had too much, you could say **Tha an deoch air** ‘He’s drunk’.

**Balgam**, meaning ‘a mouthful’, is often used colloquially in referring to beverages.

*Example: An gabh sibh balgam teatha?*

Here are some more expressions for offering, requesting and accepting:

<b>Thig a-steach ’s gabh balgam.</b>	Come in and have a cuppa.
<b>A bheil thu a’ gabhail bainne?</b>	Do you take milk?
<b>Cupan eile?</b>	Another cup?
<b>Gabh briosgaid.</b>	Take a biscuit.
<b>Am faigh mi tuilleadh bainne?</b>	Could I have some more milk?
<b>Tha seo blasta.</b>	This is delicious.
<b>Bha sin dìreach math.</b>	That was lovely.
<b>Tapadh leat, ach cha b’ urrainn dhomh.</b>	Thank you, but I couldn’t.

The word for ‘without’ is **gun**, so ‘without sugar’, for example, is **gun siùcar**.

There are labelled pictures of some common foodstuffs in the illustrations below and opposite. Which do you think are words originally borrowed from English?

bainne



càic



aran




cofaidh



suiteas



curran



### Exercise 1

There is a word square below containing the Gaelic names of eighteen things to eat or drink. Can you find them? The words might be read in any direction. To help you, they are all listed under the square.

U	S	I	L	I	D	H	I	A	S	G
G	I	L	I	O	E	F	N	N	A	H
B	U	N	T	A	T	A	A	A	M	D
A	C	S	N	E	I	P	E	R	R	I
I	A	O	T	E	L	N	H	R	I	A
N	R	E	S	I	A	C	G	U	C	F
N	A	C	E	I	C	N	I	C	A	O
E	B	H	L	A	H	B	U	E	L	C

BAINNE ARAN CURRAN FEOIL IM CAISE  
 UIGHEAN SILIDH SIUCAR UBHAL CAL BUNTATA  
 UINNEAN TEA SNEIP COFAIDH IASG CEIC



## Exercise 2

Now that you know some more words for food, can you express some of your own likes and dislikes, using the phrases listed above?

## Dialogue 2

### Am dinneir

#### Dinner-time

*Mairi is eating dinner with the family. What does Ann ask for more of? What unusual foodstuff is Iain curious about?*

- ATHAIR: A bheil thu ag iarraidh tuilleadh feòil, a Mhàiri?  
 MAIRI: Tha, tapadh leibh. Tha i uabhasach math.  
 ATHAIR: Seo dhut, ma-tha.  
 ANNA: Bu toigh leam tuilleadh buntàta, mas e ur toil e.  
 MATHAIR: Cuiribh am buntàta sìos gu Anna. A bheil thu ag ithe do churranan, Iain?  
 IAIN: Tha! A Mhàiri, am bi thu ag ithe cangaru ann an Astràilia?  
 MAIRI: Bidh feadhainn gan ithe. Cha do dh'ith mise e a-riamh. Bidh sinn ag ithe biadh mar seo agus biadh eadar-nàiseanta cuideachd.  
 DOMHNALL: A bheil tuilleadh feòil ann?  
 MATHAIR: Dh'itheadh tu leth-cilo nad aonar. 'S e na 'push-ups' is coireach!  
 ANNA: An toigh leat reòiteag, a Mhàiri?  
 MAIRI: O, is toigh!  
 ANNA: Bidh Mamaidh a' dèanamh reòiteag. Tha e mìorbhaileach.  
 MATHAIR: Siuthadaibh, togaibh na soithichean agus gheibh a h-uile duine reòiteag banana.
- FATHER: *Would you like more meat, Mairi?*  
 MAIRI: *Yes, please. It's really good.*  
 FATHER: *Here you are, then.*  
 ANN: *I'd like some more potato, please.*  
 MOTHER: *Pass the potatoes to Ann. Iain, are you eating your carrots?*  
 IAIN: *Yes! Mairi, do you eat kangaroo in Australia?*

- MAIRI: *Some people do (eat them). I've never eaten it. We normally eat food like this and international food as well.*
- DONALD: *Is there any more meat?*
- MOTHER: *You would eat half a kilo by yourself. It must be the push-ups!*
- ANN: *Do you like ice-cream, Mairi?*
- MAIRI: *Oh, yes!*
- ANN: *Mummy makes ice-cream. It's fantastic.*
- MOTHER: *Come on then, clear the plates and we'll all have some banana ice-cream.*

## Vocabulary

<b>à</b> <b>dinneir</b>	dinner-time ( <b>à</b> m = time)
<b>tuilleadh</b>	more
<b>feòil</b> (f.)	meat
<b>dhut</b>	for you ( <b>do</b> + <b>thu</b> )
<b>buntàta</b> (m.)	potato/es
<b>cuir sìos</b>	pass ( <i>lit.</i> put down)
<b>curran</b> (m.)	carrot
<b>feadhainn</b>	some (here = some people)
<b>feuch</b>	try, taste
<b>eadar-nàiseanta</b>	international
<b>is coireach</b>	is to blame/is the reason
<b>reòiteag</b> (f.)	ice-cream
<b>siuthadaibh!</b>	come on! (pl./polite)
<b>togaibh</b>	lift/pick up (pl./polite)
<b>gheibh</b>	will get

## Language Points

**Buntàta**, the borrowed word for ‘potato’ or ‘potatoes’, is an unusual word because the stress falls on the second syllable. Most Gaelic words are pronounced with the strongest stress on the first syllable.

The dialogue contained a few more imperatives (or commands), in the plural form here because they were addressed to the whole family:

<b>cuiribh</b>	put	<b>siuthadaibh</b>	go ahead
<b>togaibh</b>	lift/pick up		

**Coire** (f.) is the word for ‘blame’, ‘fault’. So to say: ‘**s e ... is coireach**’ means ‘... is to blame’.

The dialogue also contained a structure with the word **bidh** (actually the future form of the verb ‘be’), which is used to talk about things that happen fairly regularly, in the same way that the simple present is used in English. Two examples are:

**Bidh feadhainn gan ithe.**                      Some people eat them.  
**Bidh mamaidh a’ dèanamh ...**      Mummy makes ...

Another useful structure, which may seem a little difficult at first, occurs in the first phrase above: **bidh feadhainn gan ithe**. The word **gan**, which is a prepositional possessive, operates like an object pronoun, in the same way as the English word ‘them’ in the translation. It is actually made up of the three words **aig an ithe**, ‘at the eating of them’, and these words collapse into the shorter **gan ithe**. Of course, these words can be used with many other verbs. Here, for example, is the full pattern together with the verb **iarraidh**, ‘to want’.

<b>gam iarraidh</b>	wanting me	<b>gar n-iarraidh</b>	wanting us
<b>gad iarraidh</b>	wanting you (sing./informal)	<b>gur n-iarraidh</b>	wanting you (pl./polite)
<b>ga iarraidh</b>	wanting him/it	<b>gan iarraidh</b>	wanting them
<b>ga h-iarraidh</b>	wanting her/it		

Note: the plural form would be **gam** before **b, p, f, m**.

### Exercise 3

Which phrase or sentence would you use in the following situations:

- 1 to say that you don’t really want those fascinating old newspapers (i.e. ‘them’)?
- 2 to tell someone that the teacher wants him?
- 3 to comment that the boy doesn’t want his dinner (i.e. ‘it’)?
- 4 to ask someone if they want you?

## Dialogue 3

### *Ciamar a rinn sibh e?*

#### How did you make it?

*The ice-cream turns out to be really good. Mairi asks for the recipe. What are the main ingredients she would need?*

MAIRI: Tha seo math! Ciamar a rinn sibh e?

MATHAIR: Uill, chan eil e duilich idir. Bidh mise a' cleachdadh 'blender' agus tha e glè fhurasta. An toiseach, feumaidh tu leth-cilo banana-an, dà cheud gram siùcar agus làn spàinn-mhòr sùgh liomain. Measgaich iad sin le chèile. An uair sin cuir ann làn cupa bainne, aon ugh agus cairteal-cupa bàrr, agus measgaich a-rithist e.

MAIRI: Ceart.

MATHAIR: Tha thu an uair sin a' cur ann leth-cupa bàrr agus ga mheasgachadh.

MAIRI: Agus dè tuilleadh?

MATHAIR: Dòirt ann an soitheach e agus cuir dhan reothadair e.

MAIRI: Chan eil sin ro dhuilich.

MATHAIR: Chan eil gu dearbh. O, aon rud eile – feumaidh tu a thoirt a-mach uair no dhà airson a chur mun cuairt. Bidh e nas fheàrr mar sin.

MAIRI: An seas e fada?

MATHAIR: Anns an taigh seo?

MAIRI: *This is good! How did you make it?*

MOTHER: *Well, it's really not difficult. I use a blender and it's very easy. First, you need half a kilo of bananas, 200g of sugar and a big spoonful of lemon juice. Mix them together. Then add a cupful of milk, an egg and a quarter cup of cream, and mix it again.*

MAIRI: OK.

MOTHER: *Then you put in half a cup of cream and mix it up.*

MAIRI: *And what else?*

MOTHER: *Pour it into a dish and put it in the freezer.*

MAIRI: *That's not too difficult.*

MOTHER: *No, it's really not. Oh, one other thing – you need to take it out once or twice to stir it. It's better that way.*

MAIRI: *Does it last long?*

MOTHER: *In this house?*

## Vocabulary

<b>feumaidh tu</b>	you will need ( <b>tu</b> is used here instead of <b>thu</b> because of the vowel sound at the end of the previous word)
<b>spàinn-mhòr</b> (f.)	a tablespoon
<b>làn</b>	full
<b>sùgh liomain</b> (m.)	lemon juice
<b>an toiseach</b>	first
<b>measgaich</b>	mix
<b>le chèile</b>	together
<b>a' cleachdadh</b>	using
<b>furasta</b>	easy
<b>cuir ann</b>	put in
<b>ugh</b> (m.)	an egg
<b>cairteal</b>	a quarter
<b>bàrr</b> (m.)	cream
<b>ceart</b>	right, OK
<b>dòirt</b>	pour
<b>soitheach</b> (m.)	a dish
<b>reothadair</b> (m.)	freezer
<b>seas</b>	to last (also means 'to stand')

## Language points

Many borrowed words have been given a Gaelic plural ending – e.g. ‘bananas’ – the Gaelic word is **banana-an**.

Did you notice the way the pronoun **ga** from the first dialogue was used again here?

**agus ga mheasgachadh**                      and stirring it

**Airson** means ‘in order to’. So **airson a chur mun cuairt** is ‘in order to stir it’ – literally, something like ‘in order to put it around’. The verb **cuir** ‘put’ drops the **i** in the infinitive form.

### Exercise 4

What would you say in Gaelic if you wanted to ...

- 1 ask your friend if he likes fish?
- 2 ask a family member to pass the bread?

- 3 ask if you could have a little more milk in your coffee?
- 4 say that you don't like ice-cream at all?
- 5 ask your hostess how she made the chocolate cake?
- 6 ask a young child at the table if he is eating his potatoes?

*A Gaelic proverb*

An rud a thèid gan a' bhrù thèid a shùgh ga na casan.  
*What goes into the belly, its juice will go into the feet.*

## Reading 6

### *Aran coirce*

#### **Oatcakes**

Seo mar a nì sibh aran coirce.

Feumaidh sibh	dà chupa min-choirce
	leth spàinn-teatha sòda-arain
	25 gram ìm
	rud beag salainn
	rud beag siùcar
	bùrn teth (mu làn cupa)

Measgaich na rudan tioram le chèile ann am bobhla. Cuir ann am bùrn teth, beag air bheag. Measgaich e gun a dhèanamh ro fhliuch. Dèan cnap cruinn dheth. Cuir a-mach air bòrd e agus geàrr na sgonnaichean e. Bruich iad ann an àmhainn theth gus am bi iad deiseil – mu fhichead mionaid.

Note: Both the recipes for oatcakes and (less traditionally Scottish) ice-cream should work. Why not put your Gaelic to the test in the kitchen?

# 7 An aimsir/an t-side

## The weather

### In this lesson you will learn:

- the days of the week
- the months of the year
- the seasons
- how to describe different weather situations
- more practice with adjectives

## Dialogue 1

### *Latha brèagha*

#### A beautiful day

*Mairi goes out for a walk in the village and meets up with an elderly lady. The word for ‘old lady’ is **cailleach**.*

MAIRI: Madainn mhath.

CAILLEACH: Madainn mhath. Tha i brèagha an-diugh, nach eil?

MAIRI: Tha gu dearbh. Tha i blàth.

CAILLEACH: Bha i uabhasach fliuch Diluain is Dimàirt, ach tha coltas nas fheàrr oirre a-nis. Is tusa an nighean à Astràilia, nach tu?

MAIRI: Is mi. Is mise Màiri NicLeòid. Bidh mi an seo airson greis.

CAILLEACH: Tha mi a’ creidsinn gu bheil e blàth grianach an Astràilia.

MAIRI: ’S ann à Sydney a tha mise agus bidh an samhradh againn ro theth. Ach tha an t-side glè mhath mar is trice. Tha barrachd uisge agaibhse.

- CAILLEACH:** Tha gun teagamh. Co-dhiù, tha latha math ann an-diugh.  
**MAIRI:** Tha, tha mi fortanach.  
**CAILLEACH:** Chì mi a-rithist thu, a ghràidh. Beannachd leat.  
**MAIRI:** Mar sin leibh.

## Vocabulary

<b>tha gu dearbh</b>	it is indeed (yes, indeed)
<b>blàth</b>	warm
<b>fiuch</b>	wet
<b>Diluain</b>	Monday
<b>Dimàirt</b>	Tuesday
<b>coltas (m.)</b>	look, appearance
<b>nas fheàrr</b>	better ( <b>nas fheàrr na</b> = better than)
<b>greis (f.)</b>	a while
<b>a' creidsinn</b>	believing
<b>grianach</b>	sunny
<b>an samhradh (m.)</b>	the summer
<b>teth</b>	hot
<b>mar is trice</b>	more often, as often as not
<b>barrachd</b>	more
<b>uisge (m.)</b>	rain
<b>teagamh (m.)</b>	doubt
<b>fortanach</b>	fortunate
<b>mar sin leibh</b>	goodbye ( <i>lit.</i> likewise to you)

## Language points

**An aimsir** and **an t-side** are both in common use for 'weather'. Both words are feminine so 'the weather' is referred to as **i**:

*Example:*

**Tha i brèagha an-diugh.** (The weather) is lovely today.

If you are referring to the 'day' you use **e**, as the word **latha** is masculine:

*Example:*

**Tha latha brèagha ann an-diugh.** It's a lovely day today.

**Tha e blàth.** (The day) is warm.

Basically, you can use either **i** or **e** and be correct when talking about the weather!



## *The verb 'to be': is*

You have already seen and used the forms:

<b>Is mise.</b>	I am.
<b>Is tusa.</b>	You are.
<b>Is e ('S e).</b>	It is.
<b>Is ann ('S ann).</b>	It is in/from.

In the past tense these are written:

<b>Bu e (B' e)</b>
<b>Bu ann (B' ann)</b>

## *Is and tha*

So what exactly is the difference between **is** and **tha**?

**Tha** is the form of 'to be' used to describe any situation, action, person, place, etc.:

<i>Example:</i> <b>Tha mi sgìth.</b>	I'm tired.
<b>Tha mi a' dol dhachaigh.</b>	I'm going home.
<b>Tha sin ceart.</b>	That's right.

**Is** is the form used to say that one person or thing is another person or thing:

<i>Example:</i> <b>Is mise Màiri.</b>	I'm Mairi.
<b>Is ise Catrìona.</b>	She's Catherine.
<b>Is e ('Se) latha math a th'ann.</b>	It's a nice day.

So **tha** is descriptive, used with adjectives and verbs, while **is** says that one thing is another; i.e. it joins two noun ideas. In practice, if you learn these constructions as they appear in the text, you will probably not find it confusing.

As you have probably come to realise, Gaelic has no direct equivalents of the words 'yes' and 'no'. Rather than answering a question with the word 'yes' or 'no', the answer is given by repeating the question verb in either the negative or the positive. Here is an example from the dialogue above. You will probably be able to pinpoint many other examples.

**Tha i brèagha an-diugh, nach eil? Tha gu dearbh.**  
It's a lovely day, isn't it? Yes (It is), indeed.

### Exercise 1

Can you answer the questions below in an appropriate way?

- 1 A bheil an aimsir math an-diugh?
- 2 A bheil thu gu math?
- 3 A bheil thu à Albainn (dative of Alba)?
- 4 An tusa Seumas?
- 5 An e seo do bhiadh?
- 6 An ann à Leodhas a tha thu?

‘Goodbye’ – **beannachd leibh**, ‘a blessing with you’, you have already come across. **Mar sin leibh** ‘likewise to you’, which is actually the response to **beannachd leibh**, is now often used as the term of farewell – so you will often hear **mar sin leibh** and the response, **mar sin leibh fhèin**.

#### ***Làithean na Seachdain***

*The days of the week with their interesting derivations!*

#### **Dè an latha a tha ann an diugh?**

What day is it today?

<b>’Se:</b>	<b>Diluain a tha ann</b>	the day of the moon
	<b>Dimàirt</b>	the day of Mars
	<b>Diciadain</b>	the day of the first fast
	<b>Diardaoin</b>	the day between two fasts
	<b>Dihaoine</b>	the day of the fast
	<b>Disathairne</b>	the day of Saturn
	<b>Didòmhnaich/</b>	the day of the Lord/
	<b>Latha na Sàbaid</b>	the Sabbath day

**Didòmhnaich** tends to be used in Roman Catholic parts of the Highlands while **Latha na Sàbaid** is normally used in Protestant areas.

(‘Last week’ is **an t-seachdain a chaidh** – ‘the week that went’).

### Exercise 2

Once you have tried to commit the names of the days of the week to memory, answer the questions below. The questions are in English, but they require a Gaelic response!

- 1 What day of the week is it today?
- 2 What day do you normally do the grocery shopping?
- 3 What day does your birthday fall on this year?
- 4 What day do you normally wash your car?
- 5 Which day of the week was Christmas Day last year?
- 6 What day are you most likely to stay home in the evening?
- 7 Which morning of the week do you stay in bed longest?
- 8 Which day would you go to church?

## Dialogue 2

### *Latha stoirmeil*

#### A stormy day

*James, Catherine's grandfather, meets his old friend Alasdair in the street. They discuss the weather and reminisce a little. What is the topic of disagreement?*

SEUMAS: Halò, Alasdair. Ciamar a tha thu?

ALASDAIR: Glè mhath, tapadh leat. Ciamar a tha an teaghlach?

SEUMAS: Chan eil càil ceàrr air duine dhiubh. Mo chreach, nach i tha fiadhaich!

ALASDAIR: Nach i. Bha an t-uisge trom 'sa' mhadainn cuideachd.

SEUMAS: Cha robh latha mar seo againn o chionn fhada.

ALASDAIR: Cha robh bho Mhàirt, an robh?

SEUMAS: Feuch an isd thu, a dhuine. Bha aimsir mhath againn 'sa' Mhàirt.

ALASDAIR: Cha robh, a Sheumais. A bheil cuimhne agad idir air na tuitlean mòra agus na gaothan uabhasach a bh'ann?

SEUMAS: Och, 's ann a bha sin as t-Fhoghar. Bha an t-Earrach math am bliadhna.

ALASDAIR: Tha thu a' call do chuimhne. Bha mise a-muigh anns an stoirm.

SEUMAS: Na bi gòrach. Thalla dhachaigh, agus mi gu reothadh!

### Vocabulary

<b>Chan eil càil.</b>	There is nothing.
<b>duine dhiubh</b>	any of them
<b>fiadhaich</b>	wild, stormy

<b>Nach i?</b>	Isn't it?
<b>an t-uisge (m.)</b>	the rain
<b>trom</b>	heavy
<b>'sa' mhadainn</b>	in the morning
<b>mar seo</b>	like this
<b>o chionn fhada</b>	for a long time
<b>am Màirt</b>	March
<b>isd</b>	be quiet
<b>cuidhne (f.)</b>	memory
<b>A bheil cuidhne agad?</b>	Do you remember?
<b>tuil (f.)</b>	a flood
<b>am Foghar</b>	autumn
<b>an t-Earrach</b>	spring
<b>am bliadhna</b>	this year
<b>a' call</b>	losing
<b>gòrach</b>	silly, ridiculous
<b>thalla dhachaigh</b>	go away home
<b>gu reothadh</b>	just about freezing

## Language points

**Chan eil càil** 'there is not anything' is always used to signify 'nothing'.

<i>Example:</i> <b>Dè tha thu a' dèanamh?</b>	What are you doing?
<b>Chan eil càil.</b>	Nothing!
<b>Dè tha ceàrr?</b>	What's wrong?
<b>Chan eil càil.</b>	Nothing.

The form used in questions is

<b>A bheil càil ceàrr?</b>	Is there anything wrong?
----------------------------	--------------------------

**Duine dhiubh** means literally 'a man of them' – 'any of them', in other words. The phrase comes from the prepositional pronoun **de + iad**.

**Fiadhaich**, meaning 'wild', is a good adjective for stormy or windy days. It can also be used of a person who is wild in the sense of 'furious', 'really angry'.

**Feach an isd thu** 'Try to be quiet' is a good way of telling someone to be quiet – or shut up – with a hint of exasperation.

**Duine**, meaning 'man', is used to actually address people slightly more often than the equivalent is used in English. Because it is

an address or vocative form, the word is lenited, and it becomes **a dhuine**.

**Tuiltean** is the plural of **tuil** ‘flood’. The reason that the adjective takes the form **mòra** is that it has to agree with the plural noun.

**Thalla** is the imperative of the verb **falbh**, ‘go’.

## **Prepositional pronouns using *de* ‘of’/‘off’**

James says there is nothing wrong with any ‘of them’: **dhiubh = de + iad**.

Using the other pronouns we have:

<b>dhiom</b>	of me
<b>dhiot</b>	of you (informal/sing.)
<b>dheth</b>	of him/it
<b>dhith</b>	of her/it
<b>dhinn</b>	of us
<b>dhibh</b>	of you (pl./polite)
<b>dhiubh</b>	of them

*Example:* **Cuir dhiot do chòta.** Take off your coat.  
**Cuir dheth an rèidio.** Turn off the radio.

●● The four seasons are:

<b>an t-Earrach</b>	spring
<b>an Samhradh</b>	summer
<b>am Foghar</b>	autumn
<b>an Geamhradh</b>	winter

The names for the seasons are preceded by ‘the’.

<b>as t-Earrach (anns an t-Earrach)</b>	=	In spring
<b>as t-Samhradh</b>	=	In summer
<b>as t- Fhoghar</b>	=	In autumn
<b>'s a' Gheamhradh</b>	=	In winter

### Exercise 3

Which season would you normally associate with the words in the box below? Divide them into four groups, assigning each one to either:

**Earrach** spring  
**Foghar** autumn

**Samhradh** summer  
**Geamhradh** winter

<b>fuar</b>	<b>ùr</b>	<b>saor-làithean</b>	<b>òg</b>
<b>gaoth</b>	<b>sneachd</b>	<b>uaine</b>	<b>duilleagan</b>
<b>Nollaig</b>	<b>grian</b>	<b>buain</b>	<b>reòiteag</b>

## The months of the year

### Na Miosan

Traditionally, the Gaelic names for the months were used less often than the terms for seasons and other landmark points in the year, so you will probably find that most Gaelic speakers still use the English forms for the names of the months. This is what the Gaelic versions look like. As with the seasons, the months have the definite article in front.

<b>Am Faoilleach/san Fhaoilleach</b>	<b>An t-Iuchair/san Iuchair</b>
<b>An Gearran/sa' Ghearran</b>	<b>An Lùnasdal/san Lùnasdal</b>
<b>Am Màirt/sa' Mhàirt</b>	<b>An t-Sultain/san t-Sultain</b>
<b>An Giblean/sa' Ghiblean</b>	<b>An Dàmhair/san Dàmhair</b>
<b>An Cèitean/sa' Chèitean</b>	<b>An t-Samhain/san t-Samhain</b>
<b>An t-Ogmhìos/san Ogmhìos</b>	<b>An Dùbhlachd/san Dùbhlachd</b>

There are two versions given for each month. The first is simply the name, together with the article, 'the'. The second corresponds to 'in' + the month name. **San** or **sa** (which is the shortened form of **anns an/anns a'** = 'in the'), puts the following noun into the dative case, hence the difference in spelling in the actual name of the month.

### Exercise 4

Which month or months do you associate with:

- a Christmas?
- b Summer holidays?
- c Easter?
- d Hallowe'en?
- e New Year?

## Dialogue 3

### *Am bodach-sneachda*

#### The snowman

*Snow has fallen during the night and Iain is excited. What does he plan to do?*

IAIN: Is toigh leam fhèin an geamhradh. Is toigh leam a' ghaoth 's an t-uisge. Is toigh leam an sneachda 's am fuachd.

MATHAIR: Na bi gòrach! Càit' a bheil thu a' dol, a bhalaich?

IAIN: Tha mi a' dol a-mach a dhèanamh bodach-sneachda. A bheil thu a' tighinn, a Chatrìona?

CATRIONA: Fuirich mionaid. Tha mise gu reothadh. Feumaidh mi còt' is stoca is miotagan is boineid is brògan mòra a chur orm! Thig mi an uairsin.

IAIN: Greas ort! Tha e brèagha, grianach a-muigh. Tha an leas agus an staran cho geal.

CATRIONA: Seo mi. Agus seo ad dhubh is stoca dhearg airson a' bhodaich. Tha còta dubh agam cuideachd.

IAIN: Bidh seo math. Nì sinn bodach-sneachda cho mòr ri taigh!

MATHAIR: Is toigh leamsa teine blàth agus cupa math teatha. A-mach a seo sibh.

### Vocabulary

<b>bodach-sneachda</b> (m.)	a snowman
<b>am fuachd</b> (m.)	the cold
<b>an sneachda</b> (m.)	the snow

<b>fuirich mionaid</b>	wait a minute
<b>feumaidh mi</b>	I must
<b>còta (m.)</b>	a coat
<b>stoca (m.)</b>	a scarf (sometimes <b>sgarf</b> )
<b>miotagan (f.)</b>	gloves
<b>brògan mòra (f.)</b>	boots
<b>an uairsin</b>	then
<b>greas ort</b>	hurry up
<b>an leas (f.)</b>	the garden
<b>an staran (m.)</b>	the path
<b>cho</b>	as
<b>teine (m.)</b>	a fire

## Language points

**Bodach** is ‘an old man’. Remember, we had the female equivalent **cailleach** in Dialogue 1.

**A bhalaich** is the address form of **balach**.

**A chur orm** means ‘to put on me’ (**a chur** is the infinitive form of **cuir**).

**An uairsin** is made up of the words **an uair sin** = ‘at that time’, or ‘then’.

**Airson a’ bhodaich** ‘for the old man’ – **bhodaich** is lenited because the previous word, **airson**, is a compound preposition and so **bodach** takes the genitive case.

**Tha mi a’ dol a-mach**, says Iain – ‘I’m going outside’. There are actually two words for the English ‘out’ or ‘outside’: **a-mach** and **a-muigh**. This is the difference:

**Tha mi a’ dol a-mach** ‘I’m going out’ signifies some movement outwards. ‘Come out’ **Thig a-mach** also signifies movement.

**Tha mi a-muigh** ‘I’m outside’ indicates that the speaker is already out.

The same applies with ‘in’ and ‘inside’ (**a-steach** and **a-staigh**). **Tha mi a’ dol a-steach** ‘I’m going in’ signifies movement inwards. **Tha mi a-staigh** ‘I’m in’ indicates that the speaker is already in. So ‘Come in’ is **Thig a-steach** (not **thig a-staigh**).


Did you notice how the adjectives in the dialogue agreed with the nouns?

<b>ad dhubh</b>	<b>ad</b> ‘hat’ is feminine
<b>còta dubh</b>	<b>còta</b> ‘coat’ is masculine
<b>stoca dhearg</b>	<b>stoca</b> ‘scarf’ is feminine



### Exercise 5

You have come across quite a few references to the weather in this lesson. Can you describe the weather in the pictures below?



Some Gaelic similes which make references to the weather include:

- cho fuar ris an t-sneachda
- cho geal ris an t-sneachda
- cho sleamhainn ris an easgann
- cho fliuch ris a' chù
- cho luath ris a' ghaoith

---

## Reading 7

### *Leughadh*

'S e an-diugh an tritheamh latha den Mhàirt. 'S e Diciadain a tha ann. Tha e an dèidh dà uair feasgar agus tha mi a-staigh a' gabhail cupa cofaidh. Tha an latha glè fhuar ach tha e tioram. Bha sìde uabhasach againn an t-seachdain a chaidh. Bha frasan sneachd' ann. Bha mi a' cuimhneachadh air an t-samhradh agus air làithean fada, grianach. Tha mi an dòchas gum bi samhradh brèagha ann am bliadhna. Tha mi a' dol air saor-làithean dhan Fhraing. Bidh sin math. Tha e ro fhuar an seo.

# 8 Air an dùthaich

## In the countryside

### In this lesson you will learn:

- how to ask questions using more interrogative words
- how to describe more habitual actions
- how to ask if you may do something
- the names of domestic and farm animals
- how to use ordinal numbers

### Dialogue 1

*Mairi has met a young man, Stewart, who works a croft not far from where the MacDonalds live. She is taking the opportunity to find out what a crofter's life is like.*

- MAIRI: An toigh leibh a bhith ag obair air croit?  
STIUBHART: O, is toigh leam e gu dearbh.  
MAIRI: Dè bhios sibh a' dèanamh a h-uile latha?  
STIUBHART: Uill, bidh mi a' dèanamh iomadh rud. Bidh mi a' cur is a' buain, agus bidh mi a' sealltainn an dèidh nan caorach.  
MAIRI: Dè bhios sibh a' cur?  
STIUBHART: Bidh mi a' cur buntàta is càl is curranan is coirce.  
MAIRI: Cò mheud caora a tha agaibh?  
STIUBHART: Chan eil ach fichead, ach tha deich uain agam.  
MAIRI: A bheil beathaichean eile agaibh?  
STIUBHART: Tha dà bhò agam agus aon laogh beag.  
MAIRI: Tha obair eile agaibh, nach eil?  
STIUBHART: O tha. 'S e tidsear a tha annam.

## Vocabulary

<b>croit</b> (f.)	a croft
<b>gu dearbh</b>	indeed
<b>iomadh</b>	many
<b>rud</b> (m.)	a thing
<b>a' cur</b>	planting, sowing
<b>a' buain</b>	reaping, harvesting
<b>a' sealltainn</b>	looking
<b>a' sealltainn an dèidh</b>	looking after
<b>nan caorach</b>	the sheep (pl.)
<b>coirce</b>	oats
<b>caora</b> (f.)	a sheep
<b>uain</b> (m.pl.)	lambs
<b>beathaichean</b> (m.pl.)	animals
<b>bò</b> (f.)	a cow
<b>laogh</b> (m.)	a calf
<b>eile</b>	other/more
<b>tidsear</b>	teacher

## Language points

**Air an dùthaich** is an idiom for ‘in the country’ (*lit.* ‘on the countryside’).

The reply to **an toigh leibh?** ‘do you like?’ is often shortened to **is toigh l’**.

The plural for ‘sheep’ is actually **caoraich**. In the dialogue above, though, it is **nan caorach**, the genitive plural form, because it comes after a compound preposition (**an dèidh**).

The word for ‘oats’, **coirce**, should be familiar, as you have come across it already in the form of **aran-coirce** ‘oatcakes’.

Remember, **co-mheud** ‘how many’ is followed by a singular noun (not a plural as in English), so Mairi’s question takes the form:

**Cò mheud caora a tha agaibh?**

The word **dà** ‘two’ lenites the following noun, so we have **bò** for ‘a cow’, but **dà bhò** for ‘two cows’.

## Plurals

The dialogue shows some of the different ways that Gaelic plurals can be formed.

Here are some examples:

<b>curran</b>	<b>curranan</b>
<b>caora</b>	<b>caoraich</b>
<b>beathach</b>	<b>beathaichean</b>
<b>uan</b>	<b>uain</b>

A harder to recognise plural is **mairt** which is actually the plural of **bò**. So if you were counting cows, you would say **aon bhò**, **dà bhò**, **trì mairt**, etc. The general word for cattle in the plural is **crodh**.

## Animals

Here are some more Gaelic animal names.

<b>cat</b> (m.)	cat
<b>cearc</b> (f.)	hen, chicken
<b>cù</b> (m.)	dog
<b>cuileag</b> (f.)	fly
<b>each</b> (m.)	horse
<b>faoileag</b> (f.)	seagull
<b>fiadh</b> (m.)	deer
<b>isean</b> (m.)	little bird, chick
<b>luch</b> (f.)	mouse
<b>muc</b> (f.)	pig
<b>rabaid</b> (f.)	rabbit
<b>seillean</b> (m.)	bee
<b>sionnach</b> (m.)	fox
<b>tarbh</b> (m.)	bull
<b>tunnag</b> (f.)	duck

**Exercise 1**

Some of the ‘animal’ vocabulary from the dialogue and from the list above are hidden in this word square. How many can you find? The words to look for are printed at the bottom of the square. There are eighteen altogether.

```

R A B A I D E C N
L I C A O R A G T
T E A C R A E C S
A O T U N N A G I
R N L U A C A A O
B A I U M E S E N
H E R I L A B L N
D S B I U C M I A
A I O U C H M U C
I A N U H E U C H
F S E I L L E A N

```

BO EACH MUC CAORA UAN CU CAT FIADH  
 LUCH RABAID FAOILEAG TUNNAG CUILEAG  
 SIONNACH SEILLEAN TARBH ISEAN CEARC

**Exercise 2**

Look at the list of animals below. Can you re-arrange them in order of size, from the smallest to the largest?

each luch cat isean faoileag cuileag muc sionnach

**Dialogue 2** ***Na beathaichean*****The animals**

*Mairi visits Stewart's croft and meets some of the animals.*

MAIRI: O, seall air a' chù! Nach e tha snog! Dè an t-ainm a tha air?

STIUBHART: Sin 'Dìleas'. 'S e cù-chaorach a tha ann. Trobhad, a chuilein!

- MAIRI: A bheil cù eile agaibh?  
 STIUBHART: Tha gu dearbh. 'S e cuilean òg a tha ann. 'S e 'Fraoch' an t-ainm a tha air. Cha toigh leis an cat idir.
- MAIRI: Càit' a bheil an cat agaibh?  
 STIUBHART: Tha i anns an leas. Tha trì piseagan aice. O, mo chreach!
- MAIRI: Dè tha ceàrr?  
 STIUBHART: Cha do chuimhnich mi air a' chearc 's na h-iseanan. Ithidh an cat na h-iseanan! Feumaidh mi na h-iseanan a chur dhan t-sabhal.
- MAIRI: Agus an e bodach-ròcais a tha shìos an sin?  
 STIUBHART: 'Se. Cumaidh e na faoileagan air falbh.

## Vocabulary

<b>seall</b>	look
<b>dùileas</b>	faithful
<b>cù-chaorach</b> (m.)	a sheepdog
<b>cuilean</b> (m.)	a puppy
<b>fraoch</b> (m.)	heather
<b>piseagan</b> (m.)	kittens
<b>Cha do chuimhnich mi.</b>	I forgot. (I did not remember.)
<b>a' chearc</b> (f.)	the hen
<b>iseanan</b> (m.)	chicks
<b>ithidh</b>	will eat
<b>an sabhal</b> (m.)	the barn
<b>bodach-ròcais</b> (m.)	a scarecrow
<b>shìos</b>	down
<b>Cumaidh e.</b>	It/He will keep.
<b>na faoileagan</b> (f.)	the seagulls
<b>air falbh</b>	away

## Language points

**O, seall** = 'look'. **Seall** is the imperative of **a' sealltainn** 'looking'.

Rather than saying 'look at', the Gaelic expression is literally 'look on', as in **Seall air a' chù** – literally, 'Look on the dog'.

**Trobhad, a chuilein** is a vocative (address) structure – 'come, puppy' – which is used affectionately for older dogs as well as pups.

**Cù-chaorach** means 'a sheepdog'. The genitive plural form for 'sheep' is used, because **cù-chaorach** equates to 'a dog for sheep'.

The most common expression to say ‘I forgot’ is **Cha do chuimhnich mi**, which is actually ‘I did not remember’. The phrase **Dhiochuimhnich mi**, ‘I forgot’, could be used instead.

**Isean** ‘chick’ is also the general word used for ‘bird’ in some areas.

**Bodach-ròcais** is literally ‘an old man for the rooks (crows)’ – ‘a scarecrow’.

### Exercise 3

In the left-hand column you will see some of the words for young or baby animals you have come across so far. Can you link them with the correct fully-grown versions?

<i>Baby</i>	<i>Adult</i>
cuilean	caora
piaseag	cearc
isean	cat
laogh	cù
uan	bò

## Dialogue 3

### *Anns an lot*

#### On the croft

*Stewart shows Mairi some more interesting aspects of life on the croft.*

- MAIRI: Tha am fear fada anns an lot agaibh, nach eil?  
 STIUBHART: Tha. Bidh na beathaichean ga ithe.  
 MAIRI: Tha mi a’ faicinn each. Am faod mi marcachd air?  
 STIUBHART: Chan fhaod gu dearbh. Tha e ro mhòr. ’S e each-cairt a tha ann.  
 MAIRI: Cait’ a bheil a’ chairt?  
 STIUBHART: Chan eil cairt againn a-nis. Tha tractar ùr agam.  
 MAIRI: Carson? Dè a bhios sibh a’ dèanamh le tractar?  
 STIUBHART: Bidh mi a’ treabhadh leis as t-Earrach.  
 MAIRI: Mo chreach! An e tarbh a tha sin?  
 STIUBHART: ’Se. Tha e ceangailte, ach cum air falbh. Tha e cunnartach.



- MAIRI:** O, tha tunnagan agaibh. Nach iad a tha brèagha. Is toigh leam an fheadhainn bheag sin.
- STIUBHART:** Tha iad glè shnog.
- MAIRI:** A-nise, cuin a bhios a' chiad bhus a' dol air ais gu Port Rìgh?
- STIUBHART:** Bidh aig leth uair an deidh ceithir. Tha thid' agaibh falbh.
- MAIRI:** Beannachd leibh agus tapadh leibh.
- STIUBHART:** 'S e ur beatha. (Ceistean, ceistean!)

## Vocabulary

<b>am feur</b> (m.)	the grass
<b>each</b> (m.)	a horse
<b>Am faod mi?</b>	May I?
<b>Chan fhaod.</b>	No, you may not.
<b>marcachd</b>	ride
<b>each-cairt</b>	a cart-horse
<b>a' chairt</b> (f.)	the cart
<b>ùr</b>	new
<b>carson</b>	why
<b>a' treabhadh</b>	ploughing
<b>tarbh</b> (m.)	a bull
<b>ceangailte</b>	tied
<b>cum air falbh</b>	keep away
<b>cunnartach</b>	dangerous
<b>tunnagan</b>	ducks
<b>an fheadhainn bheag</b>	the little ones
<b>a' chiad bhus</b>	the first bus
<b>air ais gu</b>	back to
<b>Tha thid' agaibh falbh.</b>	It's time you were going.
<b>'Se ur beatha.</b>	You're welcome.
<b>ceistean</b>	questions

## Language points

**An lot** is derived from the English 'lot' (as in 'parking lot' or 'allotment'). It is commonly used for the allotment of land given to the crofter by a landlord. (Traditionally, crofters held their land on long-term leases. They did not normally own the land which they worked.)

**Am faod mi?** means ‘may I?’/‘am I allowed?’. The answer would be either **faodaidh** ‘yes, you may’ or **chan fhaod** ‘no, you may not’.

The word **tìde**, derived from the old Anglo-Saxon word, is used to mean ‘time’ in the sense of a period of time, or the appropriate moment to do something. For example:

**Chan eil tìde gu leòr agam.** I don’t have enough time.

**Tha thùd agad falbh!** It’s time you were going!

**A’ chiad bhus** = ‘the first bus’. The expression **a chiad** lenites the word that follows.

## **Ordinal numbers**

1st	<b>a’ chiad</b>	+ noun
2nd	<b>an darna</b>	+ noun
3rd	<b>an treas/an tritheamh</b>	+ noun
4th	<b>an ceathramh</b>	+ noun
5th	<b>an còigeamh</b>	+ noun
6th	<b>an siathamh</b>	+ noun
7th	<b>an seachdamh</b>	+ noun
8th	<b>an t-ochdamh</b>	+ noun
9th	<b>an naoidheamh</b>	+ noun
10th	<b>an deicheamh</b>	+ noun
11th	<b>an t-aonamh</b>	(+ noun, e.g. <b>fear</b> ) <b>deug</b>
12th	<b>an darna (fear) deug</b> , etc.	
20th	<b>am ficheadamh</b>	

### *Exercise 4*

*Birth dates:* Now that you know the names of the months, together with the numbers up to thirty-one (and beyond), can you write down your birthday in Gaelic? Try a few others, such as the dates of family members, as well. A few models are given for you below.

When is your birthday? **Cuin a tha do latha-breith ann?**

Or, if you now feel confident with the future of ‘to be’ you can ask:

**Cuin a bhios do latha-breith ann?**

*Example:*

**Tha mo latha-breith ann air a' chiad latha den Dùbhlachd.**

or

**Bidh mo latha-breith ann air a' chiad latha den Dùbhlachd.**  
(December 1)

**Tha mo latha-breith ann air an darna latha den Fhaoilleach.**  
(January 2)

**Tha mo latha-breith ann air a' chòigeamh latha deug den Mhàirt.** (March 15)

**Tha mo latha-breith ann air an ochdamh latha air fhichead den Lunasdal.** (August 28)

Note: you will see the word for 'birthday' written in the form **co-latha-breith** and also with the word for day shortened to **là**, i.e. **là-breith** and **co-là-breith**. You will probably often hear the English word 'birthday' used!

### *Exercise 5*

The most popular event at the local primary school sports day is the final of the egg-and-spoon race. The ten competitors this year were Peigi, Iseabail, Eilidh, Barabal, Seonag, Uilleam, Raibeart, Peadar, Murchadh and Coinneach. From the information below, can you work out the exact order in which they crossed the line? (This is easier than it looks – especially if you draw up a grid and eliminate positions this way!)

Note: we use **duine** for person, whether male or female.

Cha b'e Coinneach an ceathramh duine, no an còigeamh duine, no an siathamh duine.

B'e Raibeart an darna duine.

B'e nighean an treas duine.

B'e balach a' chiad duine is an duine mu dheireadh.

Bha Murchadh anns an ochdamh àite.


Bha Peadar an dèidh Seonag.

Bha Barabal an dèidh Iseabail.

Cha robh duine an dèidh Uilleam.

B'e Peadar an còigeamh duine.

B'e Barabal an t-ochdamh duine no an naoidheamh duine.



Cha robh Iseabail na bu luaithe na Eilidh no Peigi.  
 B'e Seonag an ceathramh duine.  
 B'e Eilidh an nighean bu luaithe.

## ***Ceistean, ceistean***

### **Question forms**

Here are some of the most important words you need for asking questions. If you look back at the dialogues in this unit, you will notice even more examples.

**De?** *Example:* **Dè tha thu a' dèanamh?**  
 What are you doing?

**Cò?** **Cò tha seo?**  
 Who is this?

<b>Cuin?</b>	<b>Cuin a bhios àm dìinneir ann?</b> When will dinner-time be?
<b>Carson?</b>	<b>Carson a tha thu duilich?</b> Why are you sad?
<b>Ciamar?</b>	<b>Ciamar a tha thu?</b> How are you?
<b>Caite?</b>	<b>Càit' a bheil mo sgàilean?</b> Where's my umbrella?
<b>Cò mheud?/</b> <b>Cia mheud?</b>	<b>Cò mheud/cia mheud caora a tha agaibh?</b> How many sheep do you have?
<b>Dè cho tric?</b>	<b>Dè cho tric 'sa bhios bus a' dol gu Lochmor?</b> How often does a bus go to Lochmor?

(Notice that **càite** takes the question form of the verb 'to be' **a bheil**.)

### Exercise 6

Here are some answers to questions. Can you provide the questions?

- 1 Tha mi gu math, tapadh leibh.
- 2 Bidh an tràan a' falbh aig uair.
- 3 Bidh a' bhraicist ann aig leth uair an dèidh seachd.
- 4 Seo Dàibhidh, mo bhràthair.
- 5 Bidh mi a' dol a chadal mu aon uair deug.
- 6 Tha ceathrar chloinne aice.
- 7 D' ad? Chan eil fhios agam.
- 8 Tha iad a' coimhead an telebhisean.

## Reading 8

### *Croitearachd*

#### **Crofting**

Tha mòran chroitearan a' fuireach ann an ceann a-tuath Alba. 'S e obair chruaidh a tha ann. Feumaidh iad a bhith a-muigh le gaoth is uisg is fuachd, ach is toigh leotha an dòigh-beatha sin. Feumaidh

---

iad obair eile cuideachd oir cha dèan iad airgead gu leòr air a' chroit. Tha feadhainn ag obair anns a' bhaile, feadhainn eile ag iasgach, agus feadhainn eile a' fighe a' chlà Hearach.

Mar is trice, 's e caoraich a bhios aig croitearan an là-an-diugh. Is dòcha gum bi na croitearan a' cur buntàta is snèipean is rudan mar sin cuideachd. Tha taighean mòra, brèagha aig na daoine sin agus 's e dòigh-beatha mhath a tha aca.

Am bu toigh leat fhèin a bhith nad chroitear air a' Ghaidhealtachd?

# 9 Cò às a tha thu?

Where are you from?

**In this lesson you will learn:**

- more Gaelic place names
- the past tense of the irregular verbs 'to go' and 'to see'
- to describe geographical features
- to talk about distances
- more prepositional pronouns

## Dialogue 1

### *Caraidean ùra*

#### **New friends**

*Mairi goes on a day trip to Culloden. She gets into conversation with two young tourists, Ken and Isabel.*

COINNEACH Hi! Is mise Coinneach agus is e seo Iseabail.

MAIRI Halò, is mise Màiri NicLeòid.

ISEABAIL: Cò às a tha thu, a Mhàiri?

MAIRI: Tha mise à Astràilia. Cò às a tha sibhse?

COINNEACH: Tha Iseabail à Dùn Eideann, agus tha mise à Amaireaga.

MAIRI: A bheil Gàidhlig aig an dithis agaibh?

ISEABAIL: Tha mise ag ionnsachadh.

COINNEACH: Tha Gàidhlig aig mo phàrantan-sa agus dh'ionnsaich mi i nuair a bha mi òg. Bhiodh sinn a' bruidhinn Gàidhlig anns an dachaigh.

MAIRI: Cò às a tha do phàrantan?

COINNEACH: Tha iad à Leòdhas agus chaidh iad gu Seattle. Tha mòran Ghaidheil an sin.

- ISEABAIL: Tha thusa fortanach, a Choinnich.  
 COINNEACH: O, tha gu dearbh. Co-dhiù, tha mi-fhèin is Màiri a' bruidhinn Gàidhlig riut, nach eil?  
 ISEABAIL: Tha, tha sin math.

## Vocabulary

<b>caraidean</b>	friends (sometimes written as <b>càirdean</b> , which actually means 'relations' – as in Dialogue 3)
<b>ùra</b>	new (This is the plural form of the adjective.)
<b>Dùn Eideann</b>	Edinburgh
<b>ag ionnsachadh</b>	learning
<b>Dh'ionnsaich mi i.</b>	I learned it.
<b>nuair</b>	when
<b>an dachaigh (f.)</b>	the home
<b>Chaidh iad.</b>	They went.
<b>Leòdhas</b>	the Isle of Lewis
<b>mòran</b>	many
<b>Gaidheil</b>	Gaels
<b>fortanach</b>	fortunate, lucky
<b>co-dhiù</b>	anyway
<b>riut</b>	to you

## Language points

You might have noticed these two points which you have already come across in previous lessons:

- the emphatic pronouns: **mise**, **thusa**, **sibhse** ('I', 'you', 'you')
- the lenition following the words **mo**, and **do** ('my', 'your'), so that **pàrantan** becomes **phàrantan**; **mo phàrantan**, 'my parents'.

**Nuair a** is a shortened form of **an uair a**, meaning 'the time when'. **An dachaigh** (formerly spelled **dachaidh**) is 'the home'. To say 'I'm going home' **Tha mi a' dol dhachaigh** is used. But remember – if someone is 'at home', he is **aig an taigh** = 'at the house'.

The word for a Gael (Highlander) is **Gaidheal**, and the plural is **Gaidheil**. In the phrase **mòran Ghaidheil** 'a lot of Gaels', 'many Gaels' the genitive form is used because it follows the word **mòran**. More about genitives later!

**Tha Iseabail à Dùn Eideann** 'Isabel comes from Edinburgh' could also be written **'S ann à Dùn Eideann a tha Iseabail** 'It's



Edinburgh Isabel comes from'. This sort of structure is used in Gaelic much more often than the corresponding structure is normally used in English.

### Exercise 1

Can you put these sentences into the two forms above?

- 1 Kenneth is from Seattle.
- 2 Mairi is from Australia.
- 3 Catherine is from Skye.
- 4 My parents are from Lewis.
- 5 David is from Scotland.


#### *The verb 'to go'*

present tense:	<b>Tha mi</b> etc. <b>a' dol.</b>	I am going.
past tense:	<b>Chaidh mi</b> etc.	I went.
interrogative:	<b>An deach mi?</b> etc.	Did I go?
negative past:	<b>Cha deach mi.</b> etc.	I didn't go.
negative past question:	<b>Nach deach mi?</b> etc.	Didn't I go?

### Exercise 2

Think about your last holiday, or the last time you travelled somewhere. Where did you go? Can you express the idea in Gaelic, using the past tense of the verb 'to go'? If you are studying with another person, you will be able to use the question forms as well. If any of your travels took place in Scotland, the map opposite will help you with Gaelic place names.

*Example:* **Càit' an deach sibh?** Where did you go?  
**Chaidh sinn a Ghlaschù.** We went to Glasgow.



Note: the preposition 'to' – **a** – always lenites place names which begin with a consonant (except **l**, **n**, and **r**).

If the place name begins with a vowel – e.g. **Ardnamurchan**, **Obair Dheadhain** – then 'to' takes the form **a dh'** – e.g. **Chaidh mi a dh'Ardnamurchan**.

If the place name is preceded by **an**, **an t-**, **a'**, or **na** (i.e. the definite article), then 'to' takes the form **dhan/dha na**. For example:

<b>an Fhraing</b>	<b>an t-Oban</b>	<b>a' Chuimrigh</b>	<b>na Hearadh</b>
<b>dhan Fhraing</b>	<b>dhan Oban</b>	<b>dhan Chuimrigh</b>	<b>dha na Hearadh</b>

You may also hear **do** used for 'to' e.g. **do Ghlaschù**, **do Leòdhas**.

## Dialogue 2

### *Thall 's a-bhos*

#### Here and there

*After the tour of Culloden the three young people continue their conversation over coffee.*

COINNEACH: Chaidh na Gaidheil air feadh an t-saoghail an dèidh Blàr Chuil-Lodair, nach deach?

MAIRI: Chaidh. Tha Gaidheil a-nis anns gach àite fon ghrèin – ann am mòran àiteachan, co-dhiù.

COINNEACH: An robh sibh a-riamh an Amaireaga?

ISEABAIL: Bha mise. Tha e mòr. Tha Alba cho beag.

MAIRI: Cha robh mise. Bu toigh leam a dhol ann. Chaidh mo bhràthair ann an-uiridh agus chòrd e ris.

COINNEACH: Tha Alba beag ach tha e brèagha. Tha beanntan àrd' ann airson sreap, agus lochan math' airson iasgach, agus tha Uilebheist Loch Nis ann! Tha Alba a' còrdadh riumsa.

ISEABAIL: Is dòcha gum faic sibh an uilebheist!

MAIRI: Bidh cuideigin ga fhaicinn ga h-uile bliadhna, nach bi? Am faca tusa e a-riamh, Iseabail?

ISEABAIL: Mise? O, chan fhaca!

## Vocabulary

<b>air feadh</b>	throughout
<b>an saoghal</b> (m.)	the world
<b>an dèidh</b>	after
<b>blàr</b>	battle
<b>Cuil-Lodair</b>	Culloden
<b>àite</b> (m.)	place (plural – <b>aiteachan</b> 'places')
<b>fo</b>	under
<b>a' ghrian</b> (f.)	the sun
<b>a-riamh</b>	ever
<b>a dhol ann</b>	to go there
<b>còrdadh, còrd</b>	to like (followed by <b>ri</b> )
<b>ri</b>	to
<b>beanntan</b>	hills (plural of <b>beinn</b> (f.) 'hill')

<b>sreap</b>	climbing
<b>lochan</b>	lochs (plural of <b>loch</b> (m.) ‘loch’, ‘lake’)
<b>iasgach</b>	fishing
<b>Uilebheist Loch Nis</b>	the Loch Ness monster
<b>riumsa</b>	to me (emphatic)
<b>is dòcha</b>	perhaps
<b>gum faic sibh</b>	that you will see
<b>ga fhaicinn</b>	seeing it
<b>Am faca tusa e?</b>	Did <i>you</i> (emph.) see it?

## Language points

**Thall ’s a-bhos** literally means ‘over there and over here’ but is more idiomatically translated as ‘here and there’. Some more examples of this ‘back to front’ translation are:

**an siud ’s an seo** – *lit.* there and here

**a-mach ’s a-steach** – *lit.* out and in

Remember **Tha mi an dòchas**, literally ‘I am in hope’ = ‘I hope’. So **’s dòcha** means ‘perhaps’, ‘hopefully’!

**Fon** is made up of the words **fo** + **an** = ‘under the’.

**A’ ghrian** is ‘the sun’. Putting it after the word **fon**, ‘under’, makes it into a dative structure, which changes the form slightly to **ghrèin** – **fon ghrèin** = ‘under the sun’.

**An t-saoghail** ‘the world’ is also in a slightly different form from the one given in the vocabulary list. It takes the genitive form because it follows a compound preposition (a preposition made up of more than one part). As well as **air feadh** ‘throughout’, there is another compound preposition in the dialogue: **an dèidh**, ‘after’.

### *The verb ‘to see’*

present tense:	<b>Tha mi</b> etc. <b>a’ faicinn</b>	I am seeing.
past tense:	<b>Chunnaic mi</b> etc.	I saw.
interrogative:	<b>Am faca mi?</b> etc.	Did I see?
negative past:	<b>Chan fhaca mi</b> etc.	I didn’t see.
negative question:	<b>Nach fhaca mi?</b> etc.	Didn’t I see?

### Exercise 3

Think again about the places you described visiting in Exercise 2. What sort of things did you see? Can you answer the question below in Gaelic?

**Dè a chunnaic thu air do shaor-làithean?**

What did you see during your holiday?

For example:

<b>Chunnaic mi an uile-bheist!</b>	I saw the monster!
<b>Chunnaic mi an t-Eilean Sgitheanach.</b>	I saw the Isle of Skye.
<b>Chan fhaca mi mòran.</b>	I didn't see much.

### Prepositional pronouns with *ri*

Kenneth says **Tha mi-fhèin is Màiri a' bruidhinn Gàidhlig riut** 'Mairi and I are speaking Gaelic to you'. **Riut**, 'to you', is made up of **ri** + **thu**.

When Mairi talks about her brother's trip to America, she says **Chòrd e ris** 'He liked it'. **Ris**, 'to him', is made up of **ri** + **e**.

Here is the whole set of prepositional pronouns with **ri**:

<b>rium</b>	to me	<b>ruinn</b>	to us
<b>riut</b>	to you (sing./informal)	<b>ruibh</b>	to you (pl./polite)
<b>ris</b>	to him	<b>riutha</b>	to them
<b>rithe</b>	to her		

To talk about enjoyment of a thing or activity, **còrdadh**, **còrd** with a **ri** prepositional pronoun is a useful phrase. Here are some more examples:

<b>A bheil sin a' còrdadh ruibh?</b>	Are you enjoying that?
<b>Chan eil mo bhiadh a' còrdadh rium idir.</b>	I'm not enjoying my food at all.
<b>Chòrd e rithe glè mhath.</b>	It pleased her very much.
<b>Cha do chòrd e ris.</b>	He didn't enjoy it.
<b>An do chòrd e riut?</b>	Did you enjoy it?

### Exercise 4

What would you say in the following circumstances?

- 1 You want to ask if an acquaintance is enjoying his new job.
- 2 You're watching a seven-year-old wrestling with his plate of spinach.
- 3 You didn't like the film you have just seen very much.
- 4 You can see a group of children having a great time on the beach.
- 5 You want to tell your neighbour that your family enjoyed the cake she made.

## Dialogue 3

### *Càit' an tèid sinn?*

#### Where will we go?

*The three plan to visit other places of interest in Scotland.*

MAIRI: Bu toigh leam a dhol a Dhùn Eideann. Chunnaic mi an Tatù air an telebhisean. A bheil an caisteal mòr, Iseabail?

ISEABAIL: Tha, agus tha Dùn Eideann snog. Feuch gun tig thu aig àm na Fèise.

MAIRI: O, bidh sin math.

COINNEACH: Tha Glaschù nas motha na Dùn Eideann. Bha mise an Glaschù an t-seachdain a chaidh. Tha e mòr is trang.

MAIRI: Chan eil caisteal ann, ge-tà!

COINNEACH: Bu chaomh leamsa a dhol gu Gleann Comhan.

MAIRI: Mise, cuideachd. 'S e MacDhòmhnail a tha air mo chàirdean san Eilean Sgitheanach. Mharbh na Caimbeulaich na Dòmhnallaich ann an Gleann Comhan o chionn fhada. A bheil sin ceart?

ISEABAIL: Tha. Ann an 1692. Bha e uabhasach.

COINNEACH: An robh thu aig Caisteal Dhùn Bheagain fhathast? Sin caisteal Clann Mhic Leòid. Chan eil fhios nach fhaigh thu cupa teatha ann!


MAIRI: Dè do bheachd?

COINNEACH: An robh thu a-riamh an Leòdhas, Iseabail? Tha càirdean gu leòr agamsa an sin.

- ISEABAIL: Tha mi a' dol a Leòdhas còmhla ri mo charaid an ath mhìos.
- MAIRI: Am faod mise tighinn?
- CIONNEACH: Agus mise?
- ISEABAIL: Faodaidh gu dearbh. Gheibh sinn 'leabaidh is bracaist'.
- COINNEACH: Chì sinn Clachan Chalanais agus am Broch agus croitean agus monaidhean agus fraoch . . .

## Vocabulary

<b>Bu toigh leam.</b>	I would like.
<b>a Dhùn Eideann caisteal (m.)</b>	to Edinburgh a castle
<b>chunnaic mi</b>	I saw
<b>tig</b>	come (from <b>tighinn</b> )
<b>àm</b>	time
<b>fèis (f.)</b>	a festival
<b>Glaschù</b>	Glasgow
<b>ge-tà</b>	however
<b>Bu chaomh leam.</b>	I would like (used in some areas in preference to <b>bu toigh leam</b> ).
<b>Gleann Comhan càirdean</b>	Glencoe relations
<b>MacDhòmhnail marbh</b>	MacDonald kill
<b>na Dòmhnallaich</b>	the MacDonalds
<b>na Caimbeulaich</b>	the Campbells (reference to the massacre of Glencoe)
<b>uabhasach</b>	terrible
<b>fhathast</b>	yet, still
<b>Dùn Bheagan</b>	Dunvegan
<b>Clann Mhic Leòid</b>	the Macleods
<b>an ath mhìos</b>	next month
<b>gheibh</b>	will get
<b>leabaidh (f.)</b>	a bed
<b>bracaist</b>	breakfast
<b>Clachan Chalanais</b>	the standing stones at Callanish
<b>mòinteach (f.)</b>	a moor
<b>fraoch (m.)</b>	heather



Clachan Chalanais



## Language points

**Chunnaic** you have already encountered this lesson – the past tense of **faic**, ‘to see’.

**Mharbh** is another past tense, meaning ‘killed’.

**Leabaidh is bracaist** = ‘bed and breakfast’. (A fun way of saying it is **leabaidh is lite** – i.e. bed and porridge.)


**Feuch an tig thu** means ‘(you) try to come’.

Remember, Isabel comes *from* Edinburgh = **à Dùn Eideann** (*lit.* ‘out of’). Mairi would like to go *to* Edinburgh = **a Dùn Eideann**. (We have already studied this construction in describing places we went to.)

Edinburgh Castle = **Caisteal Dhùn Eideann**. Because ‘the castle of Edinburgh’ is a genitive structure, the second noun **Dùn** is lenited.

### Exercise 5

To complete the following puzzle you will need to refer to some of the words you have learned in this lesson. When all the horizontal words are completed, you should be able to see a vertical word as well – referring to an international celebrity. The clues are given in English:



- 1 town
- 2 lake
- 3 moor

- 4 hill
- 5 world
- 6 island

- 7 home
- 8 castle
- 9 place

●● A song about the Isle of Lewis begins:

Eilean mo ghaoil, is caomh leam eilean mo ghràidh.  
 Eilean mo ghaoil, is caomh leam eilean mo ghràidh.  
 An Eilean an Fhraoich bi daoine 'fuireach gu bràth.  
 Eilean mo ghaoil, is caomh leam eilean mo ghràidh.

Roughly translated, this means:

*My dear island, I love my beloved island.  
 My dear island, I love my beloved island.  
 On the island of heather people will live for ever.  
 My dear island, I love my beloved island.*

## Noun cases

Quite often throughout the book we have referred to a noun as being in either the dative case or the genitive case. What causes these changes?

The dative case is straightforward. It is the form a noun takes after a simple preposition – i.e.: **aig**, **air**, **do**, **le**, **gu**, etc.

*Example:* **am balach** = the boy  
**aig a' bhalach** = at the boy  
**aig na balaich** = at the boys  
**a' bhròg** = the shoe  
**air a' bhroig** = on the shoe  
**air na brògan** = on the shoes

The genitive case occurs in the following types of situations:

1 When one noun is 'owned' by another – i.e., possession.

*Example:* the boy's foot      **cas a' bhalaich**  
 the shopkeeper      **fear na bùtha** (*lit.* the man of  
    the shop)  
 James' shop      **bùth Sheumais**

2 When a noun follows a compound preposition:

*Example:* for the boy      **airson a' bhalaich**  
 in front of the house      **air beulaibh an taighe**

and also after the prepositions **chun** 'to', and **timcheall** 'around', etc.

3 When a noun follows the infinitive form of a verb:

*Example:* to hit the ball      **a bhualadh a' bhàlla**  
to buy the bread      **a cheannach an arain**

4 When a noun follows a verbal noun:

*Example:* closing the door      **a' dùnadh an dorais**  
washing the dog      **a' nighe a' choin**

These examples tell you why the changes occur. Look out for similar constructions in the dialogues and reading passages. You will soon learn to recognise them and to use them yourself.

More detailed information can be found in the Grammar Supplement at the end of the book.

## Reading 9

### Leughadh

Halò. Is mise Coinneach Iain Greum. 'S ann à Seattle a tha mi, ach 's ann à Leòdhais a tha mo phàrantan. Rugadh mise anns na Stàitean Aonaichte ach tha Gàidhlig gu leòr agam. B'e Gàidhlig a bhiodh sinn a' bruidhinn aig an taigh nuair a bha mi òg. Tha fios agam air tòrr mu dheidhinn Leòdhais. Chuala mi mu dheidhinn Clachan Chalanais (no na Tursachan) agus am Broch nuair a bha mi glè òg. Bhiodh iad a' bruidhinn mu dheidhinn Steòrnabhaigh agus an Caisteal. Tha fios agam mu dheidhinn nan croitean agus an iasgaich agus an Clò Hearach a bhios iad a' fighe air na beairtean. Ma tha sibh airson a dhol ann feumaidh sibh a dhol gu Ulapul agus aiseag a ghabhail gu Steòrnabhagh. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil sin uabhasach math. Cuideachd, tha plèan a' dol à Inbhir Nis gu Steòrnabhagh dà uair a h-uile latha.

### Vocabulary

<b>rugadh mi</b>	I was born
<b>Stàitean Aonaichte</b>	United States
<b>chuala mi</b>	I heard
<b>Clò Hearach (m.)</b>	Harris Tweed
<b>beairt (f.)</b>	a loom
<b>aiseag (f.)</b>	a ferry
<b>plèan (m.)</b>	a plane

# 10 Dè a chuireas mi orm?

What will I wear?

**In this lesson you will learn:**

- how to make suggestions
- how to use negative imperatives
- how to use demonstratives
- how to say that you think something
- more practice with adjectives
- how to discuss prices

## Dialogue 1

### *Cuireadh gu pàrtaidh*

#### **An invitation to a party**

*Mr and Mrs MacDonald have been invited to a party in the home of one of their neighbours.*

MRS MACDONALD: A bheil cuimhn' agad? Feumaidh sinn a dhol gu taigh Mrs Stiùbhart an ath-oidhch'. Dè a chuireas mi orm?

MR MACDONALD: Dè mu dheidhinn do dhreasa phinc?

MRS MACDONALD: Cha robh sin orm o chionn dà bhliadhna. Cha tèid i orm a-nis. Tha mi ro thiugh.

MR MACDONALD: Dè mu dheidhinn do thrusgan glas? Tha sin snog ort.

MRS MACDONALD: 'S ann a tha sin airson m' obair anns an oifis, chan ann airson pàrtaidh.

MR MACDONALD: Uill, chan eil fhios agamsa. Dè mu dheidhinn do bhlobhsa brèagha geal agus do sgiorta thartain?

- MRS MACDONALD: Tha an sgiorta ceart gu leòr ach dhòirt mi fion dearg air a' bhlobhs' aig a' bhanais. Feumaidh mi rudeigin a cheannach!
- MR MACDONALD: Nach eil aodach gu leòr agad, a bhoireannaich?
- MRS MACDONALD: Tha, a ghràidh, ach chan eil càil agam a chuireas mi orm an ath-oidhch'. Tha Mrs Stiùbhart cho spaideil agus cha robh sinn aig pàrtaidh san taigh aice a-riamh roimhe seo.
- MR MACDONALD: Feuch nach caith thu cus airgid, co-dhiù. Na tèid faisg air a' bhùth dhaor ud air Sràid an Rìgh no cha bhi airgead-peatroil agam airson an ath-oidhch'.

## Vocabulary

<b>cuireadh</b> (m.)	an invitation	<b>rudeigin</b>	something
<b>an ath-oidhch'</b>	tomorrow night	<b>a cheannach</b>	to buy
<b>a chuireas</b>	will put	<b>aodach</b> (m.)	clothes
<b>o chionn</b>	since	<b>boireannach</b> (m.)	a woman
<b>Cha tèid i</b>	It will not go.	<b>càil</b>	anything
<b>ro</b>	too	<b>spaideil</b>	posh, grand
<b>tiugh</b>	fat	<b>roimhe seo</b>	before this
<b>trusgan</b> (m.)	a suit	<b>caith</b>	spend
<b>obair</b> (f.)	work	<b>cus</b> (m.)	too much
<b>an oifis</b> (f.)	the office	<b>airgead</b> (m.)	money
<b>blobhsa</b> (m.)	a blouse	<b>na tèid</b>	don't go
<b>sgiorta</b> (f.)	a skirt	<b>rìgh</b> (m.)	a king
<b>tartain</b>	tartan	<b>Sràid an Rìgh</b>	King Street
<b>dòirt</b>	spill	<b>peatroil</b> (m.)	petrol
<b>a' bhanais</b> (f.)	the wedding		

## Language points

The title of the lesson, **Dè a chuireas mi orm?**, means literally 'What will I put on me?'. There is no exact equivalent of the English verb 'to wear', and Gaelic speakers either use the word for 'put' in this context, or talk about what is 'on'. So, for example, you have:

- Dè tha ort an sin?** What's that you're wearing?  
**Cuir ort do chòta.** Put on your coat.  
**A bheil thu a dol a chur ort ad?** Are you going to wear a hat?

We have kept the English titles ‘Mr’ and ‘Mrs’ in the dialogue because translating them into Gaelic is a little complicated. The word **Maighstir** (abbreviated to **Mgr**) is frequently used for ‘Mr’. There is no exact equivalent of the English title ‘Mrs’, but it may be rendered as **a’ Bhean Phòsda** (**bean** meaning ‘wife’ and **pòsda** meaning ‘married’), abbreviated to **a’ Bh.Ph.** An alternative form is **a’ Bhanamhaighstir** (**bean** for ‘wife’ and **maighstir** for ‘master’), abbreviated to **a’ BhMhgr.** For surnames beginning with **Mac** it is perhaps easier to say, for example, **Bean MhicLeòid.** The word for ‘Miss’ **Maighdean** (‘a maiden’) is seldom used.

**An ath-oidhch** means ‘tomorrow night’. Without the hyphen it means ‘the next night’.

**Cha tèid i** ‘it will not go’ is the negative future of **a’ dol.**

**O chionn dà bhliadhna** means ‘since two years ago’, or ‘for the last two years’.

If you want to specify the particular point of time ‘two years ago’, the construction is **o chionn dà bhliadhna air ais.**

*Example:* **Chunnaic mi iad o chionn dà bhliadhna air ais.**

I saw them two years ago.

**A bhoireannaich** is the vocative case for the word ‘woman’! Both ‘man’ and ‘woman’ are used in the address forms in Gaelic more frequently than in English. And did you notice from the vocabulary list that **boireannach** is a masculine word? We are not able to offer an explanation for this!

**Na tèid faisg air a’ bhùth dhaor ud air Sràid an Rìgh** ‘don’t go near that expensive shop in King Street!’, says Mr MacDonald to his wife. Imperatives can be turned into negatives ‘don’t!’ by using this small word **na.** Some other examples are:

<b>Na caidil.</b>	Don’t sleep.
<b>Na tuit.</b>	Don’t fall.
<b>Na gluais.</b>	Don’t move.
<b>Na bi gòrach.</b>	Don’t be silly.
<b>Na dèan sin.</b>	Don’t do that.

**Cus airgid** means ‘too much money’. **Airgead** is in the genitive case following the word **cus.**


### Exercise 1

Look at the list of ‘clothing’ words below. If you have access to the tape, listen to how the words are pronounced. When you feel comfortable with them, try to complete the crossword.

<b>ad</b> (f.)	hat
<b>beannag</b> (f.)	headscarf
<b>blobhsa</b> (m.)	blouse
<b>briogais</b> (f.)	trousers
<b>bròg</b> (f.)	shoe
<b>còta</b> (m.)	coat
<b>deise</b> (f.)	suit
<b>dreasa</b> (f.)	dress
<b>feileadh</b> (m.)	kilt
<b>fo-aodach</b> (m.)	underwear
<b>geansaidh</b> (m.)	sweater, jumper
<b>gùn-oidhche</b> (m.)	nightgown
<b>lèine</b> (f.)	shirt
<b>drathais</b> (f.)	underpants (drawers)
<b>miotagan</b> (f.pl.)	gloves
<b>neapraig</b> (m.)	handkerchief
<b>putan</b> (m.)	button
<b>seacaid</b> (f.)	jacket
<b>sgarfa</b> (f.)	scarf
<b>sgiorta</b> (f.)	skirt
<b>stocainn</b> (f.)	sock, stocking
<b>taidh</b> (f.)	tie

Clues:

- 1 something to wear on your foot
- 2 something to wear over everything else
- 3 a woman’s garment
- 4 something that might be worn to bed
- 5 something to wear under number 1
- 6 a garment to keep your upper half warm
- 7 the smallest item on the list
- 8 keep hands warm with these
- 9 something to go on the very top



- 10 a small square, usually cotton  
 11 something often associated with Scotland  
 12 a head covering  
 13 worn for formal occasions  
 14 worn with a tie  
 15 a lighter alternative to a coat  
 16 these keep your legs warm

## Dialogue 2

### *An dreas' ùr*

#### The new dress

*Mairi and Catherine take Mrs MacDonald shopping for a new dress. They seem to be in the expensive shop!*

- MAIRI: Dè an dath as fheàrr leibh?  
 MRS MACDONALD: Chan eil cus diofair leam ach cha toigh leam aodach dubh.



- CATRIONA: Seo tè bhrèagha le spotan purpaidh is buidhe!  
 MRS MACDONALD: Tha sin grànnda. Seallaibh airson rudeigin simplidh.
- MAIRI: Seo tè shnog ghorm le pleataichean.  
 MRS MACDONALD: Tha i sin snog ceart gu leòr, ach tha i a' coimhead ro bheag.
- She turns to the assistant . . .*  
 A bheil i seo agaibh ann am meud 16?
- NIGHEAN: Tha mi a' smaoin eachadh gu bheil. Seallaidh mi.
- CATRIONA: Mo chreach! A' phrìs! Tha i ceud not!  
 MRS MACDONALD: Tha thu ceart. Tha i fada ro dhaor. Dè a chanadh d' athair?
- NIGHEAN: Seo meud 16.  
 MRS MACDONALD: Gabh mo leisgeul . . .Tha mi duilich . . .Tha mi a' smaoin eachadh gu bheil i ro dhaor. A bheil càil nas saoire agaibh?
- NIGHEAN: Uill, tha an tè shrianach leis a' choileir mhòr agam ann am meud 16. Agus an tè bhuidhe ud thall aig an doras. Tha iad sin leth-cheud not.
- MRS MACDONALD: Feuchaidh mi an tè leis a' choileir, tapadh leibh. (Agus feumaidh mi brògan cuideachd!)

## Vocabulary

<b>an dath</b> (m.)	the colour	<b>gu bheil i</b>	that it is
<b>as fheàrr leibh</b>	that you prefer	<b>seallaidh</b>	will look
<b>diofar</b> (m.)	difference	<b>fada ro</b>	much too
<b>tè</b>	one, of a feminine noun	<b>a chanadh</b>	would say
<b>spot</b> (f.)	a spot	<b>nighean</b> (f.)	a girl (the shop assistant)
<b>purpaidh</b>	purple	<b>nas saoire</b>	cheaper
<b>buidhe</b>	yellow	<b>srianach</b>	striped
<b>grànnda</b>	ugly	<b>an coileir</b> (m.)	the collar
<b>seallaibh</b> (pl.)	look	<b>thall</b>	over
<b>simplidh</b>	simple	<b>feumaidh mi.</b>	I will need/must get.
<b>pleataichean</b>	pleats	<b>brògan</b> (f.pl.)	shoes
<b>a' coimhead</b>	looks/seems	<b>cuideachd</b>	as well
<b>am meud</b> (f.)	the size		

## Language points

When asked about her favourite colours for clothes, Mrs MacDonald replies **Chan eil cus diofair leam** ‘It doesn’t make too much difference to me’. This expression, or even more simply, **Chan eil diofair leam**, is a useful way of saying ‘I don’t really mind’.

Notice how the adjectives (‘nice’ and ‘blue’) agree with the feminine noun **tè**. **Tè shnog ghorm** is ‘a nice blue one’.

Some of the words relating to clothing probably seem quite familiar, as they are borrowings from English. **Dreasa** and **sgiorta** are two examples. There are normally two plural forms for borrowed words like these: some end in **aichean** (for example, **sgiortaichean**), and some in **an/ean** (for example, **stocainnean**). These plurals can be learned individually as you need them.

**Dè a chanadh d’ athair?** means ‘What would your father say?’. This form is part of the verb **can**, ‘to say’, and it is labelled the conditional in Gaelic, used for talking about possibilities or hypothetical situations. Check in the Grammar Supplement section for more details. The phrase **d’ athair**, ‘your father’, is occasionally written as **’athair**. The pronunciation is the same.

**Thall aig an doras** means ‘over at the door’. **Thall**, usually followed by further indication of direction, is often used to indicate ‘over there’.

There are two future tenses in the dialogue. They are:

<b>Feuchaidh mi.</b>	I will try.
<b>Feumaidh mi brògan.</b>	I will need shoes.





### Exercise 2

The questions below ask about your preference for various things. Can you answer them in Gaelic? You can either express a preference by saying, **is fheàrr leam . . .**, or say that you don’t mind.

- 1 Dè an dath as fheàrr leat? Dearg, buidhe, no gorm?
- 2 Dè an deoch as fheàrr leat? Teatha no cofaidh?
- 3 Dè an càr as fheàrr leat? Mini no Rolls Royce?
- 4 Dè a’ bhracaist as fheàrr leat? Lite no uighean no tost?
- 5 Dè am baile as fheàrr leat? Glaschù, Dùn Eideann, no Obair Dheadhain?

Exercise 3

Look carefully at the sketches below to help you answer the following questions.



- 1 Dè a phrìs a tha an sgiorta?
- 2 Dè a' phrìs a tha an sgiorta agus an dreasa?
- 3 Dè a' phrìs a tha a' bhriogais?
- 4 Dè a' phrìs a tha na miotagan?
- 5 Dè a' phrìs a tha an t-seacaid agus a' bhriogais?

## Dialogue 3

### *Tha sin ro dhaor*

#### **That is too expensive**

*Mrs MacDonald and her friend, Mrs Fraser, go to Inverness for a day's shopping. Here they discuss prices in Marks & Spencer's.*

- MRS MACDONALD: Tha aodach-leap àlainn an seo.
- MRS FRASER: Tha gu dearbh. Dè a' phrìs a tha na cuibhrigean sin?
- MRS MACDONALD: Fuirich mionaid. Tha am fear seo dà fhichead not is a deich. Tha am fear sin dà fhichead not ach sgillinn.
- MRS FRASER: Feumaidh mi fear a cheannach a dh'aithghearr. Seall air a' chuibhrig-bùird sin agus na tubhailtean. Nach iad a tha saor!
- MRS MACDONALD: Isd, a bhrònag, tha iad nas saoire ann am bùth Eachainn am Port Rìgh.
- MRS FRASER: Ma tha, fàgaidh mi iad an-dràsta.
- MRS MACDONALD: Tha mi ag iarraidh rudeigin snog dha Màiri. Dè do bheachd air an scarfa thartain sin?
- MRS FRASER: Bhiodh sin glè mhath dhi.
- MRS MACDONALD: Co-dhiù, thugainn a-null gu aodach nam boireannach. Tha mi ag iarraidh seacaid gheamhraidh dhomh fhèin.
- MRS FRASER: Uill, uill. Tha airgead gu leòr agadsa! Fhuair thu dreas' ùr an latha roimhe.
- MRS MACDONALD: Thug an teaghlach airgead dhomh airson mo là-breith. Tha mi a' dol a cheannach seacaid Chlò Hearach.
- MRS FRASER: Tha iad sin cho daor ris an t-salainn.
- MRS MACDONALD: Tha mi an dòchas gu bheil 'saor-reic' ann ...

## Vocabulary

<b>aodach-leap</b> (m.)	bed linen
<b>àlainn</b>	beautiful
<b>cuibhrigean</b> (m.pl.)	covers
<b>sgillinn</b> (f.)	a penny
<b>a dh'aithghearr</b>	soon
<b>cuibhrig-bùird</b> (m.)	a tablecloth
<b>tubhailtean</b> (f.pl.)	towels
<b>ma tha</b>	if so
<b>Fàgaidh mi iad.</b>	I'll leave them.
<b>Thugainn.</b>	Let's go.
<b>a-null</b>	over to
<b>nam boireannach</b>	of the ladies (genitive case)
<b>dhomh fhèin</b>	for myself
<b>an latha roimhe</b>	the other day
<b>Clò Hearach</b> (m.)	Harris Tweed
<b>iad sin</b>	those ones/they
<b>salainn</b> (m.)	salt
<b>'saor-reic'</b>	a sale

## Language Points

**Ro**, meaning 'too', you have already met. If an item is too expensive, it is **ro dhaor**, because **ro** lenites the following adjective.

**Aodach** are 'clothes', and **leabaidh** is 'a bed', so **aodach-leap** refers to 'bedclothes'. (**Leap** is the genitive form of **leabaidh**.) Similarly, a **cuibhrig** is 'a cover', so 'a bedcover' is a **cuibhrig-leap**. A 'cover for a table' (a tablecloth) is a **cuibhrig-bùird**.

**Tubhailt** 'a towel' is called a **searbhadair** in some areas.

A 'tea towel' or 'dish towel' is a **tubhailt-shoithichean** = 'a towel for dishes'.

When giving the price £39.99, Mrs MacDonald says **Tha am fear sin dà fhichead not ach sgillinn** 'That one's forty pounds except one penny'. Prices ending in 0.99 are usually given this way. Amounts and prices under a pound are usually given in English.

An idiom: **cho daor ris an t-salainn** 'as expensive as salt' is a simile used to describe something that's very expensive.

## Demonstratives

We have already touched on the pronouns: **seo** ‘this’, **sin** ‘that’, and **siud** ‘that over there/yonder’.

*Example:* **Tha seo agam.** I have this.  
**Tha sin agad.** You have that.  
**Tha siud aca.** They have that over there.

When these words are being used together with nouns or pronouns the arrangement is as follows. The word **fear** (masculine person or object) is only used as an example.

<i>Singular</i>		<i>Plural</i>	
<b>am fear seo</b>	this one	<b>iad seo</b>	these ones
<b>am fear sin</b>	that one	<b>iad sin</b>	those ones
<b>am fear ud</b>	yonder one	<b>iad siud</b>	those ones yonder

**Am fear seo** is often written as **am fear-sa**.

The word **feadhainn** is often used in the plural in place of **iad**. When **feadhainn** is used for ‘those’, the form is **an fheadhainn ud**. The meaning is just the same as **iad siud**.

Related to these words are the adverbs of place which indicate where something is. They are simply:

**an seo** here    **an sin** there    **an siud** yonder, over there

*Example:* **Tha e an seo.** He’s here.  
**Tha i an sin.** She’s there.  
**Tha iad an siud.** They’re over there.

### Exercise 4

Can you assess the sets of pictures on the next page with an appropriate adjective, and the word **ro** where necessary?


For example:

**Tha seo daor.** This is expensive.  
**Tha sin ro dhaor.** That is too expensive.


a



b



c



d



e



## Reading 10

### *Leughadh*

#### **SAOR-REIC BUTH SHEUMAIS**

*Fad na Seachdain*

*o naoi uairean madainn Diluain*

*gu meadhan-latha Disathairne*

Dreasaichean bho shia notaichean  
 blobhsaichean – dà not is còig notaichean  
 briogaisean (b) – deich notaichean  
 briogaisean (f) – dà nota dheug  
 sgiortaichean – deich notaichean  
 seacaidean clò – dà fhichead not  
 lèintean bho sheachd notaichean  
 còtaichean mòra – trì fichead not ach sgillinn  
 còtaichean uisge – trì notaichean  
 brògan (b) – fichead not ach sgillinn  
 brògan (f) – fichead not ‘sa’ deich  
 scarfaichean, taidhean, stocainnean, fo-aodach, bonaidean

**BARGANAN GU LEOR A H-UILE LATHA!**



# 11 Dè an obair a tha agad?

What work do you do?

**In this lesson you will learn:**

- to tell what kind of work you do
- to say where you work
- different ways of using the preposition **ann**
- negative phrases

## Dialogue 1

### *Teaghlach mìorbhaileach*

#### **A wonderful family**

*Mrs MacDonald is on the bus to Portree when she sees an old acquaintance, Helen. The two women take the opportunity to catch up with family news . . . one of them is very proud of her offspring.*

EILIDH: Tha thu a' coimhead gu math, Ealasaid. Ciamar a tha an teaghlach?

EALAS Aid: O, tha iad gu math, tapadh leat. Tha iad a' fàs mòr cho luath. Dè mu dheidhinn an teaghlach agaibh fhèin?

EILIDH: Mìorbhaileach! Tha Alasdair ann an Oilthigh Dhùn Eideann agus bidh e a-muigh na fhear-lagha as t-samhradh. Tha Sìle na cunntasair a-nis agus tha obair mhath aice ann am banc' Amaireaganach.

EALAS Aid: A bheil i ann an Amaireaga?

EILIDH: O, chan eil. Tha i ann an oifis ann an Lunnainn agus tha pàigheadh mòr aice. Tha Uisdean anns a' bhliadhna mu dheireadh san àrd-sgoil. Tha esan a' dol a-steach na dhoctair.

EALAS Aid: Nach iad a tha a' dèanamh math!

- EILIDH:** Chan eil mi airson a bhith a' bòsdadh ach rinn iad glè mhath. Na dh' innis mi dhut gu bheil càr ùr àlainn aig Sìle bhon a' chompanaidh? Ach, dè tha a' chlann agad fhèin a' dèanamh?
- EALASaid:** Uill, tha iadsan nas òige na 'n fheadhainn agadsa. Tha Catriona math air ceòl agus bu toigh leatha ceòl a theagasg. 'S e seinneadair math a tha innte. Tha Dòmhnall ag iarraidh a dhol na chluicheadair ball-coise. Chan eil fhios dè a nì e fhathast. Tha e math air matamataigs. Tha an dithis òg a' deanamh glè mhath 'sa' bhun-sgoil.
- EILIDH:** Nach eil sin snog. O, cha do chuimhnich mi – tha Alasdair a' dol a phòsadh. 'S e oileanach a tha innte. 'Se duine uabhasach beairteach a tha na h-athair. Mo chreach, seo an stad agamsa. Beannachd leat, Ealasaid. Chòrd e rium a bhith a' bruidhinn riut.
- EALASaid:** Mar sin leat, Eilidh. Mar sin leat. (Chan eil mi airson a bhith a' bòsdadh!)

## Vocabulary

<b>a' fàs</b>	growing	<b>Na dh'innis mi?</b>	Did I tell?
<b>cho luath</b>	so quickly	<b>àlainn</b>	lovely
<b>Dè mu dheidhinn?</b>	What about?	<b>companaidh</b> (m.)	company
<b>oilthigh</b> (f.)	a university	<b>ceòl</b> (m.)	music
<b>a-mach</b>	out, graduating	<b>a theagasg</b>	to teach
<b>fear-lagha</b> (m.)	a lawyer	<b>seinneadair</b> (m.)	a singer
<b>Sìle</b>	Sheila	<b>cluicheadair</b> (m.)	a player
<b>cunntasair</b> (m.)	an accountant	<b>ball-coise</b> (m.)	football
<b>banca</b> (m.)	a bank	<b>matamataigs</b> (f.)	mathematics
<b>Lunnainn</b>	London	<b>bun-sgoil</b> (f.)	a primary school
<b>pàigheadh</b> (m.)	salary, pay	<b>a pòsadh</b>	to marry
<b>Uisdean</b>	Hugh	<b>oileanach</b> (m.f.)	a student
<b>mu dheireadh</b>	the last	<b>beairteach</b>	wealthy
<b>àrd-sgoil</b> (f.)	a high school	<b>an stad</b> (m.)	the stop
<b>a' bòsdadh</b>	boasting	<b>Chòrd e rium.</b>	I enjoyed it.

## Language points

**A' fàs mòr** means 'growing big'. The verb **a' fàs** is used to mean both 'growing out of the ground', like a plant, for example, and

‘getting’/‘becoming’, used with an adjective (as in English). So, for example, you might hear:

**Tha a’ chraobh a’ fàs anns an leas.**

The tree is growing in the garden.

**Tha mi a’ fàs sgìth.** I’m getting tired.

**Tha iad a’ fàs mòr.** They’re growing up (growing big).

**ann an Oilthigh Dhùn Eideann**

in the University of Edinburgh

**anns an Oilthigh** in (the) University

Note: to avoid any confusion between **ann an** and **anns an** remember the following:

**ann an** = in a e.g. **ann an taigh** = in a house

**anns an** = in the e.g. **anns an taigh** = in the house

However, if you are dealing with a noun phrase in which the second noun is in the genitive case, then you have to revert to the **ann an** construction.

*Example:*

**ann an Oilthigh Dhùn Eideann** in the University of Edinburgh

**ann am baile Steòrnabhaigh** in the town of Stornoway

**ann an taigh mo sheanar** in my grandfather’s house

**Ann an**, **ann am**, and **anns an** can be shortened to give **an**, **am**, and **san**, so the two examples from the dialogue could be written as **an Oilthigh Dhùn Eideann** and **san Oilthigh**.

Did you notice the structure of the sentence, **’Se duine beairteach a tha na h-athair?** It means literally, ‘It is a wealthy man that is in her father’, or in other words, ‘Her father is a wealthy man’.

**A-muigh na fhear-lagha** means literally ‘He will be out as a lawyer’ – in other words ‘He will graduate as a lawyer’. The beginning of the study process is described as going **in** – (not unlike the English ‘going in for architecture’ for example), as when Eilidh says her son is **A’ dol a-steach na dhochtair** – ‘He is going *in* to be a doctor’. (Note: in some areas the word **doctair** is pronounced **dotair**, and written accordingly.)

These expressions, as well as other examples such as:

**Tha i na cunntasair.** She is an accountant.

**Tha e a’ dol na chluicheadair.** He’s going to be a (football) player.

are based on the preposition **ann** ‘in’ together with the possessive pronouns **mo**, **do**, etc.

Here is the whole set of these:

<b>nam</b> (ann + mo) in my	<b>nar</b> (ann + ar) in our
<b>nad</b> (ann + do) in your	<b>nur</b> (ann + bhur) in your
<b>na</b> (ann + a) in his	<b>nan/nam</b> (ann + an/am) in their
<b>na/na h-</b> (ann + a) in her	

## Lenition

Remember that some possessive pronouns lenite their nouns. The above constructions also follow that pattern. So, using the noun **croitear** ‘crofter’, for example, we have:

<b>Tha mi nam croitear.</b>	I’m a crofter.
<b>Tha sinn nar croitearan.</b>	We’re crofters.
<b>Tha thu nad croitear.</b>	You’re a crofter.
<b>Tha sibh nur croitearan.</b>	You’re crofters.
<b>Tha e na croitear.</b>	He’s a crofter.
<b>Tha iad nan croitearan.</b>	They’re crofters.
<b>Tha i na croitear.</b>	She’s a crofter.

Notice that the noun following **na** is lenited when referring to a man, but not a woman, so:

He is a teacher. = **Tha e na thidsear.**

She is a teacher. = **Tha i na tidsear.**

The same forms are also used idiomatically in everyday phrases like the following:

<b>Tha mi nam aonar.</b>	I’m alone.
<b>Tha i na h-aonar.</b>	She is alone.
<b>Tha mi nam chadal.</b>	I’m asleep.
<b>Tha e na èiginn.</b>	He’s in distress.
<b>Tha thu nad amadan.</b>	You’re a fool.
<b>Tha iad nam fallas.</b>	They are sweating.

### Exercise 1

What might you say in the following situations?

- 1 You're toiling in the garden on a hot summer's day.
- 2 You realise you've thrown away a winning lottery ticket.
- 3 Someone asks for your spouse, who is taking a nap.
- 4 Wanting to speak confidentially to a friend on the phone, you wonder if anyone could overhear him.
- 5 Your friend is greatly upset by the theft of her beloved pedigree poodle.

### **Prepositional pronoun with *ann***

There is another common way of stating one's trade or profession, and that is to use the prepositional pronoun derived from the word **ann**. We had two examples of this in the dialogue:

**'S e seinneadair math a tha innte.** She is a good singer.

and

**'S e oileanach a tha innte.** She is a university student.

The structure of the sentence is a little like: **'S e duine beairteach a tha na h-athair.** The profession or identity comes at the beginning of the sentence, rather than at the end, as it would in English.

Here is the whole set of prepositional pronouns with **ann**:

<b>annam</b>	in me	<b>annainn</b>	in us
<b>annad</b>	in you	<b>annaibh</b>	in you
<b>ann</b>	in him	<b>annta</b>	in them
<b>innte</b>	in her		

### **Occupations**

To ask someone what work they do you say **Dè an obair a tha agaibh?**

To ask someone what their profession is you say **Dè an dreuchd a tha agaibh?**

●● We have already come across some occupations. Here are some more:

<b>saighdear</b>	a soldier	<b>post</b>	a postman
<b>nursa</b>	a nurse	<b>tidsear</b>	a teacher
<b>croitear</b>	a crofter	<b>draibhear</b>	a driver
<b>ministear</b>	a minister	<b>iasgair</b>	a fisherman
<b>saor</b>	a joiner	<b>sagart</b>	a priest
<b>poileas</b>	a policeman	<b>peantair</b>	an artist
<b>innleadair</b>	an engineer	<b>proifeasair</b>	a professor
<b>cleireach</b>	a clerk	<b>sgrìobhaiche</b>	a writer
<b>gun obair</b>	unemployed	<b>bean-taighe</b>	a housewife

If you want to say you are retired, the expression is: **Tha mi air m'obair a leigeil seachad** or **Tha mi air mo dhreuchd a leigeil seachad**.


### Exercise 2

Can you give an appropriate sentence to describe the occupations of the people in the pictures below and overleaf? When you finish with those, how about your own occupation, and those of others who are close to you?



3





### Exercise 3

Match the appropriate word to the occupation. Use the glossary if any of the words are unfamiliar:

plumair	doctair	caoraich	slat
fear-lagha	croitear	eaglais	gunna
iasgair	saighdear	dealbh	leabhar
post	proifeasair	cùirt	ospadal
sgrìobhaiche	ministear	oilthigh	sàbh
dràibhear	peantair	litir	
saor	cuibhle	pioban	

## Dialogue 2

### Farmad

#### Envy

*Mrs MacDonald gets home and tells her husband about Eilidh.*

MRS MACDONALD: Choinnich mi ri Eilidh Bhàn air a' bhus.

MR MACDONALD: Mo chreach! Chan fhaca sinn i o chionn fhada.  
Dè bha i ag ràdh?

MRS MACDONALD: Dè bha i ag ràdh! Cha chuala tu a leithid a-riamh.

MR MACDONALD: Dè bha aice an-diugh?

MRS MACDONALD: An teaghlach – 's e fear-lagha a tha ann an Alasdair is tha e a' dol a phòsadh tè bheairteach.

MR MACDONALD: Chan eil e cho beairteach riumsa!

MRS MACDONALD: Nach isd thu! Tha an teaghlach aca a' dèanamh cho math. Tha Sìle ag obair na cunntasair ann am banca mòr an Lunnainn ... agus 's e innleadair a tha anns an duine aic'. 'S e doctair a bhios ann an Uisdean.

MRS MACDONALD: Tha mi coma! 'S e tidsear a tha annamsa, tha thu fhèin nad chleireach, agus 's e bean-taighe a tha ann an Eilidh Bhàn. Na biodh farmad agad rithe idir.

MRS MACDONALD: Nach tu a tha glic, a ghràidh!

## Vocabulary

<b>coinnich</b>	meet
<b>o chionn fhada</b>	for a long time ( <i>lit.</i> 'since a long time')
<b>ag ràdh</b>	saying
<b>chuala</b>	past tense of <b>cluinn</b>
<b>a leithid</b>	the like, anything like it
<b>a-riamh</b>	ever
<b>Isd!</b>	Be quiet!
<b>Tha mi coma!</b>	I don't care!
<b>bean-taighe</b>	a housewife
<b>glic</b>	wise

## Language points

**Choinnich** is the past tense of **coinnich**, 'to meet'.

**Cha chuala tu a leithid a-riamh!** would be translated as 'You've never heard the like/anything like it!'.

**Nach isd thu** is literally 'Won't you be quiet'. It is often used to express your disagreement with somebody in an informal conversation, in the way an English speaker might say 'nonsense!'.

**Tha mi coma** is a useful expression often translated as 'I couldn't care less'. The related expression **coma leat** means 'never mind' – often in the sense of 'mind your own business!'.

**Na biodh farmad agad rithe idir** means 'Don't envy her in the least'. 'To be envious' is another of the expressions that Gaelic



conveys with the prepositional pronouns based on **aig**. Did you notice the two prepositional pronouns coming together in this construction? You have **farmad ri** someone. For example ‘They envy me’ would be **Tha farmad aca rium**.

**Nach tu a tha glic** means ‘Aren’t you sensible’ – Gaelic speakers often use a question form as an exclamation. ‘Isn’t it you who are sensible?’

## Dialogue 3

### *Obair ùr*

#### A new job

*Donald is starting a part-time job at the local hamburger shop. Today is his first day, and he’s finding out exactly what he needs to do.*

FEAR NA BUTHA: A-nis, a Dhòmhnail. An toiseach feumaidh tu an ad shrianach seo a chur ort, agus an t-aparan dearg seo. Sin thu.

DOMHNALL: Nach eil an ad ro mhòr Chan eil mi a’ faicinn ceart.

FEAR NA BUTHA: Tha i math dhut. Tha i a’ tighinn dhut! An ath rud – feumaidh tu an t-àite a chumail glan. Nuair a bhios na daoine deiseil tog an trealaich air falbh agus suath am bòrd. Ceart?

DOMHNALL: Carson nach tog iad fhèin an trealaich?

FEAR NA BUTHA: Togaidh feadhainn i, ach cha tog a h-uile duine. Co-dhiù, feumaidh tusa am bòrd a ghlanadh le clùd is an stuth uaine seo. Seo an sguab – sguab an làr ma bhios càil air tuiteam air.

DOMHNALL: Ceart, ma-tha.

FEAR NA BUTHA: Agus seo dhut ‘mop’. Feumaidh tu an làr a nighe a h-uile h-oidhch’ – agus uair sam bith a bhios e salach.

DOMHNALL: Dè tuilleadh?

FEAR NA BUTHA: Feuch gum bi thu a’ coimhead glan is sgiobalta . . . agus . . . geàrr d’ fhalt! Ann an seachdain no dhà faodaidh tu tòiseachadh a’ reic.

DOMHNALL: Agus am faod mi ‘burgers’ shaor fhaighinn?

FEAR NA BUTHA: Tha mi duilich, a bhalaich. Tha thu a' faighinn ad is aparan an asgaidh, nach eil? Glè mhath. Chì mi thu Disathairne.

DOMHNALL: Mòran taing!

## Vocabulary

<b>an toiseach</b>	first	<b>suath</b>	wipe
<b>feumaidh tu.</b>	You must.	<b>iad fhèin</b>	they themselves
<b>an ad (f.)</b>	the hat	<b>togaidh</b>	will lift
<b>srianach</b>	striped	<b>feadhainn</b>	some
<b>an t-aparan (m.)</b>	the apron	<b>clùd (m.)</b>	a cloth
<b>Sin thu.</b>	There you are/ There you go.	<b>stuth (m.)</b>	stuff
<b>Tha i a'</b>	It suits you	<b>sguab</b>	sweep
<b>tighinn dhut.</b>	(it is becoming to you).	<b>sguab (f.)</b>	a brush
<b>an ath rud</b>	the next thing	<b>an làr (m.)</b>	the floor
<b>an t-àite (m.)</b>	the place	<b>tuit</b>	fall
<b>a chumail</b>	to keep	<b>nighe</b>	to wash
<b>glan</b>	clean	<b>salach</b>	dirty
<b>na daoine</b>	the people	<b>tuilleadh</b>	more
<b>deiseil</b>	finished	<b>sgìobalta</b>	tidy
<b>tog</b>	lift	<b>gèarr</b>	cut
<b>an trealaich (f.)</b>	the rubbish	<b>faodaidh tu.</b>	You can.
<b>air falbh</b>	away	<b>tòiseachadh</b>	begin
		<b>a' reic</b>	selling
		<b>an asgaidh</b>	free

## Language points

Notice verb forms ending in a vowel sound are followed by **tu**, not **thu**.

**Feumaidh tu ...** You must ...

**Faodaidh tu ...** You may ...

If you are asking permission to do something, a useful phrase is **Am faod mi?** meaning 'May I ...?'/ 'Can I ...?'

Notice that masculine nouns beginning with a vowel need to have the **an t-** form of the article. Two examples are:

**an t-àite** the place

**an t-aparan** the apron

If you would like to compliment someone on their clothing, hair-style, etc., **tha i/e a' tighinn dhut** is a very useful expression – the equivalent of ‘it suits you’.

**Ceart** can be used in both question and answer form, in the same sense as ‘OK’. Inevitably, you will hear ‘OK’ used as well.

**Sguab an làr ma bhios càil air tuiteam air** means ‘Sweep the floor if anything’s fallen on it’. **Air tuiteam** is equivalent to ‘to have fallen’.

**Tog an trealach air falbh** means ‘lift away/clear away the rubbish’.

**Togaidh feadhainn i, ach cha tog a h-uile duine** = ‘Some people will lift it up (clear it away) but not everybody will’.

#### Exercise 4

<b>Feumaidh tu ...</b>	You must ...
<b>Am faod mi ...?</b>	May! / can! ...?
<b>Chan fhaod mi ...</b>	I'm not allowed to ...

Keep in mind that the object comes before the verb in these constructions – e.g. Donald asked **Am faod mi ‘burgers’ shaor fhaighinn?**

Can you reorder the words in the sentences below so that they make sense? They all relate to the kinds of things that parents and older children tend to discuss. In the first five, the speaker is asking for permission to do something. In the last five, the speaker is instructing somebody to do something.

- 1 an / mi / am faod / fhaighinn / càr
- 2 airgead / am / fhaighinn / faod / mi
- 3 a dhol / Rob / faod / gu / partaidh / mi / am
- 4 mi / gu / a-muigh / faod / uair / am / dheug / fuireach / dà
- 5 a chleachdadh / am / a' / faod / fòn / mi
- 6 feumaidh / rùm / a / tu / ghlanadh / do
- 7 tu / sgoile / a / d' obair / dhèanamh / feumaidh
- 8 d' fhalt / tu / feumaidh / ghearradh / a
- 9 nighe / na / feumaidh / soithichean / tu / a
- 10 feumaidh / ur / sibh / ithe / biadh

## Reading 11

### *Teaghlach Mòr*

Tha Ealasaid ag ràdh:

‘Bha teaghlach mòr aig Murchadh, bràthair m’ athar . . . bha triùir bhalach agus còignear nighean aca. ’S e Mòrag a b’ aosda dhen teaghlach. Bha ise na còcaire ann an taigh-òsda an Glaschù airson deich bliadhna. An dèidh sin phòs i fear à Uibhist agus chaidh iad a dh’fhuireach a Pheairt, far an robh e na phost. Tha e air sguir a dh’ obair a-nis.

‘Dh’ fhalbh na balaich a bu shine a dh’ Amaireaga. Tha iad pòsda an sin. Tha Calum na mhaighstir-sgoile agus tha Ruaraidh ag obair ann am banca. Chan fhaca mi iad o chionn fhada.

‘Tha Iain, am mac as òige, a’ fuireach ann an Leòdhas. Tha esan na mhinistear ann an Eaglais na h-Alba. ’S e duine math a tha ann.

Dh’ fhalbh Mairead a Chanada agus tha i pòsda aig tuathanach mòr. Tha iadsan uabhasach beairteach.

‘Se Flòraidh a chaidh a dh’ Astràilia. Tha ise pòsd’ aig Dòmhnall MacLeòid. Tha dithis nighean agus balach aca. ’S ann leothasan a tha Màiri a tha air chuairt san eilean an-dràsta. Tha i cho snog ’s cho dòigheil. Is toigh leatha an t-Eilean Sgitheanach. Tha Sìne is Ceit gun phòsadh, fhathast co-dhiù, agus tha an dithis aca nan nursaichean anns an ospadal am Port Rìgh.’

# 12 Cur-seachadan

## Pastimes

**In this lesson you will have:**

- more practice with the verb 'to be'
- descriptions of habitual actions
- plural forms of nouns
- more use of emphatic pronouns
- prepositional pronouns using **à**

### Dialogue 1

#### *Latha fliuch*

#### **A wet day**

*It's a very wet day and the MacDonald family has stayed indoors. They discuss hobbies and pastimes.*

CATRIONA: Nach i tha fliuch an diugh! Chan fhaic mi na beanntan leis an uisge. Dè a nì sinn co-dhiù?

MAIRI: Dè is àbhaist dhuibh a bhith a' dèanamh air latha mar seo?

CATRIONA: O, bidh na balaich a' cluich leis a' choimpiutair – chan fhaigh mise faisg air. Is toigh leothsan gèamanan-coimpiutair.

IAIN: Chan eil sin ceart, a Chatrìona, bidh sinn a' dèanamh rudan eile cuideachd. Bidh mi fhèin is mo charaid a' cluich air teanas-bùird san taigh aigesan. Agus, bidh sinn ag èisdeachd ri ceòl is a' cluich air a' ghìotàr.

MAIRI: Dè eile a bhios tusa a' dèanamh, Iain?

- Iain:** Bidh mi a' coimhead an telebhisean agus a' leughadh. Tha trèan-ùrlair agam agus is toigh leam i. Tha mi a' cruinneachadh stampaichean cuideachd – tha leabhar mòr agam. Feumaidh mi a shealltainn dhut.
- CATRIONA:** Is toigh leamsa a bhith a' dol dha na bùithtean mòra an Inbhir Nis. Tha a h-uile càil cho brèagha, ach chan eil airgead gu leòr agam!
- MAIRI:** Am bi thu a' còcaireachd?
- CATRIONA:** Bidh gu dearbh. Tha mi math air cèicichean a dhèanamh, nach eil, Iain?
- Iain:** O, tha! Seallaibh – tha Mamaidh a' fighe geansaidh dhomhsa.
- DOMHNALL:** Agus tha Dadaidh na chadal! Dè mu dheidhinn gèam Scrabble?
- Iain:** Cha toigh leamsa Scrabble! Tha mise a' dol a chluich le na piseagan.

## Vocabulary

<b>Dè a nì sinn?</b>	What will we do?
<b>co-dhiù</b>	anyway
<b>is àbhaist</b>	usually
<b>an coimpiutair (m.)</b>	the computer
<b>an gèam (m.), na gèamanan</b>	the game, games
<b>an rud (m.), na rudan</b>	the thing, the things
<b>teanas-bùird</b>	table-tennis
<b>ag èisdeachd</b>	listening
<b>ceòl (m.)</b>	music
<b>an giotàr (m.)</b>	the guitar
<b>a' leughadh</b>	reading
<b>trèan'-ùrlair (f.)</b>	a train set
<b>a' cruinneachadh</b>	collecting
<b>stampaichean (m.)</b>	stamps
<b>na bùithtean (f.pl.)</b>	the shops
<b>a h-uile càil</b>	everything
<b>còcaireachd</b>	cooking
<b>gu dearbh</b>	indeed
<b>a' fighe</b>	knitting
<b>geansaidh (m.)</b>	a jumper
<b>piseagan (f.pl.)</b>	kittens

## Language points

**Cur-seachad** literally means ‘to put past’. **Cur-seachadan**, or ‘hobbies’, are things that ‘put the time past’.

**Is àbhaist** ‘usually’ is followed by the prepositional pronouns based on **do**, which you have already met in Lesson 3. Mairi, for example, asks her cousins:

**Dè is àbhaist dhuibh a bhith a’ dèanamh?**

What do you normally do?

The past form is:

**Dè a b’ àbhaist (+ do) ... ?**, with the answer

**B’ àbhaist (+ do) ... ?**.

**Teanas-bùird** is, of course, ‘table tennis’. **Bùird** is the genitive form of **bòrd** ‘table’.

The phrase **trèan-ùrlair** literally means ‘a floor train’. It comes from **trèana**, ‘a train’, and **ùrlar**, an old word for ‘floor’. (The usual word, however, is **làr**.)

Here are some plural forms to note:

**beinn/beanntan**

**gèam/gèamanan**

**rud/rudan**

**stamp/stampaichean**

**bùth/bùithtean**; sometimes **bùthan**

**cèic/cèicichean**

**pi eag/piseagan**

In Gaelic you play ‘on’ a musical instrument, using the preposition **air**. So, for example, you might play **air a’ ghiotàr** ‘the guitar’, **air a’ phìob** ‘the pipes’, **air a’ phiàno** ‘the piano’, etc.

### Exercise 1

Have a look back at the dialogue. How many borrowed words can you find?

Other indoor hobbies include:

**cluiche tàileasg** playing chess

**dèanamh** embroidery

**obair-ghrèis**

**fuaigheal** sewing

**dannsa** dancing

**sgrìobhadh** writing

**seinn** singing

**cèilidh** visiting

**èisdeachd** listening to

**ris an rèidio** the radio



**cluiche chairtean** card playing

**peantadh** painting

(These are verbal nouns, i.e. nouns derived from verbs.)

*Exercise 2*

Can you describe what the people in the pictures below are doing?





## Dialogue 2

### *A' cur seachad na tìde*

#### Passing the time

*There are only a few weeks left of Mairi's holiday and the family plan different activities for the remainder of her visit. What are some suggestions that are made?*

CATRIONA: Tha dannsa ann an talla Phort-Rìgh Dihaoine. An tèid sinn ann, a Mhàiri?

MAIRI: O thèid. Bidh sin math. Chòrd an dannsa eile rium uabhasach math. Tha mi airson tuilleadh dhannsan ionnsachadh.

DOMHNALL: Dè mu dheidhinn a dhol a dh' iasgach? Bheir sinn an eathar bheag a-mach air an loch. An còrdadh sin riut?

MAIRI: Chòrdadh gu dearbh. Ach dè mu dheidhinn cur-na-mara?

CATRIONA: Thèid sinn ann air latha math is bidh sinn ceart gu leòr.

MAIRI: Am bi gèam iomain ann an t-seachdain-sa?

DOMHNALL: Bithidh. Tha mis' a' cluich Dimàirt. Feumaidh tu a thighinn.

IAIN: Tha gèam ball-coise agamsa a-màireach. Feumaidh tu a bhith ann.

CATRIONA: Dè mu dheidhinn snàmh? A bheil thu ag iarraidh sin?

MAIRI: Chan eil. Tha e ro fhuar. Gheibh mi snàmh gu leòr aig an taigh. Ach thèid mi chun nan geamanan.

CATRIONA: Tha fadachd orm gun tèid sinn a Dhùn-Eideann. Bidh seachdain mhòr againn.

IAIN: O bhalaich!

#### Vocabulary

<b>talla</b> (f.)	a hall	<b>chun</b>	to (followed by a genitive)
<b>iasgach</b>	fishing	<b>fadachd</b> (m.)	longing
<b>an eathar</b> (f.)	the boat	<b>seachdain mhòr</b>	a great week (a 'big' week)
<b>cur-na-mara</b> (m.)	seasickness		
<b>iomain</b> (f.)	shinty		
<b>snàmh</b> (m.)	swimming		

## Language points

Just as in English, the present tense is sometimes used to describe arrangements for the future. For example:

**Tha dannsa ann an talla Phort-Rìgh Dihaoine.**

There's a dance in the Portree hall on Friday.

**Tha gèam ball-coise agamsa a-màireach.**

I've got a football game tomorrow.

**An còrdadh sin riut?** means 'Would that please you?'. If you want to answer 'yes', the reply is **Chòrdadh** 'Yes, it would (please me)'. Alternatively, **Cha chòrdadh** 'No, it wouldn't'.

**Cur-na-mara** is 'seasickness'. **Mara** is the genitive form of **muir** 'the sea'.

**Bithidh** is the emphatic form of the future 'there will be'.

Catherine says **Tha fadachd orm gun tèid sinn a Dhùn-Eideann!** 'I'm longing to go to Edinburgh'/'I can't wait to go to Edinburgh'.

**Tha fadachd orm** means 'I'm longing for'. In Gaelic, **fadachd** is 'on you', like **an cadal** 'sleep', **an t-acras** 'hunger' and **am pathadh** 'thirst'. If you are unfortunate enough to be seasick, then **cur-na-mara** will also be 'on you' (using the prepositional pronouns based on **air**).

Some other outdoor activities include:

<b>sgitheadh</b>	ski-ing	<b>coiseachd</b>	walking
<b>ruith</b>	running	<b>sreap</b>	climbing
<b>gàradaireachd</b>	gardening	<b>baidhsagalachd</b>	cycling
<b>campachadh</b>	camping		

'Golf' is simply **golf**, so 'a game of golf' is **gèama golf**.

Some other expressions you might find useful for talking about sports and hobbies are:

<b>An aithne dhut snàmh?</b>	Can you swim?
<b>'S aithne/Chan aithne</b>	yes/no
<b>Cha do dh'fheuch mi riamh e.</b>	I've never tried it.
<b>Chan eil mo ro mhath air sreap.</b>	I'm not very good at climbing.
<b>Tha mi ga ionnsachadh.</b>	I'm learning it.

### Exercise 3

Take a look at the list of activities in the box below. Can you put them in order, numbering them from 1 to 10, according to how much they appeal to you?

iasgach	peantadh	fuaigheal	dannsa
iomain	ruith	campachadh	gàrdaireachd
snàmh	sgitheadh		

### Exercise 4

What do you normally do?

Can you choose four activities which you often do, and express them in sentences with the phrase **is àbhaist**?

For example:

**Is àbhaist dhomh a bhith a' danna.**

I normally dance/go dancing.

**Is àbhaist dhomh a bhith ag èisdeachd ris an rèidio.**

I normally listen to the radio.

Then think about things you used to do in the past, possibly as a child, teenager or younger person. Make four sentences saying what you used to do.

For example:

**B' àbhaist dhomh a bhith a' cluiche tàileag.**

I used to play chess.

**B' àbhaist dhomh a bhith a' ruith.**

I used to run/go running.

## Dialogue 3

### *Dè a bhios tu-fhèin a' dèanamh?*

#### What do you do?

*Ann wants to know what pastimes Mairi has.*

ANNA: A Mhàiri, dè a bhios tu-fhèin a' dèanamh air latha fliuch?

- MAIRI: O, na h-aon rudan ruibh fhèin. Bidh sinn a' coimhead phrograman is bhideos air an telebhisean agus is dòcha gun tèid sinn a-mach dhan taigh-dhealbh, no dhan taigh-cluich, no gu taigh-bidh snog.
- DOMHNALL: Anna, cuimhnich gu bheil leannan aig Màiri. Chan innis i a h-uile rud dhutsa. Tha thusa ro bheag!
- CATRIONA: Sguir a tharraing aisde, a Dhòmhnail.
- DOMHNALL: Chan eil mi a' tarraing aisde. Co-dhiù, bha sibhse a' tarraing asamsa an-dè.
- ANNA: Innis dhomh dè a bhios tu a' dèanamh leis an t-side mhath.
- MAIRI: Leis an t-side mhath bidh mi a' dol a shnàmh. Is toigh leam a bhith air an tràigh. Bidh mi cuideachd a' cluiche teanas aig deireadh na seachdain. Bidh gèam mòr eadar-nàiseanta ann uaireannan agus bidh mi a' dol ga fhacinn.
- ANNA: Nach math dhut! Is toigh leamsa teanas. Bidh mi ga choimhead air an telebhisean cuideachd.
- MAIRI: Nach tig thu còmhla rium airson saor-làithean nuair a theid mi dhachaigh? Dè mu dheidhinn?
- ANNA: O, a Mhàiri! Thig gu deimhinn! A Dhòmhnail, tha mis' a' dol a dh' Astràilia is chan eil thusa. Seo dhut!
- DOMHNALL: Chì sinn dè a chanas Mamaidh is Dadaidh!

## Vocabulary

<b>is dòcha</b>	perhaps	<b>an tràigh</b> (f.)	the beach
<b>thèid</b>	will go	<b>thig</b>	will come
<b>an taigh-dhealbh</b> (m.)	the cinema	<b>gu deimhinn</b>	certainly
<b>an taigh-cluich</b> (m.)	the theatre	<b>is chan eil thusa</b>	and you aren't
<b>an taigh-bidh</b> (m.)	the restaurant	<b>dè a chanas ...</b>	what will ... say
<b>innis</b>	to tell	<b>Seo dhut!</b>	That's for you!
<b>tarraing à</b>	to tease		

## Language points

In the phrase **na h-aon rudan** 'the same things', the letter **h** is inserted before **aon** to make the phrase easier to pronounce.

**Programan is bhideos air an telebhisean** would probably be transparent even to someone with no Gaelic at all!

**Is dòcha gun tèid sinn** means literally ‘Perhaps (that) we will go’. Verbs in the future form are also used, however, to express habits and routines in the present. So **thèid** in this context is more like the English ‘we might go’/‘we could go’.

**Chan innis i a h-uile rud dhutsa** means ‘She won’t tell *you* everything!’. **Dhutsa** is the emphatic form of **dhut** ‘to you’. You will see more forms of this verb **innis** below.

**Leis an t-sìde mhath** = ‘with the good weather’/‘when the weather is good’.

There are two very useful expressions in this dialogue constructed around the preposition **do**. They are:

**Nach math dhut!** ‘lucky you!’ (*lit.* ‘isn’t it good for you!’). **Seo dhut!** means literally ‘that’s for you!’. It is the kind of phrase used to clinch an argument or express triumph. Perhaps a challenging ‘there, you see?’ or ‘so there!’ is the best English translation.

*The verb **innis** – ‘to tell’*

present tense:	<b>Tha mi, etc. ag innse.</b>	I am telling.
past tense:	<b>Dh’innis mi, etc.</b>	I told.
past interrogative:	<b>Na dh’innis mi, etc?</b>	Did I tell?
negative past:	<b>Cha do dh’innis mi, etc.</b>	I didn’t tell.
negative past question:	<b>Nach do dh’innis mi, etc?</b>	Didn’t I tell?
future:	<b>Bidh mi ag innse/ innsidh mi, etc.</b>	I will tell.
future question:	<b>An innis mi, etc?</b>	Will I tell?
negative future:	<b>Chan innis mi.</b>	I won’t tell.
future negative question:	<b>Nach innis mi, etc?</b>	Won’t I tell?

*Exercise 5*

What would you say to translate the underlined parts in the sentences below?

- No, I didn’t say anything, I promise! I didn’t tell!
- Oh, Colin’s pretty discreet. He won’t tell.
- Did I tell you? I saw Penelope at the cinema with her new boyfriend!
- Yes, I’ve heard the story before – you told me a few times, actually.

- e Oh, didn't I tell you? Yes, I leave for Canada tomorrow.  
 f Are you sure you should say anything to Jean? Won't she tell everybody?  
 g Will I tell him he's got the job, then?

In the dialogue above, Donald innocently says, **Chan eil mi a' tarraing aisde** 'I'm not teasing her'. The expression **a' tarraing à/às** literally means 'drawing out', 'drawing from', so **a' tarraing aisde** means 'drawing her out', 'teasing her'. You can also say **a' tarraing a coise**, i.e. 'pulling her leg', (**coise** being the genitive of **cas**).

The prepositional pronouns from **à** are as follows:

<b>asam</b> (à + mi)	out of me	<b>asainn</b> (à + sinn)	out of us
<b>asad</b> (à + thu)	out of you	<b>asaibh</b> (à + sibh)	out of you
<b>às</b> (à + e)	out of him	<b>asda</b> (à + iad)	out of them
<b>aisde</b> (à + i)	out of her		

To say 'I'm only teasing/kidding you', say **Chan eil mi ach a' tarraing asad**.

## Reading 12

### *Leughadh*

Chaidh mi a chèilidh air mo charaid Ruaraidh a-raoir. Bha triùir charaidean eile a-staigh aige cuideachd – Murchadh Ruadh, Donnchadh Beag agus Calum, an saor. Bha sinn a' bruidhinn air làithean ar n-òige nuair a bhiodh sinn a' sreap nam beanntan. Aon latha, thuit Calum agus bhris e a chas. Bhiodh sinn cuideachd a' dol a-mach a dh'iasgach air an loch air taobh thall an eilein. Abair spors! Ach aon latha bha sinn air an loch agus thàinig stòirm mhòr. Bha e uabhasach fiadhaich is fliuch. Cha robh againn ach bàta beag agus ghabh sinn eagal. Co-dhiù, an deidh ùine mhòr ràinig sinn tìr, ach cha deach sinn air ais a dh'iasgach air an loch ud tuilleadh. Nach sinn a ghabh an t-eagal!

Tha sinn a-nis a' fàs aosd'. Is toigh leamsa a bhith ag obair anns an leas, is toigh le Murchadh a bhith a' falbh le baidhsagal, bidh Donnchadh a' leughadh tòrr leabhraichean, agus tha Calum trang ag obair timcheall na h-eaglaise.

## Vocabulary

**thuit** fell

**abair** what . . .!, what a . . .!

**ràinig** reached, arrived

**tìr** land

**tìmcheall** around

A Gaelic proverb goes like this:

Is iomadh rud a chì am fear a bhios fada beò.

*A person who has a long life sees many different things.*

*Changed days!*

How is this true in the experience of these men?

# 13 Anns a’ bhaile-mhòr

In the city

In this lesson you will learn:

- genitives in place names
- more imperatives
- compound nouns
- compound prepositions
- near and far

## Dialogue 1

### *Baile-mòr Dhùn Eideann*

#### The city of Edinburgh

*The MacDonalds have driven to Edinburgh and are going to meet up with Isabel and Ken.*

CATRIONA: Càit’ a bheil stèisean nan tràanaichean?

DOMHNALL: Sin i, shìos an staidhre mhòir sin. Feumaidh sinn a dhol sìos nan steapaichean.

IAIN: Tha mise ag iarraidh taigh-beag! Càit’ a bheil na taighean-beaga?

DOMHNALL: Tha feadhainn anns an stèisean. Gabh air do shocair!

MAIRI: Seall, a Chatrìona! Sin Coinneach agus Iseabail!

*After greetings all round the young people go to do some sightseeing . . .*

MAIRI: Càit’ a bheil Oifis a’ Phuist? Feumaidh mi stampaichean fhaighinn agus cairtean-puist a chur air falbh.



- ISEABAIL: Tha tè air Sràid na Drochaid.  
 MAIRI: Glè mhath.  
 DOMHNALL: O, tha Sràid a' Phrionnsa snog. Tha na Gàrraidhean àlainn.  
 CATRIONA: Seallaibh! Sin Cleoc nam Flùraichean! Tha e ris an uair cheart.  
 IAIN: Eisdibh! Tha pìobaire a' cluich. Càit' a bheil e?  
 COINNEACH: Tha e aig a' Chaisteal.  
 MAIRI: Mo chreach! Dè am fuaim a bha siud?  
 COINNEACH: Siud an gunna mòr shuas aig a' Chaisteal. Bidh iad ga losgadh aig uair a h-uile latha.  
 DOMHNALL: Cuin a theid sinn a shealltainn air a' Chaisteal?  
 COINNEACH: Theid an deidh ar diathaid. Tha mise leis an acras!  
 ISEABAIL: Tha an t-acras ormsa cuideachd. Bu toigh leam biadh Sìneach. Seo taigh-bidhe snog. Tha mi eòlach air.  
 DOMHNALL: Tha mise ag iarraidh biadh Innseanach – rudeigin teth.  
 ANNA: Tha is mise. Ach tha mi ag iarraidh reòiteag cuideachd!  
 CATRIONA: Ithidh sinne rud sam bith, nach ith, a Mhàiri?

## Vocabulary

<b>an stèisean</b> (f.)	the station
<b>na steapaichean</b>	the steps
<b>na taighean-beaga</b> (m.)	the toilets
<b>gabh air do shocair</b>	take it easy
<b>Oifis a' Phuist</b>	the Post Office
<b>cairt-phuist</b> (f.)	a postcard
<b>cairtean-puist</b>	postcards
<b>an drochaid</b> (f.)	the bridge
<b>am prionnsa</b> (m.)	the prince
<b>na gàrraidhean</b> (m.pl.)	the gardens
<b>na flùraichean</b> (f.pl.)	the flowers
<b>èisdibh</b>	listen (pl.)
<b>an caisteal</b> (m.)	the castle
<b>am fuaim</b> (m.)	the noise
<b>an gunna mòr</b> (m.)	the cannon, the big gun
<b>ga losgadh</b>	firing it
<b>uair</b>	one o'clock
<b>Sìneach</b>	Chinese
<b>Tha mi eòlach air.</b>	I know it well.

Innseanach	Indian
ith	eat
rud sam bith	anything

## Language points

**Taigh-beag** means ‘lavatory’ or ‘toilet’. Literally, the words mean ‘little house’ – probably from the days when they were outside.

Do you remember that there are two words for ‘out’ (**a-muigh** and **a-mach**), depending on whether movement is involved? In the same way, there are two variations on the word for ‘down’ that you might have noticed in the dialogue. **Shìos an staidhre** means ‘downstairs’ (a place or location). **Sìos nan steapaichean** means ‘going down the steps’ (involving a movement).

Did you notice the two senses of the word **uair**?

**tha iad ga losgadh aig uair a h-uile latha** = at one o’clock

**tha e ris an uair cheart** = at the correct time

The phrase **feumaidh mi** ‘I must’ is a very useful one which you have already come across. There are two examples in the dialogue:

**Feumaidh mi stampaichean fhaighinn.**

I need to get stamps.

**Feumaidh mi cairtean-puist a chur air falbh.**

I need to send postcards.

Did you notice where the verb comes in these two sentences? In both cases they follow the object, at the end of the sentences. The verb/verb phrase always comes at the end of sentences of this kind.

**An t-acras**, a word you already know, is ‘hunger’. Did you notice that it is in the dative case after the word **leis** ‘with’? As a result, the **t-** is dropped from the article, so for ‘I’m hungry’, you have **Tha mi leis an acras**.

### Exercise 1

When talking about a restaurant she knows, Isabel uses the phrase **Tha mi eòlach air** ‘I know it well’. This is a phrase which you can use to talk about a wide range of things, places or people that you know or are familiar with. Use **eòlach air** to translate the sentences below.

- a I know Iain well.
- b Do you know him well?
- c I know that café well.
- d She doesn't know Glasgow well.
- e Don't you know Mairi?

Look at the list of phrases below, all taken from the dialogue. What do they have in common?

**baile-mòr Dhùn Eideann**  
**stèisean nan trèanaichean**  
**Oifis a' Phuist**  
**Sràid na Drochaid**  
**Cleoca nam Flùraichean**  
**an dèidh ar diathaid**

These are all examples of the second noun being in the genitive case. You could translate them into English with phrases like 'the city of Edinburgh', 'the station of the trains' and so on.

A very important point to remember with structures of this type is that, when the second noun is in the genitive, you never have an article before the first noun. You have already come across quite a lot of examples, such as **bùth Sheumais**, **bràthair m'athar**, **Sràid an Rìgh'**, etc.

For the second noun, the one which is in the genitive case:

the masculine article is: **a'** + lenition/**an/an t-**  
 the feminine article is: **na**

You often find this type of construction in Scottish place names where two nouns come together.

*Example:* **Drumnadrochit Druim na Drochaid**  
 the ridge (back) of the bridge

### Exercise 2

The following are the Gaelic words for some geographical features:

<b>achadh</b> a field	<b>allt</b> a stream	<b>bealach</b> a mountain pass
<b>bruach</b> a bank	<b>càrn</b> a cairn	<b>clach</b> a stone
<b>clachan</b> a hamlet	<b>cnoc</b> a hillock	<b>coille</b> a wood
<b>inbhir</b> the mouth of a river	<b>creag</b> a rock	<b>port</b> a port

Now can you match these Gaelic place names to their English equivalents? A little detective work is required for some!

a	<b>Achadh nan Allt</b>	Lochside
b	<b>Ceann an Loch</b>	Inverness
c	<b>Ceann na Coille</b>	Tayvallich
d	<b>Cnoc an t-Solais</b>	Lochinver
e	<b>Inbhir Nis</b>	Lighthill
f	<b>Loch an Inbhir</b>	Woodend
g	<b>Port na Creige</b>	Woodside
h	<b>Taigh a' Bhealaich</b>	Kinloch
i	<b>Taigh an Uillt</b>	Portnacraig
j	<b>Taobh an Loch</b>	Taynult
k	<b>Taobh na Coille</b>	Achanalt

## Dialogue 2

### *Dè tha dol?*

#### What's going on?

*They find a window table and have fun discussing what is happening in the street outside.*

- ISEABAIL: Tha am baile cho trang. Tha Fèis Dhùn Eideann ann an-dràsta.
- MAIRI: O seallaibh air na tha sin de dhaoine! 'S ann à Africa a tha an fheadhainn sin. Tha iad math air na drumaichean. Nach iad a tha dòigheil!
- COINNEACH: 'S ann às na Stàitean Aonaichte a tha iad seo. Tha bratach mhòr Amaireaganach aca.
- IAIN: Eisd, a Mhàiri. Tha cuideigin a' cluich *Waltzing Matilda* thall an sin! A bheil an cianalas ort?
- MAIRI: Chan eil na bloigh! Tha mi toilichte gu leòr an seo.
- DOMHNALL: Seallaibh a-mach! Tha mise a' faicinn duine ag ithe teine.
- CATRIONA: Na bi gòrach, a Dhòmhnail.
- COINNEACH: Tha thu ceart. Tha dithis ann.
- MAIRI: Seall am fear sin leis a' ghiotàr – tha e a' seinn òran Frangach.
- DOMHNALL: Ithibh ur biadh agus theid sinn a-mach. Tha seo gu bhith math!

## Vocabulary

<b>trang</b>	busy
<b>Fèis Dhùn Eideann</b>	the Edinburgh International Festival
<b>an-dràsta</b>	now, at this time
<b>de dhaoine</b>	of people
<b>na drumaichean</b> (f.)	the drums
<b>bratach</b> (m.)	flag
<b>èisd</b>	listen
<b>an cianalas</b> (m.)	homesickness
<b>bloigh</b> (m.)	a small piece
<b>seall, seallaibh</b>	look
<b>ithibh</b> (pl.)	eat

## Language points

**Na tha sin de dhaoine** means ‘the amount (the number) of people who are here’. It is quite similar to the structure of **Dè na tha seo?**, meaning ‘How much is this?’, ‘How much does this cost?’.

**A bheil an cianalas ort?** means literally ‘Is the homesickness on you?’. **Cianalas** – ‘homesickness’ or ‘nostalgia’ – is another of the feelings or experiences which Gaelic treats as being ‘on you’. The word comes from the word **cian**, meaning ‘far away’.

**Chan eil na bloigh** is a common expression meaning ‘not a bit’, which can be used instead of **chan eil gu dearbh** ‘no indeed’.

**Tha seo gu bhith math!** = ‘This is going to be good!’

### Exercise 3

Answer the following:

- A bheil an cianalas ort?
- An robh cur-na-mara ort a-riamh?
- Tha an cadal ort, nach eil?
- A bheil an t-acras oirbh?
- Bha an cnatan ort an dè, nach robh?
- A bheil fadachd ort gun tig mi?
- An robh a’ chais ort a-riamh?
- A bheil am pathadh oirbh?

## Dialogue 3

### Aiteachan sònraichte

#### Special places

*The group splits into two: the boys go to the castle, and the girls walk along Princes Street.*

- CATRIONA: Feumaidh mi banc' a lorg. A bheil fear faisg?  
 ISEABAIL: Tha. Sin Banca na h-Alba.  
 MAIRI: Tha cairt-creideis agamsa. Tha i uabhasach feumail.  
 CATRIONA: Seallaibh air a' bhùth-bhròg seo. Nach seall sibh air na brògan-sàmhraidh!  
 MAIRI: Tha iad snog, nach eil?  
 Seo bùth-aodaich. Seallaibh air na fasanan ùra!  
 ISEABAIL: Seo bùth-leabhraichean mhòr – is caomh leam i. Tha bhideos is CDs aca cuideachd.  
 MAIRI: Tha mi a' dol a cheannach tòrr anns an tè-sa!  
 CATRIONA: A bheil an Oilthigh faisg air làimh, Iseabail?  
 ISEABAIL: Chan eil i fad às idir.  
 MAIRI: Dè mu dheidhinn leabhar-lann?  
 ISEABAIL: Tha an leabhar-lann mòr gu math faisg oirnn. Sin an Acadamaidh Rìoghail is an Gaileiridh Nàiseanta mu ar coinneamh. Tha an Taigh-tasgaidh shuas air Sràid na Drochaid.  
 CATRIONA: Feumaidh sinn a dhol dhan a h-uile h-àite!  
 MAIRI: Tha Dùn Eideann mìorbhaileach! Nach math gu bheil seachdain againn ann. Thèid sinn dhan taigh-cluich a-nochd is chun an Tatù an ath-oidhch'.

#### Vocabulary

<b>àite, àiteachan</b> (m.)	a place, places
<b>sònraichte</b>	special
<b>banca</b> (m.)	a bank
<b>lorg</b>	find
<b>faisg</b>	near
<b>faisg air làimh</b>	near at hand
<b>gu math faisg</b>	quite/fairly near
<b>cairt-creideis</b> (f.)	a credit card
<b>feumail</b>	useful

<b>fasanan</b> (m.)	fashions
<b>bùth-leabhraichean</b> (f.)	a bookshop
<b>fad' às</b>	far away
<b>an leabhar-lann</b> (f.)	the library
<b>rìoghail</b>	royal
<b>mu ar coinneamh</b>	in front of us/opposite us
<b>an taigh-tasgaidh</b> (m.)	the museum
<b>a h-uile h-àite</b>	everywhere

## Language points

This dialogue gives you another example of a verb at the end of a sentence:

**Feumaidh mi banc' a lorg.** I need to find a bank.

And there is another example of two nouns together, the second being in the genitive case: **Banca na h-Alba** 'the Bank of Scotland'. **Alba** is a feminine noun.

In the phrase **a h-uile h-àit** 'everywhere' the second **h-** is there simply for ease of pronunciation.

**fad' às = fada + à = lit.** 'long from'

This can also be expressed as **fad' air falbh** 'long away from'.

### Exercise 4

How would you say:

- 1 The castle is quite near.
- 2 The hall is opposite us.
- 3 The library is far away.
- 4 The church is very near.
- 5 The cinema is 'near at hand'.
- 6 The toilets are beside the station.

## Imperatives

Catherine says **Seallaibh air a' bhùth-bhròg seo!** 'Look (pl.) at this shoe-shop!'

Similarly, Mairi says **Seallaibh air na fasanan ùra!** 'Look (pl.) at the new fashions!'

In Dialogue 2, Iain said **Eisd, a Mhàiri!** ‘Listen, Mairi!’.

Try translating the following imperatives, using the words for ‘look’, ‘listen’ and ‘be quiet’.

### Exercise 5

Use **seall ri** ‘look at’.

- a Won’t you look at this!
- b Don’t look (pl.) just now.
- c Look at the people!
- d Look at this!

Use **isd** ‘be quiet’ and **eisd** ‘listen’.

- e Be quiet, Donald.
- f Won’t you (pl.) listen!
- g Listen (pl.) to me!
- h They will not be quiet.
- i Did you listen to him?

In the dialogue, Isabel says:

**Sin an Acadamaidh Rìoghail is an Gaileiridh Nàiseanta mu ar coinneamh.**

There are the Royal Academy and the National Gallery in front of us/opposite us.

**Mu choinneamh** is a compound preposition. If there is a noun following it, then the noun changes to the genitive – e.g. **mu choinneamh na bùtha** ‘opposite/in front of the shop’. **Coinneamh** is a noun (meaning ‘meeting’), so in expressions like **mu ar coinneamh** ‘in front of us’, it has the possessive **ar** immediately before it.

Using ‘opposite’/‘in front of’ with all the possessive pronouns, we have:

<b>mu mo choinneamh</b>	<b>mu ar coinneamh</b>
<b>mu do choinneamh</b>	<b>mur coinneamh</b>
<b>mu a choinneamh</b>	<b>mun coinneamh</b>
<b>mu a coinneamh</b>	

Take a look up from this book. **Cò, no dè, a tha mu do choinneamh an-dràsta?** Who, or what, is in front of you at this very moment?



*Exercise 6*

How would you say:

- a The table is in front of you.
- b It is not in front of me.
- c Isn't she opposite you?
- d Who is opposite us?
- e James is opposite her.

The compound preposition **mu dheidhinn** 'about' follows the same pattern as **mu choinneamh**. It is as follows:

<b>mu mo dheidhinn</b>	<b>mu ar deidhinn</b>
<b>mu do dheidhinn</b>	<b>mur deidhinn</b>
<b>mu dheidhinn</b>	<b>mun deidhinn</b>
<b>mu a deidhinn</b>	

as does **ri taobh** 'beside', 'next to':

<b>ri mo thaobh</b>	<b>ri ar taobh</b>
<b>ri do thaobh</b>	<b>ri ur taobh</b>
<b>ri a thaobh</b>	<b>ri an taobh</b>
<b>ri a taobh</b>	

*Exercise 7*

Can you complete the following sentences?

- 1 Bha sinn a' bruidhinn . . . (about her)
- 2 Tha Màiri na suidhe . . . (beside me)
- 3 Tha an taigh . . . (opposite us )
- 4 An cuala sibh . . . (about them)
- 5 Bidh Calum a' fuireach . . . (beside you (pl.))
- 6 Cha robh duine na sheasamh . . . (opposite him)


### Exercise 8

Below you will see the table arrangement for a formal dinner. Make six sentences about the seating, using the words for 'opposite' and 'beside'.

For example:

**Tha Morag na suidhe ri taobh Mhartainn.**

Morag is sitting next to Martin.



## Reading 13

### **Caisteal Dhùn Eideann**

Tha Caisteal Dhùn Eideann air a thogail air creag mhòir agus tha e air a bhith an sin o chionn iomadh bliadhna. Ri taobh a' Chaisteil tha Eaglais na Banrìgh Mairead far am biodh i ag ùrnaigh agus 'se sin am pàirt as aosda den Chaisteal uile. Faisg air làimh tha cladh beag anns am bi iad a' tìodhlaicheadh coin nan saighdearan. Chì sibh gunnaichean-mòra ri taobh nam ballachan. 'Se 'Mons Meg' an t-ainm a tha air a' ghunna-mhòr aosd. Bidh iad a' losgadh gunna-mòr aig a' Chaisteal aig uair a h-uile latha. Bidh an Tatù air a chumail aig a' Chaisteal san Lùnasdal a h-uile bliadhna, aig àm na Fèis' Eadar-nàiseanta. Bidh daoine a' tighinn a Dhùn Eideann aig an àm sin às gach àite fon ghrèin.

# 14 Subhach is dubhach

## Happy and sad

**In this lesson you will learn:**

- how to express emotions
- how to change statements into reported speech
- more past tenses

### Dialogue 1

#### *A-mach air a chèile!*

#### Fallen out!

*Mairi discovers that Catherine is unhappy about her boyfriend. What is the issue they have been fighting over?*

MAIRI: A bheil thu a' faireachdainn ceart gu leòr, a Chatrìona?

CATRIONA: O tha, tha mi ceart gu leòr.

MAIRI: A bheil thu cinnteach? Tha thu a' coimhead uabhasach brònach. A bheil càil a' dèanamh dragh dhut?

CATRIONA: Chan eil mòran.

MAIRI: Innis dhomh dè tha ceàrr.

CATRIONA: A bheil cuimhn' agad gun tuiirt thu fhèin gun robh Calum ag òl cus? Uill, chaidh sinn a-mach air a chèile mu dheidhinn na deoch.

MAIRI: Chan eil e math gu leòr dhut-sa co-dhiù. An robh thu a' bruidhinn ris on uair sin?

CATRIONA: Cha robh. Dh'fhòn mi thuige 'sa' mhadainn ach thuirte e gun robh e ro thrang airson bruidhinn.

MAIRI: Tha mi duilich.

CATRIONA: Och, chan eil gràdh agam air a-nis co-dhiù. Tha mi coma dheth. Faodaidh e a dhol a-mach le Fiona bheag Nic an t-Saoir. Tha ise ag obair anns an taigh-òsda!

## Vocabulary

<b>bònach</b>	sad	<b>uair</b> (f.)	time
<b>dragh</b> (m.)	trouble	<b>Dh' fhòn mi.</b>	I phoned.
<b>mòran</b>	a lot	<b>thuige</b>	to him
<b>gun tuirt thu</b>	that you said	<b>gràdh</b> (m.)	love
<b>cus</b>	too much	<b>coma</b>	indifferent
<b>air a chèile</b>	on each other	<b>taigh-òsda</b> (m.)	a hotel

## Language points

**Chaidh sinn a-mach air a chèile** means ‘we fell out’ (literally, ‘we went out on each other’).

The word **cèile** is used to signify ‘together with’. It is used in several expressions, including **còmhla ri chèile**, meaning ‘along with each other’, ‘together’.

*Example:*     **Bha iad a’ cluich còmhla ri chèile.**  
They were playing together.

It is also the word used for ‘spouse’: **mo chèile** is ‘my spouse’/‘my husband’/‘my wife’.

So:

**mathair chèile** = mother-in-law     **piuthar chèile** = sister-in-law  
**athair cèile** = father-in-law     **bràthair cèile** = brother-in-law

(Notice that the word **cèile** in these constructions functions like an adjective, and so is lenited in the feminine versions, as usual for feminine adjectives.)

The word **cèile** is not used, however, to talk about one’s son-/daughter-in-law. ‘My son-in-law’ = **mo chliamhainn**, or **an duin’ aig an nighean agam** – ‘the husband of my daughter’. ‘My daughter-in-law’ is simply **bean mo mhic** – ‘the wife of my son’.

**Dh’fhòn mi** is a fairly transparent borrowing from the English word ‘phone’. There are many examples of such words in Gaelic. Established borrowings like this follow the normal grammatical patterns, so you have, for example, **Tha mi a’ fònadh** – ‘I am phoning’, etc. **Dh’fhòn mi thuige ’sa’ mhadainn** ‘I phoned/called him this morning’. This sentence includes a prepositional pronoun, **thuige** ‘to him’, built on the preposition **gu**, meaning ‘to’/‘towards’.

The full set for this preposition is as follows:

<b>gu + mi</b>	<b>thugam</b>	<b>gu + sinn</b>	<b>thugainn</b>
<b>gu + thu</b>	<b>thugad</b>	<b>gu + sibh</b>	<b>thugaibh</b>
<b>gu + e</b>	<b>thuige</b>	<b>gu + iad</b>	<b>thuca</b>
<b>gu + i</b>	<b>thuice</b>		

The word **gràdh** means ‘love’. It can be used in a number of ways:

**mo ghràdh** = my love, my dear

**a ghràidh** = dear – e.g. **a Pheigi, a ghràidh** ‘Peggy, dear’

**Tha gràdh agam ort.** = I love you (*lit.* ‘I have love on you’).

This useful phrase requires you to use two prepositional pronouns!


*Example:* **Tha gràdh aice orra.** = She loves them.

The word **coma** is frequently used to say that you don’t care – e.g. **tha mi coma**.

In the name of the woman who works at the hotel, **Fiona bheag Nic an t-Saoir** ‘little Fiona MacIntyre’, notice that both the adjective and surname are feminine. Notice also the position of the adjective, coming before the surname.

### *Exercise 1*

On the opposite page you will see some of the characters of the popular Gaelic soap opera, ‘**Gràdh mo Chrìdh**’ – ‘The Love of my Heart’ – together with how they relate to each other. Who loves who, and who doesn’t care? Can you express some of the relationships in Gaelic?



## Dialogue 2

### *Nighean thoilichte*

#### A happy girl

*Ann comes to share some good news with her grandfather. What is the slight hitch in her plans?*

- ANNA: A sheanair, tha mi air mo dhòigh!  
 SEANAIR: Tha mi a' faicinn sin, m' eudail. Dè a rinn cho toilichte thu?  
 ANNA: Thuirt Màiri gum faod mi a dhol còmhla rithe airson saor-làithean.  
 SEANAIR: Chuala mi sin. Ge-tà, feumaidh tu airgead airson a' phlèan.  
 ANNA: Tha airgead agam ann am banca na sgoile. Am bi sin gu leòr?  
 SEANAIR: Cha bhi idir, a ghràidh.  
 ANNA: Tha mi duilich a-nis. Dè nì mi?  
 SEANAIR: Dè do bheachd fhèin?  
 ANNA: Thuirt Dòmhnall gu bheil airgead gu leòr agaibhse, a sheanair.  
 SEANAIR: An tuirt gu dearbh? Ma gheibh mise grèim air!  
 ANNA: Thuirt e gun toireadh sibh rud dhomh nam bithinn nam nighean mhath.  
 SEANAIR: Tha thu nad nighean mhath, a luaidh. Na bi duilich idir. Gheibh sinn am faradh dhut. Seo do sheanmhair a' tighinn. Tha sporan mòr làn aicese.  
 ANNA: A Ghranaidh, a Ghranaidh, tha gaol mòr agam oirbh . . .  
 SEANMHAIR: . . . Agus tha thu ag iarraidh rudeigin!

### Vocabulary

<b>air mo dhòigh</b>	happy	<b>grèim</b> (m.)	a hold
<b>m' eudail</b>	my darling	<b>gun toireadh sibh</b>	that you would give
<b>ge-tà</b>	however	<b>nam bithinn</b>	if I would be
<b>duilich</b>	sad	<b>a luaidh</b>	dear
<b>beachd</b> (m.)	opinion	<b>am faradh</b> (m.)	the fare
<b>gu dearbh</b>	indeed	<b>làn</b>	full
<b>gheibh</b>	will get	<b>gaol</b>	love

## Language points

One way of expressing happiness is, as Ann says, **Tha mi air mo dhòigh!** ‘I’m really happy’/‘I’m thrilled!’.

The full set is:

<b>Tha mi air mo dhòigh.</b>	<b>Tha sinn air ar dòigh.</b>
<b>Tha thu air do dhòigh.</b>	<b>Tha sibh air ur dòigh.</b>
<b>Tha e air a dhòigh.</b>	<b>Tha iad air an dòigh.</b>
<b>Tha i air a dhòigh.</b>	

**Tha gaol agam ort** ‘I love you’ is exactly the same kind of construction as **Tha gràdh agam ort**, from Dialogue 1.

## Reported speech – present tense

**Dè tha Anna ag ràdh?**      What is Ann saying?

**Tha i ag ràdh gu bheil i air a dhòigh.**

**Tha i ag ràdh gu bheil i a’ dol air saor-làithean còmhla ri Màiri.**

**Tha i ag ràdh gu bheil airgead aic’ ann am banca na sgoile.**

**Tha i ag ràdh gu bheil i duilich a-nis.**

**Tha i ag ràdh gu bheil gaol mòr aic’ air a seanmhair.**

### Exercise 2

Imagine that you are listening to someone talking on the phone and simultaneously having to relay each phrase to another person who is keenly interested in the conversation. Can you convey what is being said?

‘Tha mi duilich ...

‘*Tha e ag ràdh gu bheil e duilich ...*’

‘chan urrainn dhomh a thighinn ...

‘*Tha e ag ràdh nach urrainn dha a thighinn*’

‘chan eil mo bhean gu math ...

‘feumaidh i a dhol chun an doctair ...

‘tha i a’ faireachdainn uabhasach tinn ...

‘thig mi feasgar ...

‘tha mi duilich!’



## **Reported speech – past tense**

Dè thuirt Anna?

What did Ann say?

**Thuirt i gun robh i air a dòigh.**

**Thuirt i gun robh i a' dol air saor-làithean còmhla ri Màiri.**

**Thuirt i gun robh airgead aic' ann am banca na sgoile.**

**Thuirt i gun robh i duilich a-nis.**

**Thuirt i gun robh gaol mòr aic' air a seanmhair.**

As you can see, the normal way to express: A says that B is . . . is **tha A ag ràdh gu bheil B . . .** and A said that B was . . . is **thuirt A gun robh B . . .**

**Gu bheil** and **gun robh** are parts of the dependent form of the verb 'to be'.

### *Exercise 3*

Look back at the dialogue and think about what was said. Then answer the following questions:

- a Dè thuirt Dòmhnall?
- b Dè thuirt an seanair?
- c Dè thuirt an seanmhair?

## **Direct speech**

When people recount conversations using the exact words that were said, they very often use the word **arsa**. This word is quite often used too in narratives and stories.

For example:

**'Tha mi duilich', arsa Catrìona.**

**'Pàighidh mi-fhèin am faradh agad', arsa seanair.**

**'Tha mi air mo dhòigh!' ars' Anna.**

### *Exercise 4*

All of the sentences below come from the first dialogue in this chapter. Can you remember the speaker for each sentence, and make a sentence with **arsa** to express who said what?

- a Tha mi ceart gu leòr.  
 b Tha thu a' coimhead uabhasach brònach.  
 c Chaidh sinn a-mach air a chèile.  
 d Chan eil e math gu leòr dhut-sa.  
 e Chan eil gràdh agam air a-nis.  
 f Faodaidh e a dhol a-mach le Fiona bheag Nic an t-Saoir.

## Dialogue 3

### *Tha mi air mo nàireachadh*

#### **I'm so embarrassed**

*Catherine has been speaking to her friend, Ceit, and comes home in tears.*

MATHAIR: A Chatrìona, carson a tha thu a' gal? Dè tha a' cur ort?

CATRIONA: Tha mi air mo nàireachadh! Tha Calum ag innse dhan a h-uile duine gu bheil mi cho pròiseil is cho spaideil – agus gu bheil mi leisg!

MATHAIR: Na bi gòrach, a ghràidh. Cha chreid duine sam bith e. Tha Calum ceàrr a' bruidhinn mar sin.

CATRIONA: Dh'innis Ceit a h-uile càil dhomh. Tha a h-uile duine a' fanaid orm.

MATHAIR: Feuch an isd thu. Gheibh thu seachad air. Dè mu dheidhinn a dhol cuairt a dh'Astràilia còmhla ri Anna bheag?

CATRIONA: Chan eil airgead gu leòr agam. Tha e ro dhaor.

MATHAIR: Na bi cho brònach! Thuirtean seanair gum pàigheadh e fhèin am faradh aig Anna agus bheir sinne cuideachadh dhutsa.

CATRIONA: O, a Mhamaidh, a bheil sibh cinnteach? Tha mi airson a dhol ann ach cha bu dùirig dhomh airgead iarraidh oirbh! Bha fios aig Anna gun robh mi gu bàsachadh leis an fharmad. Cha robh mi a-riamh cho toilichte! Tapadh leibh, tapadh leibh! Ceud mìle taing!

MATHAIR: Cha bhi guth air Calum tuilleadh!

## Vocabulary

<b>air (mo) nàireachadh</b>	embarrassed, ashamed
<b>a' gal</b>	crying
<b>a' cur ort</b>	troubling you
<b>pròiseil</b>	proud
<b>creid</b>	believe
<b>duine sam bith</b>	anybody
<b>Cha chreid duine sam bith.</b>	Nobody will believe.
<b>a' fanaid</b>	mocking, making fun of
<b>seachad</b>	over
<b>cuideachadh (m.)</b>	help
<b>cinnteach</b>	sure
<b>dùirig + do</b>	to dare
<b>bàsachadh</b>	dying
<b>farmad (f.)</b>	envy
<b>taing (f.)</b>	thanks
<b>guth (m.)</b>	word

## Language points

**Carson a tha thu a' gal?**, 'Why are you crying?'. Other words you could also use to mean 'crying' are **caoineadh** and **rànail**.

The question and answer:

**Dè tha a' cur ort?**                      What's bothering you?

and

**Tha mi air mo nàireachadh!**      I'm embarrassed!

are two examples of the many idioms which use a form of **air**.

Also in the dialogue are:

**Tha a h-uile duine a' fanaid orm.**

Everybody's making fun of me.

**Gheibh thu seachad air.**

You'll get over it/him.

Some other expressions which are often used are:

**Mo nàire ort!**              Shame on you! (You should be ashamed.)

**Chan eil guth air.**      There is no word of him. (Nobody talks about him.)

**Na leig guth ort.** Don't mention a word. (Keep quiet about it.)

**Tha gaol agam ort.** I love you.

**Tha mi air mo dhòigh.** I'm really happy.

**Agus gu bheil mi leisg** – Catherine's using the full word gives a little extra emphasis here.

**a h-uile duine** everybody

**duine sam bith** anybody

When **duine sam bith** comes after a negative verb (**cha chreid**), the meaning becomes 'nobody' + verb – here, 'nobody will believe'.

**Cha bu dùirig dhomh** = 'I didn't have the courage to'/'I didn't like to/didn't dare to'. The present tense is **cha dùirig dhomh**.

In the sentence **Thuirteanair gum pàigheadh e fhèin** 'Grandpa said that he would pay', **gum** has just the same function as **gun** or **gu**. In front of the letters **b**, **p**, **f**, and **m**, however, **gum** should be used.

Catherine confesses that she was **gu bàsachadh leis an fharmad** – 'nearly dying with envy'.

Other feelings and experiences that you can use with **leis** include:

<b>leis a' chadal</b>	with sleep
<b>leis an acras</b>	with hunger
<b>leis a' phathadh</b>	with thirst
<b>leis an deoch</b>	with drink (drunk)
<b>leis an sgèths</b>	with fatigue
<b>leis an eagal</b>	with fright
<b>leis an fhuachd</b>	with cold
<b>leis an teas</b>	with heat
<b>leis an leisg</b>	with laziness
<b>leis an fhadachd</b>	with longing

### Exercise 5

What sentence could you use to make a complaint **gu bàsachadh** in the following situations? Be careful with the tenses!

- You have been standing at a wintry bus stop for half an hour.
- You are coming to the end of a particularly exhausting day.
- You think your neighbour will be very envious of your brand new car.
- You have just got out of a terribly overheated building.

- e You feel you are simply starving!
- f You have just had a long drink of water, which you feel you really needed.
- g You are gazing sentimentally at a photo of your boy/girlfriend, away on a long trip.

## Reading 14

### ***Anna Bheag***

Anna bheag is i cho brònach,  
*Little Annie who is so sad,*  
 Anna 's i ri caoineadh;  
*Little Annie who is weeping;*  
 Anna bheag is i cho brònach,  
*Little Annie who is so sad,*  
 Anna 's i na h-aonar.  
*Annie is all alone (lonesome).*

Anna bheag 's i caoidh a leannain,  
*Little Annie, grieving for her sweetheart,*  
 Bhon a rinn e 'fàgail;  
*Seeing he has left her;*  
 Anna bheag 's i caoidh a leannain,  
*Little Annie grieving for her sweetheart,*  
 'S t-èil' aige na h-àite.  
*Because he has another instead of her.*

Anna bheag is i cho brònach,  
 Anna 's i ri caoineadh;  
 Anna bheag is i cho brònach,  
 Anna 's i na h-aonar.

Anna, na bi idir brònach,  
*Annie, don't be at all sad,*  
 Anna, na bi tùrsach;  
*Annie, don't be mournful;*  
 Anna, na bi idir brònach –  
*Annie, don't be at all sad –*  
 Gheibh sinn leannan ùr dhut!  
*We will get a new sweetheart for you!*

© Mairead Hulse used with permission

# 15 Na làithean a dh'fhalbh

Days gone by

## Dialogue 1

### *A bheil cuimhn' agaibh?*

#### Do you remember?

*Iain has a school project on life in the Highlands in days gone by. He decides to interview his father – without much success.*

IAIN: A Dhadaidh, tha obair-dachaigh agam mu dheidhinn nan làithean a chaidh seachad. Thuirt an tidsear ruinn bruidhinn ri duin' aosd air choreigin a dh' innseadh dhuinn mu na seann dòighean.

ATHAIR: Chan eil mise cho sean 's a tha thu a' smaoinichadh, a bhalaich. Feumaidh tu a dhol a-null gu taigh do sheanar.

IAIN: O, fuirichibh mionaid. Thuirt an tidsear gun robh Cogadh mòr ann uaireigin. An robh sibh ann?

ATHAIR: Iain, cha robh mise air mo bhreith nuair a bha an Cogadh ann. Tha mi ag innse dhut gum feum thu faighneachd dhe do sheanair.

IAIN: A bheil cuimhne aig' air na rudan a thachair nuair a bha e òg?

ATHAIR: Nach eil fhios agad gu bheil. Chan eil e a' sguir a bhruidhinn air làithean òige ann an Leòdhas.

IAIN: Ceart ma-tha. Theid mi a shealltainn air a-nochd is nì mi agallamh leis. Tha tòrr cheistean agam.

## Vocabulary

**cuimhne** (f.)

memory

**obair-dachaigh** (f.)

homework

<b>làithean</b> (m.pl.)	days
<b>duin' aosd air choreigin</b>	some old person
<b>a dh'innseadh</b>	who would tell
<b>seann</b>	old (preceding a noun)
<b>dòighean</b> (f.pl.)	ways
<b>sean</b>	old
<b>a-null</b>	over
<b>taigh do sheanar</b> (gen.)	your grandfather's house
<b>cogadh</b> (m.)	war
<b>beir</b>	bear, give birth to
<b>air mo bhreith</b>	born
<b>na rudan a thachair</b>	the things that happened
<b>sguir</b>	to stop
<b>làithean òige</b>	the days of his youth
<b>a shealltainn air</b>	to see him
<b>nì mi</b>	I will do
<b>agallamh</b> (m.)	an interview
<b>tòrr</b> (m.)	a lot
<b>ceistean</b> (f.pl.)	questions

## Language points

**Òige** 'youth' is the noun from the adjective **òg** 'young'.

When talking about direction or location:

**a-null** 'over to' is used to mean 'from here to there'

**a-nall** 'over here' is used to mean 'from there to here'

A few Gaelic adjectives precede the noun they describe, and **seann** 'old' is one of them.

*Example:* **seann duine** an old man  
**na seann làithean** the olden days

(This is the only way to express this phrase – **laithean aosda** would never be used.)

A variation is **sean**, which follows the noun.

*Example:* **duine sean** = **duin' aosd**

Another two adjectives which function similarly are **droch**, meaning 'bad', and **deagh**, meaning 'good'/'fine'.

*Example:* **droch dhuine** = **duine dona** = a bad man  
**droch shìde** = **sìde dhona** = bad weather  
**deagh dhuine** = a fine man

How are the ‘preceding’ adjectives different from others? As far as meaning is concerned, they are rather more emphatic in their description of a situation. In grammatical terms, they sometimes lenite the following noun. Check with the examples above, such as: **droch dhuine, duine dona.**

### Exercise 1

Using **seann, droch** or **deagh**, can you translate the following sentences?

*Example:* Robert the Bruce lived in the olden days.

**Bha Raibeart Brus beò anns na seann làithean.**

- 1 She is a good nurse.
- 2 We have bad weather just now.
- 3 John is a fine husband.
- 4 My grandfather is an old man.
- 5 That is an old dog.

(Note: be careful with **is** and **tha!**)

**Beir** = ‘to bear’, ‘to give birth to’, so **Cha robh mi air mo bhreith** is literally ‘I had not been given birth to’ (a passive construction)!

In the present tense you would say, for example,

**Tha a’ bhò a’ breith laogh.** The cow is giving birth to a calf.

To say ‘I was born’ you can use **Chaidh mo bhreith** or **rugadh mi.**

So ‘I was born in Stornoway.’ = **Chaidh mo bhreith an**

**Steòrnabhagh.**

or **Rugadh mi an Steòrnabhagh.**

To ask ‘Where were you born?’ it is customary to say **Càit’ an do rugadh sibh?**

### Exercise 2

Translate these sentences into English.

- 1 Càit’ an do rugadh iad?
- 2 Rugadh mi an Inbhir Nis.
- 3 Rug an cat na piseagan.
- 4 Chaidh Ceit a breith aig an taigh.
- 5 Cha robh Dòmhnall air a bhreith an uairsin.



- 6 Cha do rugadh an leanabh fhathast.  
 7 Rugadh Pàdraig air a chiad latha den bhliadhna.  
 8 Cuin a chaidh do bhreith?

Be aware that the verb **beir** has another meaning – ‘to catch’/‘to catch up with’. It must then be followed by the preposition **air**.

*Example:*

**Rug mi air a’ bhàlla.** I caught the ball.

**Na rug thu air do charaid?** Did you catch up with your friend?

You could be in trouble if you did not know the context!

## Dialogue 2

### *An agallamh*

#### The interview

IAIN: A Sheanair, an robh sibhse anns a’ Chogadh?

SEANAIR: Cha robh mis’ anns a’ Chogadh idir, Iain, ach bha Ruaraidh mo bhrathair. Chaidh a mharbhadh nuair a bha mise nam ghill’ òg.

IAIN: Am biodh sibh a’ dol dhan sgoil nuair a bha sibh òg?

SEANAIR: Nach eil fhios agad gum biodh! Bha Gàidhlig aig a h-uile duine anns a’ chlas agam ach b’ e leasan Beurla a bha againn.

IAIN: Dè an t-aodach a bhiodh oirbh?

SEANAIR: Bhiodh aodach blàth sa’ gheamhradh leis an droch shìde – briogais chlà is geansaidh snàth-bobain is brògan mòra.

IAIN: Dè na cur-seachadan a bha agaibh?

SEANAIR: Bhiodh sinn a’ cur seachad mòran dhen tìde air an tràigh. Bhiodh sinn a’ snàmh is a’ cluich anns na geodhaichean is a’ lorg chrùbagan is rudan mar sin.

IAIN: Bhiodh sin math. Is toigh leamsa sin cuideachd. An robh telebhisean agaibh?

SEANAIR: Cha robh na bloigh! Ach bha rèidio againn is bhiodh sinn ag eisdeachd ris.

IAIN: Am biodh sibh a’ dol dhan eaglais a h-uile Sàbaid?

SEANAIR: O bhiodh gu dearbh.

IAIN: An robh sgoil Shàbaid agaibh mar a tha againn?

SEANAIR: Bha. Dh'ionnsaich mi Salm 23 nuair a bha mi seachd bliadhna agus tha cuimhn' agam oirre fhathast.

IAIN: Bha sibh dòigheil nuair a bha sibh òg, nach robh?

SEANAIR: Bha, agus tha mi dòigheil fhathast!

## Vocabulary

<b>marbh</b>	kill	<b>an tràigh</b> (f.)	the beach, the shore
<b>gille</b> (m.)	a lad	<b>geodha</b> (f.)	a cove
<b>snàth</b> (m.)	wool	<b>crùbag</b> (f.)	a crab
<b>boban</b> (m.)	a bobbin	<b>salm</b> (f.)	a psalm
<b>briogais chlà</b>	tweed trousers		

## Language points

**cha robh na bloigh** = not at all/not a bit

**snàth-bobain** = homespun wool (spun on bobbins)

## Passives

**Chaidh** is the past tense of the verb **rach** – ‘go’. One of its functions is to express passive ideas, the way ‘was’ and ‘were’ (+ past participle) are used in English. In Gaelic, the form consists of: **chaidh** + possessive adjective (**mo**, **do**, etc.) + the verb used as a noun.

For example:

<b>Chaidh mo bhreith.</b>	I was born. (as above)
<b>Chaidh a mharbhadh.</b>	He was killed.
<b>Chaidh am marbhadh.</b>	They were killed.

Another passive construction is ‘He has been killed’, (often used for recent occurrences) which in Gaelic is **Tha e air a mharbhadh**. Here we have the word **air** inserted between the subject **e** and the verbal noun phrase. Remember in the last lesson, for example, Catherine was **air mo nàireachadh**.

Some more examples:

**Tha am biadh air ithe.**

(The possessive **a** is omitted when the verb begins with a vowel.)

**Tha an doras air a dhùnadh.**

**Tha an uinneag air a fosgladh.**

**Tha na leabhraichean air an sgrìobhadh.**

**Tha an deoch air a h-òl.**

And one more construction: in Gaelic too, the past participle is used to denote the passive. Some of the more common past participles are:

<b>briste</b>	broken	<b>dùinte</b>	closed	<b>fosgailte</b>	open
<b>ceangailte</b>	tied	<b>reòite</b>	frozen	<b>glaiste</b>	locked

### Exercise 3

Try to make passive sentences out of the words below. You are given a subject and a verb/verb phrase, which you have to match in order to make sense! You can keep to the present tense of 'to be' or, for extra practice, try doing the same in the past and the future.

*Example:* **Tha an truinnsear briste.**

an truinnsear	dùinte
an càr	air ithe
mo phàrantan	air a chaitheamh
an taigh	briste
am boireannach	reòite
an t-uisge	glaiste
an t-airgead	air a goirteachadh (hurt)
am biadh	air an nàireachadh

●● Seanair had learned Psalm 23 as a youngster. This is what these verses look like in Gaelic.

Is e Dia fèin is buachaill dhomh  
 cha bhi mi ann an dìth,  
 Bheir e fainear gun laighinn sìos  
 air cluaintean glas le sìth.  
 Is fòs ri taobh nan aibhnichean  
 theid seachad sìos gu mall,  
 A ta e ga mo threòrachadh  
 gu mìn rèidh anns gach ball.

*The Lord's my Shepherd, I'll not want  
 He makes me down to lie*

*In pastures green, he leadeth me  
The quiet waters by.  
My soul he doth restore again  
And me to walk doth make  
Within the paths of righteousness  
Even for his own name's sake.*

## Dialogue 3

### *Eadar-dhealaichean*

#### Differences

- I<sub>AIN</sub>: A Sheanair, innsibh dhomh dè na h-eadar-dhealaichean eile a tha ann bho bha sibh òg.
- SEANAIR: Uill, an toiseach, cha robh frids no reòthadair làn de gach seòrsa bidh againn. Bhiodh sinn ag ithe aran-flùir is aran-coirce is aran-eòrna – chan e cèicichean. Bhiodh lit no pròs againn airson ar bracaist. Bha iasg is feòil is buntàta againn, is gu leòr bainne is bàrr is gruth.
- I<sub>AIN</sub>: Dè tuilleadh?
- SEANAIR: Cha robh cumhachd an dealain anns na h-eileanan nuair a bha mise òg idir. Bhiodh sinn a' lasadh lampaichean-ola a h-uile feasgar. Cha robh uisge anns na pìoban – bhiodh sinn a' dol dhan tobar. Bhiodh sinn a' ceannach gual ach bhiodh mòine againn cuideachd. Bha cruach-mhòine aig gach taigh.
- I<sub>AIN</sub>: Am biodh dannsan agaibh?
- SEANAIR: O bhiodh, danns' an rathaid ... is puirt-a-beul. 'S e bha math.
- I<sub>AIN</sub>: A Sheanair, feumaidh sibh leabhar a sgrìobhadh – cuidichidh mi-fhèin sibh!

#### Vocabulary

<b>innsibh</b>	tell (imperative)
<b>frids</b> (m.)	fridge
<b>reòthadair</b> (m.)	freezer
<b>Bhiodh sinn.</b>	We would be.
<b>aran-flùir</b> (m.)	flour bread

<b>aran-eòrna</b> (m.)	barley bread
<b>lìt</b> (m.)	porridge
<b>pròs</b> (m.)	brose (made with oatmeal and hot water)
<b>gruth</b> (m.)	crowdie (or cottage cheese – soft white fresh cheese)
<b>cumhachd</b> (m.)	power
<b>an dealan</b> (m.)	electricity
<b>a' lasadh</b>	lighting
<b>ola</b> (f.)	oil
<b>an tobar</b> (f.)	the well
<b>gual</b> (m.)	coal
<b>mòine</b> (f.)	peat
<b>cruach-mhòine</b> (f.)	a peatstack
<b>puirt-a-beul</b>	mouth music
<b>cuidichidh</b>	will help

## Language points

**Innsibh** is the plural/polite imperative of **innis** – ‘to tell’.

**Bhiodh**, the conditional tense of the verb ‘to be’ (sometimes referred to as the subjunctive) is used to express habitual or recurring actions – like ‘we used to do’/‘we would do’ in English.

**Cumhachd an dealain** is a genitive structure – ‘the power of electricity’.

**Danns’ an rathaid** is another genitive structure – ‘a dance of the road’. This was a popular form of entertainment in rural areas of the Gaidhealtachd before the introduction of organised activities in village halls. The **danns’ an rathaid** would be danced to the accompaniment of accordion music, or, failing that, to the singing of songs composed to Scottish dance tunes and known as **puirt a-beul** ‘mouth music’. (**Puirt** is actually the plural of **port** – ‘a cheerful song’.) If you have the accompanying tape you can hear an example of this in the song ‘**Brochan Lom**’ (*Thin Gruel*).

Did you notice the word order in **Feumaidh sibh leabhar a sgrìobhadh** – ‘You must write a book’? The subject must come before the second verb.

### Exercise 4

Look back at the dialogue and find as many examples as you can of:

- past structures with **bha/cha robh**.
- past structures with **bhiodh/cha bhiodh**.

### Exercise 5

Can you change these present sentences so that they talk about past habits and routines?

- a Tha mi a' dol dhan sgoil. Bhiodh mi ...
- b Tha aodach blàth oirnn.
- c Tha sinn a' cluich air an tràigh.
- d Chan eil mi ag òl bainne.
- e Tha sinn ag ithe tòrr iasg.
- f A bheil do bhràthair an seo?
- g Chan eil seo a' còrdadh riut, a bheil?

### Exercise 6

Now what about your own past life? Even if you are still relatively young, there are probably differences you can talk about between your childhood and your life now. What sentences can you make?

## Reading 15

### Leughadh

Here is a reading about 'na làithean a dh'fhalbh' – 'days gone by'.

Is caomh leam bhith 'g èisdeachd mo sheanar

*I like to listen to my grandfather*

Ag innse mu na làithean a dh'fhalbh

*telling about the days that have gone*

Nuair a bha esan na bhalach

*when he was a boy*

Is an seòrsa cur-seachad a bh' ann.

*and the kind of pastimes there were.*

Bhiodh iad shìos air 'a' mhachair le camain

*They would be down on the machair with shinty sticks*


'S ag iasgach le dubhan is sreang

*and fishing with a hook and a string*

No a' buachailleachd chruidh air a' mhòintich

*or herding cows on the moor*

1 The **machair** is flat open ground next to a beach.



Broch Charlabhaigh

---

O mhoch mhadainn gu tuiteam na h-oidhch'.  
*from early morning to nightfall.*

Cha bhiodh iadsan len sròin ann an leabhar  
*They would not have their nose in a book*

No idir a' coimhead TV –  
*or watching TV at all –*

Bha cus aig na seòid ud ri dhèanamh  
*these fellows had too many other things*

Airson bhith cur seachad na tìd'.  
*to pass the time with.*

© Mairead Hulse (used with permission)



# 16 Deireadh na bliadhna

The end of the year

## Dialogue 1

### *An Nollaig*

#### Christmas

MAIRI: Bidh sinn a' falbh à Alba air an tritheamh latha den Fhaoilleach, Anna.

ANNA: Tha fadachd mòr orm. Ach bidh an Nollaig is a' Bhliadhn' Ur ann an toiseach.

MAIRI: Tha fios agam.  
A Dhòmhnail, dè a sgrìobhas mi air mo chairtean Nollaig'?

DOMHNALL: Sgrìobh, 'Nollaig chridheil, le deagh dhùrachdan, Màiri'.

MAIRI: Tha sin snog. Dè a bhios sibh a' dèanamh airson na Nollaig'?

ANNA: Bidh Bodach na Nollaig' a' tighinn! Agus bidh dìnnear mhòr againn!

DOMHNALL: Theid sinn dhan Eaglais air oidhche Nollaig'. Bidh sinn a' seinn laoidhean Ghàidhlig is Bheurla.

MAIRI: Nach math sin! Tha mi an dòchas gum bi sneachd ann. Chan fhaca mi sneachd aig àm na Nollaig' a-riamh.

DOMHNALL: Feumaidh tu do dhealbh a thogail còmhla ri Santa!

MAIRI: Feumaidh gu dearbh . . . anns an t-sneachd!

#### Vocabulary

<b>fadachd</b> (m.)	longing	<b>an toiseach</b>	first
<b>A' Bhliadhn' Ur</b>	the New Year	<b>cridheil</b>	hearty, merry

<b>dùrachd</b> (f.)	a wish	<b>laoidh</b> (f.)	a hymn
<b>Bodach na Nollaig'</b>	Father Christmas	<b>tog dealbh</b>	to take a photograph
<b>cairtean Nollaig'</b>	Christmas cards		

## Language points

As well as **Bodach na Nollaig** ‘the old man of Christmas’ – Santa is sometimes referred to as **Bodach na Feusaig** ‘the old man with the beard’. You’re more likely to hear him referred to as ‘Santa’!

The plural of **dùrachd** is **dùrachdan**.

**Deireadh na Bliadhna** is ‘the end of the year’. **Bliadhna** is a feminine noun so the article in the genitive is **na**. The same happens with **Nollaig** ‘Christmas’ and **feusaig** ‘beard’.

**Cairtean Nollaig** is also a genitive structure. With this and any other genitive of more than two syllables, the final **e** is dropped in conversation, and very often in writing too.

Here are some more words and phrases that come in useful at Christmas time.

**Le deagh dhùrachd** ‘with a good wish’ is a commonly used greeting at this time of year. It is also a useful closing phrase for letters, etc., at any time.

<b>tiodhlac</b> (m.)	gift, present
<b>stocainn Nollaig'</b> (f.)	Christmas stocking
<b>sìos an simileir</b>	down the chimney
<b>craobh Nollaig'</b> (f.)	Christmas tree
<b>turcaidh</b> (m.) / <b>cearc Fhrangach</b>	turkey/a French hen!
<b>cèice Nollaig'</b> (f.)	Christmas cake
<b>cracairean</b> (m.pl.)	crackers
<b>balùinean</b> (m.pl.)	balloons
<b>dèideagan</b> (f.pl.)	toys
<b>cnothan</b> (f.pl.)	nuts
<b>teoclaidean</b> (m.pl.)	chocolates
<b>suiteas</b> (m.pl.)	sweets, candy
<b>aran-ìm</b> (m.)	shortbread (Not <b>goirid</b> , despite what you might read in some dictionaries – it’s called shortbread because of the shortening, or butter.)

**Na chroch thu do stocainn?** Did you hang up your stocking?

**Dè a fhuair thu?**  
**Dè a thug thu do ... ?**  
**Dè a ghabhas tu?**

What did you get?  
 What did you give to ... ?  
 What will you have?

### *Exercise 1*

Can you rearrange the letters in the words below so they are spelled correctly? Each of them relates to Christmas in some way.

- a H I D O L A
- b A S E T I S U
- c N A A D D E G I E
- d O C T D L H A I
- e N A C I N T O S
- f N T A R A E I C
- g D T O C E L A I
- h D I C U T R A H

### *Exercise 2*

Here are some answers to questions that you might be asked at this time of year. Can you supply the questions?

- a Fhuair mi baidhsagal ùr.
- b Gabhaidh mi pìos cèic Nollaig', mas e do thoil e.
- c Thug mi dhi miotagan dearg.
- d Sgrìobh, sgrìobh mi gu Santa.
- e Cha d' fhuair mi am Mercedes idir.
- f Thug Iain dhomh dà leabhar mhòr.
- g 'S e Ceit a thug dhomh a' bhideo seo.
- h Cha ghabh mi uisge-beath' idir, tapadh leibh.

## ***Laoidh – 'Leanaibh an Aigh'***

The hymn 'Child in the Manger' was originally written in Gaelic, with the title 'Leanaibh an Aigh'. Here is a part of the hymn, together with the translation:

Leanabh an àigh  
*Blessed child*  
 An leanabh bh' aig Màiri  
*Mary's child*

Rugadh san stàbull  
*Born in the stable*  
 Rìgh nan dùl:  
*King of the universe:*  
 Thàinig don fhàsach  
*Came to the wilderness*  
 Dh'fhulang nar n-àite  
*To suffer in our place*  
 Son' iad an àireamh  
*Happy are those*  
 Bhios dha dlùth.  
*Who will be near to him.*

Leanabh an àigh  
*Blessed child*  
 Mar dh'aithris na fàidhean  
*As the prophets spoke of*  
 'S na h-ainglean àrd  
*And the high angels*  
 B'e miann an sùl.  
*He was the desire of their eye.*  
 'Se 's airidh air gràdh  
*It is he who is worthy of love*  
 'S ar n-urram thoirt dha  
*And our honour to be given him,*  
 Sona an àireamh  
*Happy are those*  
 Bhios dha dlùth.  
*Who will be near to him.*

## Dialogue 2

### *Oidhche na Bliadhn' Uire!*

#### Hogmanay!

- MR MACDONALD: Tha e dà uair dheug! Siud na clagan!  
 A H-UILE DUINE: Bliadhna Mhath Ur dhuibh!  
 MR MACDONALD: Dè a ghabhas sibh – fion, no còc, no uisge-beatha?  
 MRS MACDONALD: Tha deoch air choreigin aig a h-uile duine a-nis.

- MR MACDONALD: Glè mhath. Air ur slàinte!  
 A H-UILE DUINE: Slàinte mhòr  
 MAIRI: O, seallaibh air na rionnagan – tha tòrr dhiubh ann. Agus tha an sneachd cho brèagha – tha e coltach ri cairt Nollaig’.
- CATRIONA: Seo na caraidean againn a’ tighinn. Tha pàrtaidh anns an talla. Bidh oidhche mhòr againn!
- MRS MACDONALD: Feuch nach gabh sibh an deoch!  
 CATRIONA: Chan eil sinn cho gòrach ri sin idir!

## Vocabulary

<b>clac</b> (m.), <b>clagan</b> (pl.)	bells
<b>còc</b>	a popular soft drink!
<b>deoch air choreigin</b>	some kind of drink
<b>ur slàinte</b>	your health (cheers!)
<b>rionnagan</b> (f.pl.)	stars
<b>gabh an deoch</b>	to get drunk

## Language points

**Oidhche na Bliadhn’ Uire** is ‘the night of the New Year’. **Uire** is the feminine genitive form of the adjective **ùr**, used in agreement with the noun **bliadhna**.

**Slàinte**, literally ‘health’, is the expression normally used for toasting. You can also say **slàinte mhòr!** or perhaps **air do dheagh shlàint** ‘to (*lit.* ‘on’) your good health’. For ‘the same to you’, say **a leithid cheudna dhuibh**. You might also say **a h-uile beannachd** ‘every blessing’. Wishing somebody well for the year to come, you could say **a h-uile là a chì ’s nach fhaic** ‘for every day I see you and for every day I don’t’.

**Feuch na gabh sibh an deoch!** ‘Try not to get drunk!’. **Ghabh e an deoch** is literally ‘He took the drink’ – in other words, ‘He got drunk’.

The old word for ‘New Year’s Day’ is **a’ Challainn**, but **là na Bliadhn’ Uire** is heard more often nowadays.

### Exercise 3

Can you write an appropriate message which you could include on a card for Christmas or New Year?

### Exercise 4

*New Year Resolutions:* Can you match the resolution in the left column with the reason for it from the right column?

- |  |                                       |
|--|---------------------------------------|
| 1 Chan òl mi uisge-beatha tuilleadh.     | a Chan eil airgead idir agam.         |
| 2 Feumaidh mi mo bhean a chuideachadh.   | b Tha mi ro thiugh.                   |
| 3 Tha mi gu bhith ag èirigh tràth.       | c Cha robh mi snog ri Anna idir.      |
| 4 Feumaidh mi sguir a' smocadh.          | d Tha mo cheann ro ghoirt.            |
| 5 Chan ith mi teoclaid am bliadhna.      | e Tha an càr agam aosd a-nis.         |
| 6 Bidh mi snog ri mo phiuthar tuilleadh. | f Tha mo bhean bhochd cho sgith.      |
| 7 Cuiridh mi m' airgead dhan bhanc.      | g Tha mi a' casadaich a h-uile latha. |
| 8 Gheibh mi càr ùr am bliadhna.          | h Tha cabhag orm a h-uile madainn.    |

## Dialogue 3

### *Làithean sonraichte eile*

#### Other special days

MAIRI: Dè na làithean eile a bhios a' còrdadh ruibh?

IAIN: Is toigh leamsa Oidhche Shamhna.

MAIRI: Carson? Am bi pàrtaidh agaibh?

IAIN: O bithidh! Pàrtaidh mòr leis a h-uile seòrsa rudan math.

MAIRI: Dè tuilleadh is àbhaist dhuibh a bhith a' dèanamh?

IAIN: Bidh mi-fhèin 's na balaich a' cur oirnn aodach gòrach is aghaidh-choimheach agus bidh sinn a' dol gu taighean nan nabaidhean.

MAIRI: Dè a gheibh sibh an sin?

IAIN: Feumaidh sinn òran a sheinn no rabhd a ghabhail agus an uairsin gheibh sinn duais air choreigin, 's dòcha suiteas no cnothan no airgead.

- ANNA: Is toigh leamsa a' Chàisg. Bidh saor-làithean againn.  
 MAIRI: Carson is toigh leat na saor-làithean sin?  
 ANNA: Bidh sinn a' faighinn uighean teoclaid – feadhainn mhòr  
 is feadhainn bheag' – agus rabaidean teoclaid!  
 MAIRI: Ach 'se an Nollaig as fheàrr, nach e?  
 ANNA: O, 'se gu dearbh!

## Vocabulary

<b>Oidhche Shamhna</b>	Halloween
<b>aghaidh-choimheach</b> (f.)	a mask
<b>nàbaidhean</b> (m.)	neighbours
<b>Dè a chanas iad?</b>	What will they say?
<b>rabhd</b> (m.)	a rhyme
<b>a ghabhail</b>	to recite
<b>duais</b> (f.)	a reward
<b>a' Chàisg</b>	Easter

## Language points

**Samhainn** is 'Halloween' so **oidhche Shamhna** (genitive) is 'the night of Halloween'. Remember **an t-Samhain** is the word for 'November'.

**Aghaidh-choimheach** is literally 'a strange face' – in other words, 'a mask'.

**Feumaidh sinn òran a sheinn** – remember the order of the words in this kind of sentence.

### Exercise 5

Can you match these special days to the right month?

- |                      |               |
|----------------------|---------------|
| a Oidhche Shamhna    | an Dùbhlachd  |
| b An Nollaig         | am Faoilleach |
| c a' Challainn       | an Giblean    |
| d A' Chàisg          | an Dùbhlachd  |
| e Là na Bliadhn' Uir | an Dàmhair    |

### Exercise 6

Fill in the gaps in the following sentences using words from the list underneath.

- 1 Tha \_\_\_\_\_ orm gun tig an Nollaig.
- 2 Feumaidh mi \_\_\_\_\_ a cheannach dha Coinneach.
- 3 Tha mi an \_\_\_\_\_ gum bi sneachd ann.
- 4 Cha toigh leam uisge – \_\_\_\_\_ idir.
- 5 Bliadhna \_\_\_\_\_ ùr dhut!
- 6 Bha sinn ag ithe is ag \_\_\_\_\_ fad an latha.
- 7 \_\_\_\_\_ mi scarfa thartain bho mo phiuthar.
- 8 Bidh saor-làithean againn as t- \_\_\_\_\_
- 9 Thug mi ugh teoclaid dha Iain aig a' \_\_\_\_\_
- 10 Bha \_\_\_\_\_ ann an taigh mo charaid.

Use each word once only.

beatha Chàisg dòchas fadachd fhuair mhath òl pàrtaidh samhradh tiodhlac

## Reading 16

### Litir dhachaigh

Mairi writes a letter to her sister telling her about Christmas and New Year.

*Ceud Sràid a' Chamain  
Port Rìgh  
An t-Eilean Sgitheanach  
An darna là den Fhaoilleach*

*Eilidh, a ghràidh,  
Ciamar a tha thu? A bheil an teaghlach uile gu math? A bheil an aimsir teth? Chòrd e rium a bhith an seo aig an Nollaig agus a' Bhliadhu' Ur. Tha sneachd is reothadh ann agus tha e cho fuar. Tha a h-uile càil cho brèagha 's cho geal. Bha latha 'Nollaig' snog againn le tiodhlacan gu leòr agus biadh is deoch gu leòr. Rinn mi' antaidh cèic mhòr àlainn agus tòrr rudan snog. Fhuair mi tiodhlacan dhutsa cuideachd.*

*Bha pàrtaidh againn oidhche na bliadhu' ùir' agus bha sinn a' danna agus ag ithe 's ag òl gu madainn. Tha ar*



*co-oghaichean (sin na cousins!) cho dèigheil. Tha fadachd  
orra gu faic iad sibh uile.*

*Chì sinn sibh Disathairne aig a' phort-adhair.*

*le gaol chun a h-uile duine*

*Màiri.*

*f.s. Tha mo Ghàidhlig math a-nis, nach eil??*

(A postscript in Gaelic is **fo-sgrìobhadh** – literally ‘under writing’.)

# Leughadh

## Translations of reading passages

### ***Reading 1***

I'm Mairi. I'm a student in the University of Sydney. I have a little Gaelic. I want to learn more Gaelic and I've come to Scotland. My family come from Scotland and I have a lot of relatives here. I'm sitting in the bus going to Portree. Australia is far away. I'm feeling tired. There is a lady next to me on the bus and she also speaks Gaelic. Her name is Jean. We understand each other well enough.

### ***Reading 2***

This is my sister's wedding photograph. There she is in the centre. Her husband is an American. They met on holiday in Ireland. That's his brother, David, beside him – the tall fellow with the moustache. I think he works in Inverness. It was a wonderful day. My sister is tall and slim with long brown hair and she is so beautiful. I'm the short fair-haired one beside her, and those are my parents. They are grey-haired now! My mother is not wearing her glasses in this photograph. The little girl and the little boy belong to my neighbour. They were so nice!

### ***Reading 3***

I'm in a great hurry today as I'm late for work. But – I can't find my spectacles anywhere. I can't read a thing without the spectacles and I only have the one pair. I don't know what to do! I'm trying everywhere – on the desk, on the coffee table, in the kitchen, in the car, in my bag, under the newspapers – there is no sign of them. My wife said, 'Try in your pocket.' They were there all the time. Aren't I silly! I'm going to buy two new pairs tomorrow!

**Reading 4**

I'm Morag, fair-haired Alasdair's wife. Yesterday I was sitting on the sofa, with my leg terribly sore with (the) rheumatism. I was tired and sleepy. Anyway, my sister, Elizabeth came in. She had a lovely cake which she had made herself. Elizabeth is so kind. She was sorry that the pain was worse. We were drinking tea and eating cake all afternoon. I am better now. I have no pain at all.

**Reading 5**

My brother and I were in David's shop today. David is really nice and he likes our family. We wanted/were wanting bread and biscuits. He didn't have any chocolate biscuits but we bought some other ones. We were both tired and hungry. It was half past five then, and it was time for us to go home. I was too tired to do my push-ups. My goodness! I'll have to do forty tomorrow. My back is sore and my legs are sore. They'll be sore tomorrow as well. Oh, dear! I'm not sure . . .

**Reading 6**

Oatcakes

This is how you make oatcakes:

You will need:

- two cups oatmeal
- ½ teaspoon baking soda
- 25g butter
- pinch of salt
- a little sugar
- hot water (about a cupful)

Mix the dry ingredients (things) together in a bowl. Add (put in) the hot water gradually. Mix it without making it too wet. Make it into a round shape (lump). Put it out on a board and cut it into scones. Cook (them) in a hot oven until they are ready – about twenty minutes.

**Reading 7**

Today is the third of March. It's Wednesday. It's after two o'clock in the afternoon and I'm inside having a cup of coffee. The day is

---

very cold but it is dry. We had terrible weather last week. There were snow showers. I was remembering the summer and long sunny days. I hope there will be/it will be a lovely summer this year. I'm going on holiday to France. That will be good. It's too cold here.

### **Reading 8**

There are many crofters living in the north of Scotland. It is hard work. They have to be out in wind and rain and cold, but they like that lifestyle. They need (to have) other work too, because they do not make enough money on the croft. Some work in the town, some others are fishermen and some others weave Harris Tweed. Today's crofters keep sheep in the main (more often, it is sheep that today's crofters have). The crofters may plant potatoes and turnips and things like that as well. These people have beautiful big houses and their lifestyle is good.

Would you yourself like to be a crofter in the Highlands?

### **Reading 9**

Hello! I'm Kenneth Iain Graham. I am from Seattle but my parents come from Lewis. I was born in the United States but I have plenty Gaelic. It was Gaelic we spoke at home when I was young. I know a lot about Lewis. I heard about the Callanish Stones and the Broch when I was very young. They used to speak about Stornoway and the Castle. I know about the crofts and the fishing and the Harris Tweed which they weave on the looms. If you want to go there you must go to Ullapool and take a ferry to Stornoway. I think that is really good. A plane also goes from Inverness to Stornoway twice every day.

### **Reading 10**

SALE JAMES' SHOP All week – from 9 a.m. Monday till 12.00 noon Saturday:

dresses from £6, blouses £2 and £5, ladies' trousers £10, men's trousers £12, skirts £10, tweed jackets £40, shirts from £7, overcoats £59.99, raincoats £3, ladies' shoes £19.99, men's shoes £30, scarves, ties, stockings, underwear, bonnets

Plenty of bargains every day!

**Reading 11**

A large family

Elizabeth says: My uncle Murdo had a large family . . . they had three boys and five girls. Morag was the oldest in (of) the family. She was a cook in a hotel in Glasgow for ten years. After that she married a man from Uist and they went to live in Perth where he was a postman. He has now retired (stopped working).

The older boys left for America. They are married there. Malcolm is a schoolmaster and Roderick works in a bank. I haven't seen them for ages.

Iain, the youngest son, lives in Lewis. He is a minister in the Church of Scotland. He is a good man.

Margaret left for Canada and she is married to a 'big' farmer. They are terribly rich. It was Flora who went to Australia. She's married to Donald Macleod. They have two girls and a boy. Mairi, who is visiting the island just now belongs to them. She is so nice and content. She likes the Isle of Skye.

Jean and Kate are unmarried, as yet anyway, and they are both nurses in the hospital in Portree.

**Reading 12**

I went to visit my friend Roderick last night. There were three other friends in with him as well – red-haired Murdo, little Duncan, and Malcolm the joiner. We were speaking about our young days (the days of our youth) when we used to climb the hills. One day Malcolm fell and broke his leg. We also used to go out fishing on the loch on the far side of the island. What fun! But one day we were on the loch and a great storm came. It was terribly stormy and wet. We only had a small boat and we got a fright. Anyway, after a long time we reached the shore, but we never again went back to fish on that loch. What a fright we got!

We are now growing old! I like working in the garden; Murdo likes to cycle; Duncan reads a lot of books, and Malcolm is busy working round the church.

**Reading 13**

Edinburgh Castle

Edinburgh Castle is built on a large rock and it has been there for many years. Beside the castle is Queen Margaret's Chapel where

she used to pray, and that is the oldest part of all the castle. Near at hand is a small cemetery where the soldiers' dogs are buried. You can see cannons beside the walls. The old cannon is called 'Mons Meg'. A cannon is fired at the castle every day at one o' clock. The Tattoo is held at the castle in August every year at the time of the International Festival. People come to Edinburgh at that time from every place under the sun.

### **Reading 14**

translation in the text

### **Reading 15**

translation in the text

### **Reading 16**

*A letter home*

*100 Shinty Street  
Portree  
Isle of Skye  
January 2*

*Dear Helen,  
How are you? Are all the family well? Is the weather hot?  
